Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis

Dihaoine 16 Cèitean 2014 @ 11.30m

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith ga cumail ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal, 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis, Dihaoine 16 Cèitean 2014 bho 11.30m

Clàr Chùisean

2.2014.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair
(b) Leisgeulan
(c) Iùl Giùlain agus Clàr Compàirt — Airson Deasbaid agus Aontachaidh
(d) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd — Airson Aontachaidh
(e) Cùisean a' togail ceann

2.2014.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b) Blas agus Cèilidhean air Chuairt 2014 — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(c) 5 Latha — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(d) Leasachaidhean Dràma 2014-15: Taisbeanadh — Airson Deasbaid agus Aontachaidh
(e) Fèisgoil — Airson Fiosrachaidh
(f) Plana Leasachaidh 2015-20: Taisbeanadh — Airson Deasbaid agus Aontachaidh

2.2014.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Buidseat gu 31 Màrt 2015 (atharraichte) — Airson Aontachaidh
(b) Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire — Airson Fiosrachaidh
(c) Cunntasan Ràitheil gu 31 Màrt 2014 — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(d) Tabhartasan nam Fèisean 2014-15 — Airson Fiosrachaidh
(e) Maoin Chunbhalach Alba Chruthachail — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

2.2014.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Poileasaidh Gàidhlig: Co-chomhairle agus dreach le atharrachaidhean — Airson Aontachaidh
(b) Aithisg Bhliadhnail air Riaghladh Chunnartan — Airson Aontachaidh

2.2014.05 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a) Fiosrachadh as ùire mu luchd-obrach — Airson Fiosrachaidh
(b) Molaidhean airson structur luchd-obrach: Taisbeanadh — Airson Deasbaid agus Aontachaidh

2.2014.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Luchd-Obrach — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b) Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt — Airson Fiosrachaidh
(c) Moladh son Latha Leasachaidh do Bhuill a' Bhùird agus Luchd-obrach — Aithris airson Deasbaid

2.2014.07 EILE

(a) Ath-steìdheachadh na buidhne riaghlaidh agus ceann-làtha na h-ath choinneimh — Airson Aontachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Oifisean Fèisean nan Gàidheal, Inbhir Nis Dihaoine 28 Gearran 2014 bho 1.00f

1.2014.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Catrìona Nic an t-Saoir, Donnchadh MacGuaire, Ùisdean Robasdan, Raibeart MacFhionghain, Kirsteen Ghreumach, Deirdre Beck, Art MacCarmaig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anne Willoughby (an làthair), Moreen Pringle (an làthair), Aonghas MacLeòid (an làthair – ag eadar-theangachadh)

(b) Leisgeulan

Mairead Chamshron, Peigi NicIllFhinnein, Seònaid NicDhòmhnaill, Elaine Spence, Ealasaid NicIlleBhàin, Seumas Caimbeul, Iain Mac a' Ghobhainn (Alba Chruthachail), Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd), Ann Marie Reid (HIE), an Comhairliche Iain A MacÌomhair (CnES).

(c) Fàilte air na Buill Ùra agus a' taghadh Luchd-dreuchd Ùra

Chuir Catrìona Nic an t-Saoir (a bha seasamh sìos mar Chathraiche) fàilte air a h-uile duine - gu h-àraidh na Buill Ùra, Raibeart MacFhionghain (Fèis Dhùn Bhreatainn), Kirsteen Ghreumach (Fèis an Earraich) agus Deidre Beck (Fèis Lochabair). B' iad an dithis Bhall ùr eile, Ealasaid NicIlleBhàin (Fèis Cheann Loch Goibhle) agus Seumas Caimbeul (Fèis Fhoirt), gu mì-fhortanach cha b' urrainn dhaibh tighinn chun na coinneimh. Tha aon àite fhathast air a' Bhòrd a' riochdachadh roinn na Gàidhealtachd, agus dh'fhaodadh gun gabhadh cuideigin a cho-thaghadh leis a' Bhòrd, mas e sin a tha am Bòrd airson a dhèanamh.

Thug i deagh dhùrachdan às leth a' Bhùird do na buill a bha a' fàgail - Magaidh Chamshron, Fiona NicIain, Bernard Bell agus Seònaid NicDhòmhnaill. Thug Catrìona Nic an t-Saoir taing dhaibh airson an obair agus an taic rè na h-ùine aca mar bhuill de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal.

A' taghadh Luchd-dreuchd:

- Cathraiche: Chaidh Donnchadh MacGuaire a mholadh airson dreuchd a' Chathraiche le Ùisdean Robasdan. Seach nach b' urrainn don a h-uile Ball a bhith an làthair aig a' choinneimh, bha Donnchadh den bheachd gum biodh e na b' fheàrr nan gabhadh e dreuchd a' Chathraiche air stèidh shealach an-dràsta chun na coinneimh sa Chèitean. Dh'fhaodadh iad an uair sin coimhead air an dreuchd a-rithist an uair sin nuair a bhiodh, bha e an dòchas, a h-uile duine an làthair. Chaidh seo aontachadh agus bha Donnchadh sa Chathair airson an còrr den choinneimh.
- Rùnaire: Chaidh Ùisdean Robasdan a mholadh airson dreuchd an Rùnaire le Donnchadh MacGuaire agus Kirsteen Ghreumach a' cur a taic ris.
- Iar-Chathraiche: Chaidh aontachadh taghadh na dreuchd seo fhàgail chun na h-ath choinneimh nuair a bhathar an dòchas gum biodh na buill eile an làthair.

(d) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 13 Dùbhlachd 2013 a sgaoileadh. Mhol Ùisdean Robasdan gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus Donnchadh MacGuaire a' cur a thaic ris.

(e) Cùisean a thog ceann

Thuirt Art MacCarmaig gun robh Poileasaidh airson Draghan Fhoillseachadh agus Poileasaidh an Aghaidh Brìbearachd a-nis deiseil agus rim faotainn air an làrach-lìn.

1.2014.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Pròg ram Obrach Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, airson a' chiad naodh mìosan de 2013-14, a thaobh cur an gnìomh Pròg ram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Cha robh ann ach rud no dhà a bha fhathast air an comharrachadh fo "òmar" agus bha Art MacCarmaig an ìre mhath cinnteach gum biodh iad sin fo "uaine" ro dheireadh na bliadhna ionmhais.

Bha còmhraidhean gan cumail air na dòighean sam faod Fèisean nan Gàidheal agus na Fèisean a dhol an sàs ann an Geamannan a' Cho-fhlaitheis, gu h-àraidh a thaobh nan Cuirmean Fosglaidh is Crìochnachaidh.
Bha òran ùr airson nam Fèisean le Blair Dùghlas air a bharantachadh, agus chaidh a sgaoileadh am measg nam Fèisean uile. Tha e san amharc gun ionnsaich iad uile an t-òran agus gun tèid am filmeadh ga sheinn. Thathar an dòchas gum bi clann bho Cheap Breatann is Èirinn a Tuath an sàs ann. Thèid na filmichean a ghearradh is an cur còmhla gus bhidio a dhèanamh anns am bi mìltean de dhaoine òga a' seinn an òrain.

Thèid cuirm dheireannach Bhlas a chumail ann an Eden Court am-bliadhna agus bidh e fo bhratach Ceòl nam Fèis le riochdairean bho gach Fèis a' gabhail pàirt ann.

(b) Blas 2013 agus 2014

Chaidh aithisg a sgaoileadh le Art MacCarmaig le fiosrachadh do Bhuill a' Bhùird air mar a chaidh do Bhlas 2013 agus an t-adhartas a thathar a' dèanamh a thaobh Blas 2014. San aithisg bha am buidseat airson 2013-14, leis na thachair gu deireadh an Fhaoillich 2014, agus bha dreachd den phròg ram airson Blas 2014 na cois.

Bha 15,428 uile-gu-lèir an làthair aig tachartasan aig Blas 2013. Sheall an aithisg na thachair a thaobh a' phròg raim choimhearsnachd is sgoiltean aig Blas, le tòrr thachartasan sgoinneil gan cumail air feadh na Gàidhealtachd.

Chaidh am pròg ram airson Blas 2014 a sgaoileadh am measg dhaoine. Bha cothroman a bharrachd ann a thaobh thachartasan agus maoineachaidh, ri linn mar a bha a' Bhliadhna airson Tilleadh Dhachaigh ann agus Geamannan a' Cho-fhlaitheis. Tha sinn air cur a-steach airson £10,000 bho Event Scotland gus an urrainn dhuinn deochan is biadh ionadail a thabhann aig cuid a thachartasan.

Thug Alba Chruthachail seachad £50,000 airson fèis 2014 agus tha Dualchas Nàdair na h-Alba air maoineachadh luach £25,000 a thoirt dhuinn mu choinneamh barantachadh "Beinn Dòbhrain" aig Iain MacPhàrlain.

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid air dearbhadh gum bu thoil leotha a bhith an sàs san fhèis am-bliadhna a-rithist, agus tha sinn air bruidhinn ri Comhairle nan Eilean Siar, ach cha d' fhuair sinn freagairt fhathast.

Thug Buill a' Bhùird an aire do:
1) bhuilean Bhlas 2013
2) am buidseat airson 2013-14 thuige seo
3) na planaichean an-dràsta airson Blas 2014

(c) 5 Latha agus Sgoil Shamhraidh Dràma

Thuirt Calum Ailig Mac a' Mhaoilein gun deigheadh 5 Latha a chumail eadar 7-12 Giblean sna Gearrannan, ann an Leòdhas. Bha 20 duine air clàradh gus a dhol ann (10 a bha ann an-uiridh, agus 10 nach robh ann roimhe). Bhathar a' cur crìoch air a' phròg ram agus thathar an dòchas cur-seachadan ùra a dhèanamh mar phàirt dheth am-bliadhna.

Thèid Sgoil Shamhraidh 2014 (SSD14) a chumail eadar 7-17 Iuchar ann am Port Rìgh. Gu ruige seo, bha 13 daoine air clàradh (12 clann-nighean agus 1 bhalach). Chaidh fiosrachadh a chur

gu àrd-sgoiltean agus Fèisean, agus bhathar a' dol a chur fios thuca a-rithist feuch an robh duine sam bith eile airson a dhol ann. Bhiodh fòrmat eadar-dhealaichte ann am-bliadhna, leis gu bheil Dàibhidh Walker a' sgrìobhadh dealbh-chluiche an-dràsta stèidhichte air cùisean co-cheangailte ris a' Chogadh Mhòr. Ann an SSD14, bidh na h-oileanaich ag obair air an dealbh-chluiche seo le dùil a thaisbeanadh aig tachartas aig deireadh na sgoile (ann an com-pàirt ri Fèis Alba). Thèid seo a chumail ann an Àros, Port Rìgh seach nach eil Sabhal Mòr Ostaig ri fhaotainn am-bliadhna.

(d) Fèisgoil

Chaidh aithisg le Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a sgaoileadh am measg nam Ball le fiosrachadh às ùr mun adhartas a thathar a' dèanamh a thaobh phròiseactan Fèisgoil ann an Gallaibh, Cataibh agus Loch Abar, agus bha fiosrachadh ann cuideachd air mar a tha dol do chòmhraidhean le daoine ann an sgìrean ùghdarrasan ionadail eile.

Thugadh fa-near do mar a bha an cùmhnant GLPS aig Comhairle Pheairt air tighinn gu crìch. Bha Chris Deplano, a bha na Oifigear Leasachaidh Gàidhlig aca, air an obair sin fhàgail agus tha sinn a' feitheamh gus am faigh iad cuideigin ùr airson na dreuchd mus bruidhinn sinn riutha mu chùmhnant ùr.

Bha Fèisgoil air maoineachadh a bharrachd luach £70,000 a thoirt a-steach airson Fèisean nan Gàidheal.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg agus bha iad ro thoilichte leis na cothroman a bha Fèisgoil a' cruthachadh.

(e) Plana Leasachaidh 2015-20

Dh'inns Art MacCarmaig don Bhòrd gun robh Plana Leasachaidh ùr a dhìth airson 2015-20. Bha luchd-obrach air a bhith bruidhinn mu dheidhinn agus bha Art air a bhith bruidhinn ris na Fèisean mu na dleastanasan a th' aig Oifigearan Leasachaidh.

Thathar an dòchas gum bi dreachd de phlana air ullachadh agus ann airson bruidhinn mu dheidhinn airson coinneamh a' Bhùird sa Chèitean, agus thathar an dòchas gum bi an dreachd dheireannach deiseil gus a chur air beulaibh nam Fèisean aig a' Choinneimh Bhliadhnail san t-Sultain.
Dheigheadh atharraichean a dhèanamh air às dèidh sin a rèir na thèid a mholadh agus an dùil am Plana deireannach a chur air beulaibh a' Bhùird san Dùbhlachd 2014.

1.2014.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd-a-steach is cosgais 2013-14

Chaidh aithisg a dheasaich am Manaidsear Gnìomha, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a' sealltainn a' Bhuidseit airson teachd-a-steach agus cosgaisean bho agus gu Fèisean nan Gàidheal, agus e a' sealltainn nan suimeannan a fhuaras agus a chaidh a chosg gu 31 Faoilleach 2014.

Thug Buill a' Bhùird fa-near dhan aithisg.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil - £6,449.10
- Cunntas Àrd-rèidh - £301,383.61
- Cunntas Bhlas - £3,978.59

(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Dùbhlachd 2013

Chaidh lethbhreac de na Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Dùbhlachd 2013, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

(d) Dreachd den Bhuidseat gu 31 Màrt 2015

Chaidh lethbhreac den dreachd den bhuidseat gu 31 Màrt 2015, a dheasaich Anna Willoughby is Art MacCarmaig, a sgaoileadh agus aontachadh.

Nam biodh atharraichean sa mhaoineachadh a gheibheamaid, dheigheadh am buidseat atharrachadh dha rèir.

(e) Tabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2013-14

Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2013-14, a dheasaich Anna Willoughby, a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu ruige seo, thugadh fa-near dha.

Tha sinn a' feitheamh gus an cuir na Fèisean na h-iarrtasan mu dheireadh aca a-steach airson 2013-14, agus thèid na tabhartasan mu dheireadh a phàigheadh dhaibh an uair sin.

Bha cead aig Art MacCarmaig agus Anna Willoughby tabhartasan sam bith nach deach iarraidh a thoirt do dh'Fhèisean a bha feumach air taic-airgid a bharrachd.

(f) Tabhartasan do dh'Fhèisean 2014-15

Chaidh liosta de thabhartasan a thathar a' tabhann do dh'Fhèisean ann an 2014-15, a dheasaich Anna Willoughby, a sgaoileadh agus chaidh aontachadh ris.

(g) Fiosrachadh ùr air an Aonta le Alba Chruthachail airson 2014-15

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fiosrachadh do Bhuill a bhios na bhun-stèidh airson an aonta againn le Alba Chruthachail airson 2014-15.

Chaidh aontachadh gun cuireadh Art MacCarmaig crìoch air an dreachd dheireannach den aonta le Alba Chruthachail, le cuideachadh bhon Chathraiche, nam biodh sin a dhìth.

1.2014.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Dreachd den Phoileasaidh Ghàidhlig a chaidh ùrachadh

Chaidh aithisg le Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a sgaoileadh le lethbhreac den Phoileasaidh Ghàidhlig ùr na cois.

Chaidh atharrachadh beag no dhà air a' phoileasaidh a mholadh agus chaidh aontachadh gun deigheadh a sgaoileadh am measg nam Fèisean feuch am faigheadh iad cothrom beachdan a thilleadh. Dheigheadh am Poileasaidh ùr a chur air beulaibh coinneamh a' Chèitein airson aonta, a' gabhail a-steach atharraichean sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann ri linn nam beachdan a gheibhear bho na Fèisean.

1.2014.05 LUCHD-OBRACH

(a) Structar Luchd-obrach a thathar a' moladh: Taisbeanadh

Seach gun robh a' phuing seo a' buntainn ri luchd-obrach, dh'fhàg Anna Willoughby, Calum Ailig Mac a' Mhaoilein, Moreen Pringle agus Aonghas MacLeòid a' choinneamh fhad 's a bhathar a' bruidhinn air.

Rinn Art MacCarmaig taisbeanadh don Bhòrd, le sealladh air an structar a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd aig Fèisean nan Gàidheal. Chaidh aontachadh gum feumadh tuilleadh còmhraidh a bhith ann mun chùis seo aig a' choinneimh sa Chèitean agus na còmhraidhean sin a' gabhail ealla ris a' Phlana Leasachaidh ùr.

(b) Greis Gnìomhachais airson Luchd-ceuma

Chaidh aontachadh gum bu chòir dhuinn gabhail ris a' chothrom air Greis Gnìomhachais airson Neach-ceuma, a gheibh pàirt den mhaoineachadh bho HIE, às dèidh na bùth-obrach a chaidh a chumail air ro-innleachdan margaidheachd mar phàirt den chàirdeas a th' againn leotha mar 'Bhuidheann air a Stiùireadh'.

1.2014.06 CÙISEAN GNÌOMHACH

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh Aithisgean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh.

Às dèidh na h-aithisg bho Art MacCarmaig, thugadh an aire dha mar a bhuannaich an Mischa MacPherson Trio an Duais Òigridh aig BBC Rèidio 2 airson Ceòl Traidiseanta. Bha Art air sgrìobhadh thuca a' cur meal-a-naidheachd orra às leth Fèisean nan Gàidheal.

1.2014.07 EILE

(a) Cinn-latha nan coinneamhan airson an còrr den bhliadhna

Chaidh aontachadh gun deigheadh Coinneamhan a' Bhùird airson an còrr den bhliadhna a chumail mar a leanas:

- Dihaoine 16 Cèitean - Inbhir Nis aig 11.30m
- Dihaoine 26 Sultain - mar phàirt den choinneimh/cho-labhairt bhliadhnail againn air 26/27 Sultain. Bha againn fhathast ri àite aontachadh airson seo. Chaidh a mholadh gum faodadh Inbhir Narann a bhith freagarrach, agus chaidh aontachadh gun deigheadh beagan rannsachaidh a dhèanamh feuch an robh àite sa bhaile a bhiodh freagarrach, agus ma bha an t-ionad sin a ghleidheadh dhuinn.
- Dihaoine 12 Dùbhlachd - àite ri aontachadh fhathast

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2014.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le pròram-obrach na buidhne gu 31 Màrt 2014.

Bun Fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèiligeadh ris an ùine eadar 1 Giblean 2013 agus 31 Màrt 2014 a' sealltainn builean mu choinneimh dhleasdanasan bho Phlana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) a dh'ìarr ar prìomh bhuidhnean-maoineachaidh – Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (InG), Bòrd an Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB) mar phàirt de na h-aontaidhean leotha.

Gus an aithisg a chumail sìmplidh tha sinn air siostam 'DOU' a chleachdadh – Dearg, Òmar & Uaine – agus tha inbhe gach aon dhiubh mar a leanas:
R (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart nach ruighinn targaidean.
Ò (Òmar) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh.
G (Uaine) = Air targaid.

		Dleastanas ann am Plana FnG	Adhartas	Ìre
Builean Alba Chruthachail				
AC1	Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha Oifigearan Leasachaidh air an comharrachadh mar phrìomh oifigearan airson gach Fèis ris am faod na Fèisean bruidhinn sa chiad dol-a-mach nuair a tha iad feumach air seirbheisean Fèisean nan Gàidheal no taic le obair leasachaidh.	
AC2	Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh	Leasachaidhean Ùra	Tha Fèisean ùra a stèidheachadh nuair a thig iarrtas bho choimhearsnachd is aon uair 's gu bheil Bòrd Fèisean nan Gàidheal riaraichte gu bheil an Fhèis ùr a' gabhail ri amasan is cinn-uidhe Fèisean nan Gàidheal.	
AC3	Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh taic-airgid a thabhann do 44 Fèisean tro Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2013-14 a fhuair maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	
AC4	Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean	Leasachaidhean Ùra	Fhuair Fèis Fhoirt taic le tachartas aig Loch Laomainn cuide ri Karen NicMhathain san luchar. Fhuair Fèis an Earraich airgead airson taic le	

			pròg ram chlasaichean taobh a-muigh na clasaichean àbhaisteach aca. Chaidh maoineachadh a thoirt do Fèis Bharraigh airson deireadh seachdain de chur-seachadan airson deugairean. Fhuair Fèis Inbhir Narainn taic-airigid airson feadain a cheannachd agus Fèis Bheag a' ruith aig latha-fèise.	
AC5	Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh	Leasachaidhean Ùra	Chaidh am poileasaidh Gàidhlig ùrachadh anns a' Ghearran 's tha sinn an-dràsta aig ìre co-chonaltraidh le buill. Gheibhear leth-bhreac den phoileasaidh air làrach na buidhne. Nì sinn a h-uile oidhirp cleachdadh na Gàidhlig a neartachadh sa bhuidhinn againn fhìn agus anns na Fèisean. Chaidh fios do gach Fèis mu cho cudromach 's a tha cleachdadh na Gàidhlig agus gu bheil taic ann an cuideachadh le seo.	
AC6	Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma	Leasachaidhean Ùra	Bha Meanbh-Chuileag air chuairt le dealbh-chluich ùr stèidhichte air beatha John Muir tràth ann an 2013-14. Faicibh BnG10 gu h-ìosal airson fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chaidh a chumail san luchar.	
AC7	Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile	Leasachaidhean Ùra	Shoirbhich a-rithist le tachartas còmhnaidheach, Còig Latha, a chaidh a chumail ann an Leòdhas aig àm na Càisge 2013 far an robh 17 deugairean ag ionnsachadh ceòl is seinn agus cuideachd a' dol an sàs ann an diofar obraichean is chur-seachadan ann an coimhearsnachd Ghàidhlig, leithid fighe, seòladh, obair croitearachd, gearradh mòna is còcaireachd.	
AC8	Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Thug an Sgioba-G taic a thaobh na Gàidhlig do 10 Fèisean am-bliadhna gu ruige seo.	
AC9	A' leantainn oirnn a' cumail taic ri is a' cur air adhart sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig	Leasachaidhean Ùra	Chaidh coimisean a thoirt do Bhlair Douglas, fear-ciùil bhon Eilean Sgitheanach, òran ùr a sgrìobhadh a thèid a chleachdadh aig grunn Fhèisean mar chomharra air na Geamaichean Cho-fhlaitheis agus Bliadhna an Tilleadh Dhachaigh ann an 2014. Tha sinn a' cumail chòmhraidhean mu phròiseact eile na co-cheangailte ris na Geamaichean Cho-fhlaitheis a bhrosnaicheas òrain ùra cuideachd.	
AC10	A' cumail oirnn a' brosnachadh muinntir nam Fèisean gu bhith cruinneachadh, a' tasgadh is a' dèanamh feum de shusbaint a thàinig às an dualchas ionadail aca fhèin	Leasachaidhean Ùra	Tha Maoin Dualchais a' Chrannchuir air taic-airgid a thabhann son seo agus tha sinn ag obair ann an co-bhonn ri Tobar an Dualchais air a' phròiseact Fuaran. Tha seachdnar an sàs sa phròisect 's chaidh trèanadh a chuir air dòigh dhaibh san t-Samhain 's tha iad a' cruinneachadh òrain a-nis anns na sgìrean aca fhèin.	
AC11	A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha obair ICO ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd a' dol air adhart a-rithist sa bhliadhna sgoile 2013-14. Chuir sinn bhideoan de ar n-obair ann an sgìre Chomhairle na Gàidheatachd air ar seanail YouTube agus ghabhadh coimhead orra tron làrach-lìn againn. Tro Fèisgoil, fhuair sinn cùmhnant ùr bho Chomhairle Rinn Friù airson 38 seachdainean agus thòisich sinn a'	

			teagasg na fìdeig sna sgoiltean aca san Lùnastal.	
AC12	Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tro Fèisgoil, tha sinn air a bhith a' cur air adhart obair le sgoiltean agus buidhnean coimhearsnachd. Tha sinn air a bhith a' teagasg Gàidhlig ann an sgoiltean Pheairt is Cheann Rois. Tha sinn air a bhith a' cuideachadh le ullachadh airson mòdan ionadail agus chùm sinn Meanbh-Fhèisean ann am Bun-sgoil Chaileanaich agus Àrd-sgoil Phort Rìgh. Eadar Faoilleach agus Giblean lìbhrig sinn cùmhnant do Chomhairle na Gàidhealtachd a' teagasg Gàidhlig ann an sgoiltean Gallaibh is Loch Abar. Tha Comhairle Baile Ghlaschu air ùidh a shealltainn san t-seirbheis Fèisgoil airson Gàidhlig a theagasg ann an suas ri 20 sgoil sa Bhaile le amas tòiseachadh san Lùnastal 2014.	
AC13	Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta	Lìbhrigeadh Sheirbheisean/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chuir sinn trèanadh air dòigh los gum biodh barrachd Gàidhlig ga cleachdadh ann an clasaichean nam Fèisean agus chum sinn cùrsaichean a airson daoine a bha a' gabhail pàirt sna Cèilidhean air Chuairt. Tha earrann ùr ga chur air ar làrach-lìn far am faigh daoine braithrachas co-cheangailte ri ceòl a chluich agus ga lìbhreagadh air beulaibh dhaoine. Faicibh InG6 gu h-ìseal airson fios mu thrèanadh son luchd-teagaisg.	
AC14	Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Nì sinn conaltradh mar as iomchaidh ri buidhnean eile is bidh sinn tric a' sgaoileadh fiosrachadh às leth bhuidhnean eile a tha an sàs ann an ceòl traidiseanta mar Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba. Bha còmhraidhean againn le Alba Chruthachail mu Ro-innleachd Ealain na h-Òigridh. Dh'obraich sinn còmhla ri Bòrd na Gàidhlig is an t-Oifigear Ealain is Cultair aca (a tha air a fhastadh ann an compàirt ri Alba Chruthachail) gus iomairtean dràma a chur air adhart is bidh sinn ag obair còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig is buidhnean eile gus tuilleadh leasachaidh a thoirt air dràma Ghàidhlig. Bidh sinn a' co-obrachadh le Highlife Highland air Pròg ram nan Sgoiltean airson Blas agus leis a' Chomunn Gàidhealach ag ullachadh chloinne airson mòdan ionadail. Tha sinn air a bhith an sàs ann an còmhraidhean le grunn bhuidhnean ealain stèidhichte air a' Ghàidhealtachd mu Hub Ealain Òigridh a' stèidheachadh. Chaidh iarrtas ullachadh airson Alba Chruthachail le Fèis Rois, a tha a-nis a' stiùireadh a' phròiseact,.	
AC15	Tuilleadh obair chompàirt a stèidheachadh còmhla ris an roinn choimeirsealta is sinn a' togail air an taic urrasachd a ghlèidh sinn do Bhlas	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Bidh sinn gu gnìomhach a' sireadh taic-airgid bhon roinn phrìobhaideach ged is e obair dhuilich a tha seo. Cha deach leinn goistidheachd fhaighinn airson Blas 2013. Tha Manaidsear Leasachaidh na buidhne air a bhith a' conaltradh ri companaidh bho chionn greis a dh'fhaodadh a bhith taiceil. Bidh sinn a' feuchainn a-rithist son 2014.	
AC16	Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar	Leasachaidhean	Tha sinn air bùth a stèidheachadh air ar làrach-lìn ùr is chithear gach seòrsa	

	a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean	Ùra	bathair a tha Fèisean nan Gàidheal a' reic an sin a-nis. Bidh sinn a' reic bathar bho na Fèisean eile agus nì sinn am feum as motha de na cothroman gus leabhraichean a reic aig consairtean nam Fèisean is tachartasan eile. Bidh sinn a' cur sùil ri cuid de na goireasan againn fhoillseachadh ann an cruth didseatach a ghabhadh a reic air-loidhne.	
AC17	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Ghabh na Cèilidhean air Chuairt aig Fèis Lochabair agus Fèis Fhoirt pàirt ann an cuirm shònraichte le Karen NicMhathain san Iuchar. Ghabh na Cèilidhean air Chuairt aig Fèis Rois pàirt ann an grunn fhèisean cliùiteach, nam measg Iomall Fèis Dhùn Èideann. Bha na Cèilidhean air Chuairt a' cluich aig geamaichean eadar-nàiseanta iomain san Dàmhair/Samhain 2013. Bhuannaich còmhlan Mischa Mhic a' Phearasin, triùir a choinnich tro Chèilidh air Chuairt Fèis Rois, duais òigridh anns na Duaisean Ciùil Traidiseanta aig Radio 2. Tha sinn a' cumail còmhraidhean an-dràasta le Glaschu Bheò mu chothrom taisbeanaidh mar phàirt de dh' Iomall Geamaichean a' Cho-Fhlaitheis. Tha ìomhaigh nam Fèisean anns na meadhanan aig ìre mhath agus tha sinn fhìn a' sgaoileadh naidheachdan gu cunbhalach a tha ri fhaicinn an seo http://www.feisean.org/ga/naidheachdan/index.php.	
AC18	Ann an compàirt ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra a bhith na phrìomh bhuidheann a tha a' cur air adhart is a' sìor leasachadh ceòl traidiseanta is na h-ealain Ghàidhlig an Alba	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha ar pròg ram obrach air fad ag amas air a' bhuil seo agus tha sinn den bheachd gu bheil ar pròg ram a' coileanadh an amais seo. Tha a' mhòr chuid den obair choiteachaidh sam bi sinn an sàs ag amas air leasachaidhean anns na h-ealain Ghàidhlig adhartachadh. Bha sinn an sàs ann an leasachadh na ro-innleachd 'Time to Shine' a dh'fhoillsch Alba Chruthachail bho chionn greis agus tha an Ceannard an sàs a' cruthachadh an ath Phlana aig Alba Chruthachail mar bhall de bhuidheann comhairleachaidh.	
AC19	Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh Blas 2013 air adhart san t-Sultain agus bha fèis shoirbheachail againn le 50 cuirm agus barrachd air 50 tachartas eile ann an coimhearsnachdan. Bha bàird is luchd-ciùil a Èirinn air Cuairt nam Bàrd a fhuair taic bho Cholmcille. Bha comisean ùr, 'Boraraig', againn bho Chalum MacCruimein agus Eun Beag Chanaidh le Theatar Nàiseanta na h-Alba. Bha Cèilidhean Taighe againn agus co-bhonntachd le Chomhairle nan Leabhraichean a chuir sgrìobhadairean air dòigh aig cuid de na cuirmean. Bha FilmG a' sealltainn cuid de na filmichean aca. Uile gu lèir bha 15,428 ga frithealadh.	
AC20	ail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt	Leasachaidhean Ùra	Chaidh taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2013 agus chluich iad aig còrr is 200 cèilidh is tachartas air feadh na h-Alba. Bha Fèis Rois a'	

			cumail pròg ram farsaing de Trad Trails a-rithist, a thuilleadh air dà bhuidheann Cèilidh air Chuairt aca. Bha cuirm shònraichte aig Loch Laomainn le Karen NicMhathain, Fèis Fhoirt agus Fèis Lochabair.	
AC21	ail oirnn a bhith nar pàirt den iomairt gus Ro-innleachd Nàiseanta lain Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a' toirt taic do dh'obair an r Ealain Ghàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Bidh Fèisean nan Gàidheal an sàs ann an lìbhrigeadh Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig a tha na phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17. Bidh àite aig Fèisean nan Gàidheal ann a bhith lìbhrigeadh pàirtean dhe sin mar: a' leudachadh cleachdadh na Gàidhlig sna h-ealain is sna meadhanan air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach tachartasan nàiseanta; a' cumail taic ri cothroman far am bi na h-ealain is meadhanan a' togail ìomhaigh na Gàidhlig; a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig farsaingeachd de dhaoine air diofar thachartasan ealain Gàidhlig; agus a' cur am meud nan cothroman a dhol an sàs sna h-ealain ann an suidheachaidhean a chuidicheas le bhith ag ionnsachadh is a' cleachdadh Gàidhlig agus a chòrdas ri daoine. Rinn sinn taisbeanadh anns an t-Samhain do bhuidheann-stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a' mìneachadh nan dòighean sa bheil ar program-obrach a' lìbhrigeadh amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Faicibh BnG18 gu h-ìseal mu chonaltradh leis an Oifigear Ealain is Cultarail.	
AC22	A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cuideachadh le obair ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig, gu sònraichte na sgìrean far a bheil luchd-obrach againn is far a bheil Fèisean. Bidh sinn a' tabhann cothrom air uidheamachd oifis is àite sna h-oifisean fhèin a bharrachd air a bhith a' dol an sàs ann an iomadach pròiseact. Faicibh BnG2 gu h-ìseal.	
AC23	Co-labhairt Bhliadhnail a chumail	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh Co-labhairt 2013 a chumail ann an Dùn Èideann air 27 is 28 Sultain. Bha Fiona Hyslop BPS, Rùnaire a' Chaibineit son Cultair agus Janet Archer, Ceannard Alba Chruthachail, a' bruidhinn aice.	
AC24	A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh	Leasachaidhean Ùra	Taobh a-staigh nam buidseatan againn tha sinn a' toirt taic do dh'Fhèisean ionadail a tha airson an obair aca a leudachadh agus/no a tha airson barrachd a dhèanamh is a bhith nas neo-eisimeiliche. Tha sinn a' tabhann ghoireasan pàighidh do dh'Fhèis Bharraigh, Fèis a' Bhaile is Fèis Spè agus tha sinn a' toirt taic don obair Fhèise, is cuid de na Leasachaidhean Ùra, aig Fèis Rois. Bidh sinn ag obair cuide ri Fèis Spè ann an oidhirp taic fhaighinn airson leasachaidhean a mhaoineachadh. Chaidh coinneamh a chur air dòigh bho chionn greis eadar Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Comhairle nan Gàidhealtachd agus sinn fhìn, airson còmhradh mun t-slighe air adhart dhan Fhèis.	

AC25	A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh			Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha clàr agus sgeama is siùil dhearbhaidh PVG aig Fèisean nan Gàidheal a tha coitcheann do na Fèisean uile, a nì cinnteach gu bheil teisteanas Disclosure aig gach oide, neach-stiùiridh is neach saor-thoileach. Bu chòir do na Fèisean a bhith nas for-ghnìomhach a dhèanamh cinteach gu bheil fhios aig an luchd-teagaisg mun phròiseas agus bheireadh na h-Oifigearan Leasachaidh taic dhaibh le seo.		
AC26	A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd			Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha sinn daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air ar seirbheisean agus chaidh rannsachadh a dhèanamh an-uiridh am measg prìomh luchd-obrach nam Fèisean is buill nan comataidhean. Tha buaidh air a bhith aig toraidhean an rannsachaidh sin air ar modhan-obrach. Tha sinn cuideachd a' measadh ar n-oidean YMI, a' sealltainn orra sna sgoiltean, gus na comasan aca a mheasadh agus gus moladh dhaibh ciamar a b' urrainn dhaibh piseach a thoirt air na dòighean-teagaisg aca. Thèid measadh bhon taobh a-muigh a dhèanamh bho àm gu àm air obair Fèisean nan Gàidheal le buidhnean a tha cur airgead an seilbh na h-obrach sin.		
Fiosrachadh Àireamhail								
Obraichean (air an cruthachadh/gleidheadh) FTE	92.4	Teachd-a-steach bho mhalairt	£847,536	Buidhnean coimhearsnachd a chaidh a stèidheachadh	1	Buidhnean coimhearsnachd le barrachd comais	11	
Tabhartasan do dh'Fhèisean	£270,076	Cosgais iomlan obair nam Fèisean	£771,645	Teachd-a-steach iomlan a nì na Fèisean	£501,569	Stòrais ùra a nì teachd-a-steach	1	
Tachartasan cultarach	489	Daoine a gheibh buannachd	42,640	Compàirtichean	11,264	Luchd saor-thoileach	714	
Obair gus lìonraidhean a chruthachadh	14	Seirbheisean/goireasan ùra/leasaichte	2	Seiseanan leasachaidh don luchd-obrach	34	Luchd-trèanaidh	214	
Cèilidhean air Chuairt	7	Luchd-èisteachd nan Cèilidhean air Chuairt	15,726	Tachartasan an lùib nan Cèilidhean air Chuairt	204	Pròiseactan a nì feum do dh'eaconamaidh na Gàidhlig	4,471	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean								
InG1	Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015			Leasachaidhean Ùra	Tha Fèisgoil air a stèidheachadh agus tha sinn an-dràsta ag obair le grunn ùghdarras ionadail agus buidhnean poblach. Lìbhirg sinn cùmhnant le Comhairle na Gàidhealtachd gus Gàidhlig a theagasg ann an sgoiltean Loch Abar agus Gallaibh eadar Faoileach agus Giblean 2014. Shoirbhich leinn le tagradh do na Cruinneachaidhean Nàiseanta airson cùmhnant a lìbhrigeadh leis an luchd-obrach aca a thaobh eòlas mu Ghàidhlig agus Gàidhlig bhunaiteach. Tha sinn an sàs ann an conaltradh le Comhairle Baile Ghlaschu, Comhairle		

			Siorrachd Àir a Tuath agus Comhairle Lannraig a Deas mu chùmhnantan a lìbhrigeadh dhaibhsan. Anns a' bhliadhna 2013-14, thug Fèisgoil £65.5k a bharrachd a-steach don bhuidhinn.	
InG2	A' leantainn oirnn a' lorg chothroman coimeirsealta; a' dèanamh cinnteach gu bheil an teachd-a-steach bho mhalairt aig Fèisean nan Gàidheal na shùim a tha 35% de theachd-a-steach iomlan FnG, ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	Rinn sinn an gnothach air 53% a ruighinn ann an 2012-13. Thathar an dòchas gun ruig sinn co-dhiù 58% ann an 2013-14.	
InG3	17.5 obraichean lonann is Làn-thìde a ghleidheadh ann an sgìre obrach HIE air a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	An-dràsta tha 14.2 obraichean FTE aig a' bhuidhinn. Ge-tà, le cothroman cosnaidh a bharrachd an lùib Fèisgoil is cùmhnantan eile tha sinn gu mòr an dòchas gum bi 17.5 obraichean FTE againn mar a tha HIE ag iarraidh. Ann an 2013-13 ràinig sinn 104.3 obraichean FTE.	
InG4	Obair a chur air adhart gu sònraichte ann an sgìrean cugallach, 3 Fèisean ùra is 5 pròiseactan eadar-ghinealaichean a chruthachadh sna sgìrean cugallach, ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	An-dràsta, a-mach à 37 Fèisean ann an sgìre HIE, tha 23 gan cumail ann an sgìrean cugallach. A thuilleadh air a bhith toirt taic do na Fèisean sin tha sinn ag obair còmhla ri lomairtean Gàidhlig a tha ag obair ann an sgìrean cugallach ann an Leòdhas, Uibhist, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar. Chaidh 18 tachartasan Bhlais is 42 cèilidh leis na Cèilidhean air Chuairt a chumail sna sgìrean cugallach ann an 2013. Faicibh AC10 gu h-àrd airson fios mu phròiseactan eadar-ghinealaich. Bha 5 Latha gu math soirbheachail againn na bu thràithe air a' bhliadhna ann an Taobh an Iar Leòdhais, sgìre chugallach, le 16 deugairean agus grunn dhaoine bhon choimhearsnachd an sàs. Tha planaichean airson 5 Latha 2014 a' dol air adhart mar bu chòir.	
InG5	Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	Mar phàirt de Sgoil Shamhraidh Dràma 2013, bha taisbeanaidhean ann bho dà bhuidheann inbhich – Buidheann Dràma Chille Mhoire agus Cabraich Arts - cho math ris na taisbeanaidhean bhon òigridh aig Sabhal Mòr Ostaig ann an co-bhonn ris na Cèilidhean air Chuairt. Tha bhideoan den oidhche air ar seanail YouTube agus ghabhadh coimhead orra tron làrach-lìn againn. Bidh sinn a-rithist ag obair ann an compàirt ri Eden Court agus Sabhal Mòr Ostaig le maoin tro Lìonradh Dràma na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig.	
InG6	A' cumail oirnn le taic do dh'oidean is luchd-eagrachaidh los gun ionnsaich iad sgilean ùra a thaobh sireadh maoineachaidh, dìon cloinne, Gàidhlig, ciad chobhair, riaghladh, coimpiutaireachd is dòighean teagaisg. Bidh 87 luchd saor-thoileach is 23 luchd-trèanaidh/oidean, bho sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, air a dhol tron phròg ram aig Fèisean nan Gàidheal airson leasachadh sgilean, ro 31 Màrt	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn orra a' toirt trèanadh do dh'oidean gu cunbhalach. Tha trèanadh do luchd-eagrachaidh a' tachairt gu h-ionadail seach aig Fèis Trèanaidh bhliadhnail, a' cumail ri toraidhean rannsachadh a chaidh a dhèanamh an-uiridh. Chaidh trèanadh Gàidhlig air adhart sa chiad ràith airson oidean Fèisgoil le tuilleadh san amharc nas fhaide air adhart air a' bhliadhna. Bidh a' mhòr-chuid de thrèanadh do dh'oidean ga thabhann sa Ghearran is	

	2015		sa Mhàrt gach bliadhna, ach tha sinn an-dràsta a' coimhead ri iarrtas bho Fhèis Ghàidhlig Ghlaschu trèanadh airson oidean a chur air dòigh dhaibh ann an Glaschu. Ghabh 67 pàrt ann an tachartasan trèanaidh ann an 2013-14.	
InG7	A dhèanamh cinnteach gu bheil 8,206 compàirtichean/luchd-ionnsachaidh a' dol an sàs ann am pròg ram sgilean nam Fèisean, ann an sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha sinn cinnteach gun coilean sinn an targaid seo airson 2015 agus chìthear na figearan airson an treas ràithe de 2013-14 gu h-àrd fo Fhiosrachadh Àireamhail.	
InG8	Sanasachd ga dèanamh air Cèilidhean air Chuairt is Fèis Bhlais gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta agus iad nan tarraing mhòr a thaobh cùisean turasachd chultarach, ro 31 Màrt 2015.	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn ri oidhirpean mòra gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta, agus tha sinn ag obair nas dlùithe còmhla ri VisitScotland is EventScotland is companaidhean turais fa leth gus an dèan sinn sanasachd nas fharsainge air an dà iomairt. Tha againn fhathast ri seisean trèanaidh a chumail tron t-siostam Stiùireadh Chunntais aig InG agus an dèidh sin seisean air margaideachd eadar-nàiseanta le SDI. Tha sinn air faighinn seachad air trioblaidean làithean aontachadh leis gun deach cunnraidear ùr fhastadh le InG son na h-obrach a dhèanamh.	
InG9	Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh	Leasachaidhean Ùra	Faicibh AC17 gu h-àrd. Bha coinneamh againn leis na buidhnean a tha an sàs sna Geamaichean Cho-fhlaitheis agus tha sinn fhathast ann an conaltradh riuthasam, agus ri Glaschu Bheò, mu na Fèisean a' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an 2014.	
InG10	Sgrùdadh a dhèanamh air ar dleastanasan, freagarrachd is èifeachd Bòrd Fèisean nan Gàidheal, ro 31 Màrt 2013	Leasachaidhean Ùra	Chaidh seo a dhèanamh agus tha InG sàsaichte mun chùis.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig				
BnG1	Fianais air taic phractaigeach don Sgeama Comhairleachaidh Phàrantan, le trèanadh do luchd-obrach ùr agus dearbhadh air taic ga thoirt do phàrantan.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha sinn a' cumail taic ri sgeama comhairleachaidh pàrant ann an iomadh dòigh; tro thachartasan sònraichte, na h-Iomairtean, fiosrachadh aig Fèisean agus Blas. Tro ar làrach-lìn agus a' brosnachadh naidheachdan agus cothroman tro na lìonraidhean a th'againn air loidhne agus ar stòr-data tha sinn a' cumail taic. Tha Fèisean nan Gàidheal cuideachd a' cumail taic do Chomann nam Pàrant Port Rìgh. Faicibh BnG4.	
BnG2	Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach air a thoirt do dh'Iomairtean Ghàidhlig air feadh Alba.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha sinn ag obair mar phàirt de gach Iomairt tro obair Fèisean nan Gàidheal, ar luchd-obrach agus na Fèisean gu h-ionadail. Chaidh 7 Fèisean air adhart ann an sgìrean Iomairt tron t-Shamhradh agus bha 23 consartan Blas air an chur air dòigh ann an coimhearsnachdan ann an sgìrean Iomairt. A bharrachd air seo bha am pròg ram sgoile a' cur ris na bha tachairt sna diofar sgìrean. Chaidh an sgoil Shamhraidh Dràma a	

			chumail anns an Eilean Sgitheanach agus bha na Cèilidhean air Chuairt an sàs ann an iomadh tachartas anns na diofar sgìrean. Chaidh mòran clasaichean Fèise agus prìomh Fhèisean a chumail ann an sgìrean lomairt air na trì miosan a dh'fhalbh, nam measg bha Fèis Deugairean ann an sgìre Loch Abar agus bha turas iomlaid le buidheann à Èirinn ann an Inbhir Nis mar phàirt den Camanachd Eadar Nàiseanta. Bidh luchd-obrach na buidhne uile a' cur ris na h-iomairtean anns na diofar phròiseactan anns a bheil sinn an sàs. Tha sinn cuideachd a' cur Cofaidh is Còmhradh air adhart gach Dimàirt ann an oifis Phort Righ. Tha na h-aireamhan a' frithealadh seo air crìonadh ach bidh sinn ga shanasachd as ùir sa Bhliadhn' Ùire. Tha sinn air co-dhiù 1,728 uairean a thìde de dh' obair a dhèanamh mu choinneamh obair nan lomairtean.	
BnG3	Fios às ùr gach ràithe air cuir an gnìomh Poileasaidh Gàidhlig na buidhne, le co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal.	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh dreach ùr den phoileasaidh fhoillseachadh sa Ghearran agus tha e a-nis air a dhol a-mach air co-chonaltradh le na Fèisean. Gheibhear dreach den phoileasaidh air làrach-lìn na buidhne. Tha na Fèisean a' leasachadh agus a' leudachadh nan dòighean sa bheil iad a' cur a' phoileasaidh an gnìomh le taic cunbhalach bhon sgioba againne. Tha adhartas mòr air a bhith ann a-measg nam Fèisean le cha mhòr a h-uile càil bhuapa a-nise a' nochdadh gu dà-chànanach. Tha Fèisean nan Gàidheal fhèin a' foillseachadh stuthan gu dà-chànanach, a-measg sin stuth a bhios a' nochdadh air Facebook agus Twitter. Bidh luchd-obrach na buidhne a' faighinn co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh tron bhliadhna a tha stèidhichte air cànan no cuspairean a tha air an lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig. Air a' bhliadhna dh' fhalbh rinn sinn bùithtean-obrach Gàidhlig air grunn chuspairean co-cheangailte ri gràmair, litreachadh, gnathasan cainnte agus seanfhaclan gus sgìlean an luchd-obrach air fad a leasachadh. A bharrachd air seo rinn sinn seiseanan trèanaidh a bha air an lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig air na meadhanan, Photoshop agus Powerpoint. Nì sinn tuilleadh trèanaidh air sgìlean Gàidhlig agus cuspairean mar dealbhadh dà chànanach, eadar-theangachadh agus tuilleadh air obair nam meadhanan.	
BnG4	air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha sinn air a bhith co-obrachadh leis a' mhòr-chuid de na buidhnean Gàidhlig air a' bhliadhna seo. Dh'obraich sinn cuide ri Stòrlann air goireasan-teagaisg agus a' lìbhrigeadh bùithtean-obrach aig An t-Alltan.	

			Tha sinn air a bhith ag ullachadh co-fharpaisichean òga a bha a' gabhail pàirt anns na mòdan Ionadail ann an co-bhonn ris a' Chomuinn Ghàidhealaich. Bha seo gu math soirbheachail le luchd-teagaisg agus na mòdan ionadail a' moladh na taic seo. Tro Bhlas bha sinn ag obair le Clì, Comhairle nan Leabhraichean agus An Comunn Gàidhealach, ceanglaichean a tha a' sìor nearteachadh. Anns na miosan gu deireadh na bliadhna bha sinn a lìbhrigeadh bùiththean-obrach airson Film-G, a' toirt taic do sgoilearan a' cruthachadh sgriobtaichean agus gan clàradh. Bidh sinn a' frithealadh nan coinneamhan Iomairt anns na diofar choimhearsnachdan agus a' cumail taic ri diofar bhuidhnean eile tro na lìonraidhean againn. Bidh Fèisean nan Gàidheal cuideachd a' cumail taic do Chomann nam Pàrant Port Rìgh le goireasan rianachd agus a' frithealadh choinneamhan na buidhne airson cuideachadh leis an obair aca a thoirt air adhart.	
BnG5	Fianais air co-obrachadh le Ùghdarrasan Poblach gus na Planaichean Gàidhlig aca a chur an gnìomh	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn a' co-obrachadh le Ùghdarrasan Ionadail air feadh na dùthcha le obair nam Fèisean, Blas, Dràma agus seirbheisean a tha sinn a' tabhann tro Fèisgoil. Bidh a' mhòr chuid den obair seo a lìbhrigeadh amasan nam Planaichean Gàidhlig aca. Faicibh InG1 gu h-àrd airson adhartais le Fèisgoil. Bidh sinn cuideachd a' togail nan ceangalaichean againn le buidhnean poblach agus tha sinn mar thà air a bhith ag obair gu dlùth le Dualchas Nàdar na h-Alba air tachartasan Blas agus nan Cèilidhean air Chuairt.	
BnG6	Lethbhreac de shanasan naidheachd agus sanasan tachartasan air a chur air adhart gu Bòrd na Gàidhlig mus tèid iad an sgaoileadh, ma tha maoineachadh bho Bòrd na Gàidhlig co-cheangailte ris a' phròiseact.	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha sinn a' cur a h-uile sanas naidheachd air adhart don Bhòrd 's tha cothrom ann aithris a chur annta ma tha e iomchaidh agus ma tha airgead a' Bhùird an sàs sa phròiseact. Bidh sinn a' cumail fiosrachadh ri Riaghaltas na h-Alba mu na planaichean againn agus na cothroman a dh'fhaodadh a bhith ann stuthan fhoillseachadh dha na Meadhanan agus bidh oifigearan a' Bhùird a' faotainn sin cuideachd.	
BnG7	Fiosrachadh air na h-àiteachan far a bheil a' bhuidheann ag obrachadh – luchd-obrach, pròiseactan aig ìre ionadail agus aig ìre nàiseanta.	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha seo air a dhearbhadh ann an aithisg ràitheil a tha dol chun a' Bhuird agus sa mhapa a tha an lùib ar n-Aithisg Bhliadhnail a chaidh foillseachadh san t-Sultain.	
BnG8	Sanas mu dà-chànanas/foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann am bileag Blas agus cothroman sanasachd do Bhòrd na Gàidhlig aig tachartasan na Fèise.	Leasachaidhean Ùra	Tha seo air nochdadh sa bileag a' sanasachadh Blas air-loidhne agus bha fiosrachadh ri fhaighinn aig gach tachartas Blas am-bliadhna. Bha Bòrd na Gàidhlig cuideachd a' sanasachadh learngaelic.net air na tiogaidean airson Blas.	

BnG9	Suas ri 20 àrd-sgoilear a' gabhail pàirt ann an 5 Latha, tachartas còmhnaidh cultarach, aig àm na Càisge 2014.	Leasachaidhean Ùra	Thèid 5 Latha 2014 a chumail eadar 7-12 Giblean le dùil ri 20 com-pàirtiche a' gabhail pàirt ann an obraichean tràidiseanta na sgìre mar còcaireachd, turas-iasgaich, ceòl is òrain	
BnG10	20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an sgoil shamhraidh dràma.	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh an Sgoil Shamhraidh Dhrama a chumail air a' chiad chola-deug de shaor-làithean an t-Samhraidh 2013. Ged nach robh ach aon-sgoilear-deug a' gabhail pàirt am-bliadhna dh'ionnsaich iad an t-uamhas sgilean co-cheangailte ri cleasachd agus a' cruthachadh pìosan ùr de dhràma. Bha ìre cleasachd agus comasan cànain nan sgoilearan air leth math is thug iad seachad taisbeanaidhean sònraichte dè dhealbhan cluiche do chòrr is 80 neach-èisteachd ann an Talla Dhonaidh Chaimbeil aig Sabhal Mòr Ostaig. Faicibh InG 5 gu h-àrd son tuilleadh fiosrachaidh.	
BnG11	Taic ga thoirt ri co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.	Leasachaidhean Ùra	Tha e na phrìomhachas aig Fèisean nan Gàidheal a bhith a' cumail taic ri na Fèisean 's tha seo a leantainn mar bu chòir.	
BnG12	Turas sgoiltean Gàidhlig fad 6 seachdain.	Leasachaidhean Ùra	A bharrachd air a' chuiart seo tha sinn an dùil dealbh-cluiche a chuir air dòigh airson àrd-sgoiltean le taic-airgid a bharrachd a fhuiar sinn bho Riaghaltas na h-Alba aig àm a' Mhòid Naiseanta Tha dealbh-cluiche mun Chogadh Mhòr ga sgrìobhadh an-dràsta.	
BnG13	80 bùth-obrach dràma Gàidhlig ann an coimhearsnachdan air feadh Alba.	Leasachaidhean Ùra	Chaidh còrr is 80 bùithtean-obrach a chumail mar phaìrt de ghrunn phròiseactan air a bhliadhna a dh'fhalbh eadar Fèisean, bùithtean-obrach ann an sgoiltean, pròiseactan theàtar Òigridh, pròiseact Lochabair agus Earra-Ghàidheal agus obair Mheanbh Chuileag ann an sgoiltean is coimhearsnachdan air feadh na dùthcha.	
	Ceangal ga thogail le Theatar Nàiseanta na h-Alba agus Theatair Òigridh na h-Alba.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Bha sinn ag obair ann an co-bhonn le Theatar Nàiseanta na h-Alba air 'Eun Beag Chanaidh' aig Blas. Tha sinn an dòchas an ceangal seo a chumail agus còmhraidhean a thòiseachadh le Theatar Òigridh na h-Alba anns an ùine ri teachd. Chùm sinn coinneamh le Theatair Òigridh na h-Alba anns an Dùbhlachd gus bruidhinn air cothroman co-obrachaidh, trèanadh agus goireasan a tha an Theatair Òigridh a chleachdadh a dh'fhaodadh sinn a' cur gu feum air pròiseactan anns a bheil sinn an sàs. Tha iad gu math taiceil ris an obair a tha sinn a' dèanamh agus leanaidh comhraidhean mu chothroman co-obrachaidh is trèanaidh anns an àm ri teachd. Nochd Eun Bheag Chanaidh aig Celtic Connections san Fhaoilleach.	
BnG15	Obrachadh ann an co-bhonn ri Sabhal Mòr Ostaig agus Aros gus pròg ram leasachaidh dràma ionadail a lìbhrigeadh cuide ri Iomairt Ghàidhlig An Eilein Sgitheanaich.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Bidh sinn a frithealadh choinneamhan de lìonraidh dràma an Eilein Sgitheanaich còmhla ri Àros, Sabhal Mòr Ostaig agus buidheann dràma Chille Mhoire. Bha an t-oifigear dràma againn cuideachd an sàs le latha dràma na bu thràithe air a' bhliadhna airson bun-sgoiltean na sgìre Àros.	

			Chaidh seo a chumail mar phàirt de phròiseact a fhuair airgead bhon Sgeama Lìonraidh Dràma Ghàidhlig. Thathas an dùil gum bi sinn an sàs leis an ath chuairt de phròiseactan bhon sgeama seo a' co-obrachadh a-rithist le Sabhal Mòr Ostaig ach le tachartas stèidhichte aig Àros an turas seo. Tha sinn cuideachd a' frithealadh choinneamhan le ATLAS (buidheann ealain ionadail san Eilean Sgitheanach) cuide ri Sabhal Mòr Ostaig agus Àros. Fhuair ATLAS maoineachadh bho Alba Chruthachail 's tha sinn gu bhith a' cumail taic riutha le sgeama a bhios a' fosgladh anns an luchar, a' tabhann cothrom do luchd-ealain tagradh a chur a-staigh airson taic-airgid gus sgilean aca a leasachadh. Chaidh seo air adhart san Dùbhlachd. Bidh na h-oifigearan drama againn ag obair gu dluth le Artair Donald aig Sabhal Mòr Ostaig a' cumail taic ris air grunn phròiseactan a tha e a' ruith aig a' cholaiste agus mun cuairt an Eilein Sgitheanaich.	
BnG16	Obrachadh ann an co-bhonn ri Eden Court gus pròram leasachaidh dràma ionadail a lìbhrigeadh cuide ri Iomairt Ghàidhlig Inbhir Nis.		Chaidh a' chiad phròiseact Theatar Òigridh a chumail ann an 2013 ann an co-bhonn le Cùirt an Aodainn. Tha an dàrna bliadhna den phròiseact a-nis air tòiseachadh le buidhnean ann an Inbhir Nis, Inbhir Pheofharain agus Baile Dhubhthaich. Thèid dealbhan cluiche ùr a sgriobhadh leis gach buidheann is thèid oidhche thaisbeanaidh a chumail ann an Cùirt an Aodainn.	
BnG17	20 taisbeanadh do suas ri 3,000 sgoilear air a' Ghàidhealtachd.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh còrr is 190 tachartas a chumail mar phàirt de program sgoile is coimhearsnachd Blas 2013, le còrr is 8,000 sgoilear air feadh Sgìre na Gàidhealtachd is Earra-Ghàidheal a' gabhail pàirt anns na bùithtean-obrach is tachartasan. Nam measg bha taisbeanaidhean bho luchd-ciùil Gàidhlig a bha a' gabhail pàirt ann am Blas, Cruinn agus an Angus Nicolson Trio, mar eisimpleir, bùithtean-obrach seinn, taisbeanaidhean dràma, cuairtean nàdair ann an grunn choimhearsnachdan, bùithtean-obrach ealain agus dannsa. Chaidh seachdain shònraichte airson sgoiltean a chumail aig an Taigh-tasgaidh Sluagh na Gàidhealtachd ann am Baile Ùr an t-Slèibhe. Fhuair sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig an cothrom luchd-ciùil le Gàidhlig a chluintinn agus an cothrom an cuid Gàidhlig a chleachdadh ann an dòighean cruthachail. Fhuair sgoilearan nach eil a' dol tro foghlam tro mheadhan na Gàidhlig an cothrom barrachd ionnsachadh mun a' chànan agus beagan ionnsachadh tro chur-seachadan spòrsail, tarraingeach agus tro na h-òrain a bha an luchd-ciùil a thaisbeanadh.	
BnG18	Conaltradh ràitheil le Oifigear Ealain is Cultar Bòrd na Gàidhlig	Com-pàirteachas	Bidh sinn a frithealadh coinneamhan de NGAS agus a' toirt na naidheachdan	

	agus Alba Chruthachail.	agus Cùmhnantan	às ùire dhan Oifigear Ealain is Cultarail. Bidh sinn a' conaltradh gu cunbhalach a thaobh cothroman agus tha sinn an dòchas coinneamh fa-leth a chur air dòigh leis anns na beagan mìosan ri teachd mar a bhios iomchaidh.	
Builean Chomhairle na Gàidhealtachd				
CnG1	Dèan cinnteach gu bheil co-dhiù £21,192 air a roinn eadar co-dhiù 19 Fèisean a rèir foirmle a chaidh aontachadh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha Fèisean nan Gàidheal air £115,881 a chomharrachadh airson Fèisean air a' Ghàidhealtachd ann an 2013-14, a' gabhail a-steach £21,192 a fhuaras bho Chomhairle na Gàidhealtachd.	
CnG2	Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Thathar a' cumail taic ri 21 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd ann an 2013-14.	
CnG3	An àireamh de dhaoine òga a tha a' dol gu Fèisean is clasaichean air a' Ghàidhealtachd a ghlèidheadh (stèidhichte air àireamh 3,656)	Leasachaidhean Ùra	Ghabh 3,721 pàirt anns na Fèisean air Ghàidhealtachd thairis air 2013-14.	
CnG4	An àireamh de dhaoine òga a gheibh teagasg Gàidhlig a leudachadh (bho àireamh 2,924)	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Fhuair 2,976 oideachadh ann an Gàidhlig aig na Fèisean air Ghàidhealtachd le mu 770 a bharrachd aig aois bun-sgoil a' faotainn leasanan Gàidhlig tron t-seirbheis Fèisgoil.	
CnG5	Dèan cinnteach gu bheil £25,253 air a chleachdadh gus taic a chumail ri Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean is airson cosgaisean coitcheann Fèisean nan Gàidheal	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Thathar a' cosg an còrr der tabhartas, £25,253, air cosgaisean ar n-obrach agus mar phàirt dhe sin cosgaisean an dithis Oifigear Leasachaidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd.	
CnG6	Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean	Leasachaidhean Ùra	Tha Fèisean nan Gàidheal daonnan a' dèanamh oidhirp gus seo a dhèanamh, gu sònraichte le bhith toirt trèanadh do dh'oidean gus an urrainn dhaibh barrachd Gàidhlig a chleachdadh. Nì sinn cinnteach cuideachd gum bithear a' cleachdadh Gàidhlig tro na cùmhnantan a tha an lùib nan tabhartasan againn agus tha sinn a' sireadh fianais air sin gach bliadhna. Bidh ar Sgioba-G a' cuideachadh le Gàidhlig aig na Fèisean nuair nach eil na comasan aig luchd-eagrachaidh no oidean.	
Builean Chomhairle nan Eilean Siar				
CnES1	£9,900 den mhaoineachadh bhon Chomhairle ann an 2013-14 a chosg sna h-Eileanan Siar a rèir na chaidh aontachadh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh maoineachadh luach £39,058 a thabhann do dh'Fhèisean sna h-Eileanan Siar, a' gabhail a-staigh £9,900 bho Chomhairle nan Eilean Siar, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh.	
	£2,900 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh sgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a nn airson nan Eilean Siar	eadh heisean	Tha an £2,900 a bha air fhàgail ga chosg mu choinneimh Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde airson nan Eilean Siar. Leis an lùghdachadh ann an ionmhas, ge-tà, tha sinn a' cumail sùil air an gabhadh an dreuchd seo a ghlèidheadh san àm ri teachd.	
n Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bòid				

CEB1	A' cleachdadh cuibhreann den airgead mu choinneamh tabhartasan do na Fèisean ann an Earra-Ghàidheal agus Bòid tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean aig Fèisean nan Gàidheal.	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh maoineachadh luach £26,584 a thabhann do dh'Fhèisean ann an Earra Ghàidheal agus Bòid, a' gabhail a-staigh £9,000 bho Chomhairle Earra Ghàidheal is Bòid, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh.	
	A' cleachdadh cuibhreann den airgead mu choinneamh cosgaisean Oifigear Leasachaidh stèidhichte ann an Earra-Ghàidheal agus Bòid.	eadh heisean	Thèid na tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh làn-thìde nam Fèisean stèiidhichte ann an Earra Ghàidheal agus pròg ram-obrach leudaichte san sgìre.	

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròg ram obrach agus còmhradh a chumail mu chuspair sam bith a bhios ag èirigh.

Art MacCarmaig
Ceannard
Cèitean 2014

Fèisean nan Gàidheal

Blas agus Cèilidhean air Chuairt 2014

Àireamh air a' chlàr-chùisean: 2.2014.02(b)

Adhbhar a' Phàipeir

Gus innse do bhuill a' Bhùird mu phlanaichean son Blas 2014 agus mun adhartas le Cèilidhean air Chuairt.

Blas 2014

Thèid Blas 2014 a chur gu seòl aig cuirm ann an Cùirt an Aodainn, Inbhir Nis air 5mh Ògmhios. Bidh Buill a' Bhùird a' faotainn cuireadh dhan tachartas.

Tha am pròg ram anns na duilleagan a tha a' leantainn. A-measg nam prìomh thachartasan bidh:

- Mìorbhail nam Beann – coimisean ùr a fhuair Iain MacPhàrlain le taic-airgid bho Dhualchas Nàdair na h-Alba
- Glòir nan Caman – a' sealltainn air buadh iomain ann an grunn choimhearsnachdan
- Highland Homecoming – sreath thachartasan a' comharrachadh toiseach na h-iomairt seo aig àm Bhlais a bhios a' leantainn gu crìoch a' Mhòid Nàiseanta san Dàmhair
- Ceòl nam Fèis – Taisbeanadh le òigridh bho Fèisean air feadh Alba fo stiùir riochdairean ciùil na cuirme, Aonghas MacCoinnich agus Murchadh Camshron

Tha liosta de bhuidhnean a tha an sàs cuide rinn a' cur air dòigh tachartasan a bharrachd a' leantainn air a' phròg ram shìos.

Ionmhas

Tha buidseat airson Blas 2014-15 an cois nam pàipearan.

Cèilidhean air Chuairt

Bidh 7 Cèilidhean air Chuairt a' faighinn taic bho Fhèisean nan Gàidheal san t-samhradh 2014. 'S iad na buidhnean aig Fèis Chataibh, Fèis Spè, Fèis Rois, Fèis an Earraich, Fèis Fhoirt, Fèis Latharna agus Fèis Lochabair. Ged a tha gnothaichean ri dhearbhadh fhathast, tha dùil gum bi iad an sàs ann am barrachd is 200 cuirm san Iuchar agus san Lùnastal.

Tha maoin 'Creative Futures' againn bho Alba Chruthachail agus bidh trèanadh ri fhaotainn, mar is àbhaist, aig Fèis Alba anns a' Phloc tràth san Iuchar. Tha obair ullachaidh a' dol air adhart mu choinneamh sin an-dràsta.

A bharrachd air na tachartasan anns na sgìrean aca fhèin, tha sinn an dòchas gum bi co-dhiù cuid de na buidhnean an sàs ann an tachartas ann an Glaschu air 28mh Iuchar mar phàirt de Phròg ram Cultarail Geamaichean a' Cho-fhlaitheis.

Tha sinn cuideachd a' beachdachadh air an gabhadh cuirm shònraiche eile a chur air dòigh aig Cladaichean Loch Laomainn, ann an co-chonn ri Pàirce Nàiseanta Loch Laomainn agus nan Tròisichean mar a rinn sinn an-uiridh le Karen NicMhathain agus muinntir Fèis Fhoirt.

Gnìomhan a tha a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird:

(1) Aire a thoirt do phròg ram Bhlas 2014
(2) Aire a thoirt don bhuidseat airson 2014-15
(3) Aire a thoirt don obair ullachaidh airson nan Cèildhean air Chuairt 2014

Art MacCarmaig
Ceannard
Cèitean 2014

BLAS 2014 PROGRAMME								
	Wester Ross, Skye & Lochaber			Caithness, Sutherland & Easter Ross		Inverness, Badenoch & Strathspey		Other
	LOCHABER	SKYE & LOCHALSH	WESTER ROSS	EASTER ROSS	CAITHNESS/SUTHERLAND	INVERNESS	BADENOCH/NAIRN	WESTERN ISLES/ARGYLL
FR 5	ROYBRIDGE	FLODIGARRY Barn Dance			GOLSPIECèilidh Dance	GREAT GLEN HOUSE	BOAT OF GARTEN	DUNOON QUEENS HALL
	Ross Ainslie/Jarlath Henderson	Cast Ewe Cèilidh Band			Trail West	**Miorbhail nam Beann**	Marloch	Cherish the Ladies
	Hò-rò	Fèis Thròndairnis			Alasadair Whyte	Iain MacFarlane, Hamish Napier	The Bothy Singers	Linda Macleod
	Fèis Lochabair				P.M James Mackenzie	Ewan Robertson, Ewen Henderson	Fèis Spè	
	Poss Session RoyBridge Hotel						Possible hotel session	
	Fèis Lochabair to organise				STRATHY		Fèis Spe to organise	
					The Mischa MacPherson Trio			
					Howie MacDonald &Marilyn Mackinnon	AIRPORT + HOOTS SESSIONS		
					Fèis Air an Oir			
SAT 6	INVERGARRY	PORTREE	TORRIDON	CROMARTY	WICK	EDEN COURT		BUNESSAN
	Miorbhail nam Beann	Drìne (Rob Donn show)	Marloch	**Music and Film**	Red Hot Chilli Pipers	**Subhachas**		Monach Isle Cèilldh Band
	Iain MacFarlane, Hamish Napier	Fèis an Earraich	Howie MacDonald &Marilyn Mackinnon	An Drochaid 2013 (Robbie Fraser)		Cherish the Ladies		Alasdair Whyte
	Ewan Robertson, Ewen Henderson	Poss Session Tongadale Hotel	Fèis Rois	Hò-rò		The Mischa MacPherson Trio		
		Fèis an Earraich to organise				Ross Ainslie/Jarlath Henderson		OBAN
						Coisir G		SKIPINNISH C HOUSE
						AIRPORT + HOOTS SESSIONS		Blas Branded Cèildh
SU 7	LOCHAILORT					ST ANDREWS CATHEDRAL		
	Session					Celtic Praise		
						Còisirean		
						HOOTS SESSIONS		
MO 8			LOCHCARRON		SCOURIE	DRUMNADROCHIT		
			Cherish the Ladies		Drìne (Rob Donn show)	Hò-rò		
			The Mischa MacPherson Trio		Fèis an Iar Thuath	Howie MacDonald &Marilyn Mackinnon		
						J Mackenzie/Neil Ewart		
						Linda MacLeod- Bean an Taighe		
						AIRPORT + HOOTS SESSIONS		
TU 9		RAASAY (RAASAY HOUSE)	GAIRLOCH					
		The Mischa MacPherson Trio	Cherish the Ladies			AIRPORT + HOOTS SESSIONS		
		Accom/Meal/Ticket Packages	Howie MacDonald &Marilyn Mackinnon					
			J Mackenzie/Neil Ewart					
WE 10				STRATHPEFFER	CLASHMORE	ST ANDREWS CATHEDRAL		TIGHNABRUAICH
				J Mackenzie/Neil Ewart	Cherish the Ladies	Gaelic Mass		**Glòir nan Caman**
				Daimh	Howie MacDonald &Marilyn Mackinnon	Thanksgiving Homecoming Service		Hugh-Dan MacLennan
				An Turas: The Journey of The Hector	Gillie Mackenzie	AIRPORT + HOOTS SESSIONS		The MacGillivrays of Culrossie
								Gary Innes
				John Somerville with Fèis Rois	SESSION/GOLSPIE INN			Allan Henderson
								Linda MacLeod
TH 11	GLENFINNAN HOUSE	INVERINATE/DORNIE		RESOLIS		EDEN COURT	KINGUSSIE	OBAN
	Session	**Glòir nan Caman**		Salt House		**Do bheatha dhan dùthaich**	Cherish the Ladies	SKIPINNISH C HOUSE
		Hugh-Dan MacLennan				Manran	J Mackenzie/Neil Ewart	
		The MacGillivrays of Culrossie				Macanta	Gillie Mackenzie	
		Allan Henderson		Howie MacDonald + 1		{Masters World Championships	Poss Sess-Silver Fjord	Blas Branded Cèildh
		Linda MacLeod		Ellen MacDonald		2014 Hall of Fame Award}	Fèis Spe to arrange	
						Angus McColl S&J		
		SLEAT/SMO				The Cheryll Heggie Dancers		
		Miorbhail nam Beann						
		Iain MacFarlane, Hamish Napier						
		Ewan Robertson, Ewen Henderson						
						AIRPORT + HOOTS SESSIONS		
FR 12	ARISAIG	BROADFORD VILLAGE HALL	ULLAPOOL	PORTMAHOMACK		EDEN COURT ONE TOUCH		OBAN
	Donald Black Band	Monach Isle Cèilidh Band	**Miorbhail nam Beann**	Salt House		**Glòir nan Caman**		The Dougie MacLean Trio
	Hò-rò	Howie MacDonald &Marilyn Mackinr	Iain MacFarlane, Hamish Napier	J Mackenzie/Neil Ewart		Hugh-Dan MacLennan		Alasdair Whyte
	Fèis Oigridh na Mara	Christine Primrose	Ewan Robertson, Ewen Henderson	Fèis Rois		The MacGillivrays of Culrossie		Linda MacLeod
		Fèis an Earraich				Gary Innes		Fèis Latharna
						Allan Henderson		
						Calum Alex MacMillan		
		PORTREE				**Various**		
		Cherish the Ladies				Sessions/Cèilidhs in Pubs		
		Macanta				AIRPORT + HOOTS SESSIONS		
SA 13	FORT WLLLIAM					EDEN COURT		TAYNUILT
	Cherish the Ladies					BLAS GRAND FINALE		**Miorbhail nam Beann**
						Ceòl nam Fèis		Iain MacFarlane, Hamish Napie
								Ewan Robertson, Ewen Hende
	Howie MacDonald &Marilyn Mackir							OBAN
	Ellen MacDonald							SKIPINNISH C HOUSE
	Poss Session Volunteer Arms							Blas Brand Cèilidh

Blas is also working with the following bodies to deliver additional community events:

- Live Music Now: Sending James Mackenzie and Neil Ewart to perform in Care Homes
- Music in Hospitals: Sending artistes to perform in hospitals
- Comhairle nan Leabhraichean: Providing poets and authors to participate
- House Cèilidhs: Expecting a maximum of 10
- Film G: Adding short Gaelic films to shows
- An Comunn Gàidhealach: Sending Mòd participants to perform in Care Homes and Hospitals
- Episcopal Church: 2 x services at St Andrews Cathedral in Inverness, one being a full Gaelic Mass plus events at approximately 4 of their other churches (visual art, poetry etc)
- Musicians Union: Hosting a Music Business Session in Inverness with PRS/MCPS
- Highland Rangers: Providing Guided Walks
- Highlife Highland: Schools shows with Blas Artistes and others, Travelling Gallery and Drama outreach

BLAS BUDGET 2014							
INCOME	**MYOB CODE**	**BUDGET**		**NOTES**			
Highland Council Grant	42000	**£69,869.00**		Confirmed			
Highland Council In-kind	JE	**£2,000.00**		Estimate			
Box Office	47001	**£35,000.00**		Estimate			
Creative Scotland	44500	**£50,000.00**		Confirmed			
Bòrd na Gàidhlig	44000	**£20,000.00**		Confirmed			
HIE	47006	**£8,000.00**		Confirmed			
SNH	44600	**£25,161.00**		Confirmed			
Colm Cille	44000	**£5,000.00**		Confirmed			
Ticket Sponsorship	47007	**£600.00**		Confirmed			
Argyll & Bute Council	44602	**£11,600.00**		Confirmed			
Highland Homecoming		**£9,000.00**		Confirmed			
Broadcast Facility Fee		**£1,000.00**		TBC - assume OK?			
Camanachd Association		**£2,000.00**		Confirmed			
Gerry Reynolds Masters Event		**£2,500.00**		Confirmed			
Highland Homecoming Food Fund		**£10,000.00**		**Amount TBC**			
Total Income		**£251,730.00**					
(of which confirmed)		**£241,730.00**		(Have included Facility Fee as confirmed for now)			
EXPENDITURE							
Programme Costs							
Cuairt Nam Bard		**£5,000.00**					
Artists' Fees including travel	60120	£67,650.00					
Food and Drink events		**£10,000.00**					
SNH Commission CD Recording Costs	60115	£9,180.00					
SNH Commission Iain's commissioning Fee		£2,000.00					
SNH Rehearsal period Fees		£1,000.00					
Accommodation for Artists and crew	60150	£16,388.00					
Meals for Artists and crew	60151	£6,184.00					
Travel - Flights	60400	£2,643.00					
International Artists Domestic Travel	60401/JE	£1,300.00					
International Artists Domestic Travel (in-kind minibus from HC)		£700.00					
Other Artistes Travel/ferries/mileage etc	60130	£300.00					
SNH Commission Travel - all rehearsals and shows		£1,000.00					
Fuel for both hire vehicles 2600 miles		£660.00					
Stage/Concert Management/Fear or Bean-an-Taighe/Blas Reps	60300	£500.00					
Venue Hire & Commission to Promoters/Production Cost	61090	£11,000.00					
Eden Court Overtime charges etc		£500.00					
PA & Lighting	61050	£25,155.00					
PR, Advertising & Marketing							
Press/PR	61230	£2,700.00					
Posters/Overprinting/Postage	62710	£2,000.00					
Leaflet Design and Print x 40,000	60800	£3,000.00					
Leaflet Distribution	60900	£820.00					
Postage via Mailboxes in Inverness (leaflets etc)	60700	£750.00					
Promotional materials (Banners, oversize posters etc)	60960	£1,500.00					
Advertising	61000	£12,000.00					
Press and Launch Events	61040	£500.00					
Commission to Ticketweb	61110	£600.00					
Ticket Printing	61100	£600.00					
Management & Production Costs							
Firefly Productions: Festival Director and all administration	61190	£40,000.00					
Allowance for meeting expenses over 6 per annum	61190	£120.00					
Postage Costs from Dingwall for contracts etc	62710	£92.00					
Fèisean nan Gàidheal Management Fee	61240	£15,000.00					
Fèisean nan Gàidheal - payback of 2012 deficit		£5,000.00					
Action Group/Blas Board Costs	61170	£600.00					
Photography	61010	£0.00					
Gaelic Translations (in-kind from HC)	JE	£1,300.00					
Insurance	61700	£600.00					
Royalties	62300	£500.00					
Accountancy/Companies House	61900	£1,050.00					
Depreciation		£370.00					
Contingency	61260	£1,468.00					
TOTALS		**£251,730.00**					
Surplus/Deficit current		**£0.00**					

Fèisean nan Gàidheal

5 Latha

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2014.02(c)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson fiosrachadh a thoirt do bhuill a' bhùird mu 5 Latha 2014 a chaidh a chumail eadar 7-12 Giblean aig Na Gearrann air Eilean Leòdhais.

Seachdain 5 Latha 2014

Diluain

Chruinnich sinn uile aig Na Gearrannan, ann an Carlabhagh, mu 3f agus thòisich iad sa bhad le dubhlan bho Iain MacArtair. Gach bliadhna bidh Iain a' toirt dhaibh toimhseachain, no a' cur ceistean oirre mu rudan a tha iad gu bhith ag ionnsachadh mu dheidhinn rè na seachdain. Am bliadhna bha aca ri smaoineachadh air nithean co-cheangailte ri blàths, biadh, an arainneachd timcheall oirre sna Gearrannan agus gnothaichean co-cheangailte bho bhith a fuireach ann an taigh-dubh.

Airson an còrr dhan a' chiad latha bha iad ag obair le Norrie Mac omhair is Ailean MacEanraig a' dèanamh toiseach tòiseachaidh air a bhith a' cur òrain agus puirt ri cheile. Tron sheachdain ionnsaich iad trì òrain agus chuir iad 4 seataichean ciùil ri cheile a' chluich iad uile còmhla aig a' chonsart againn air an oidhche Dhiardaoin.

Dimàirt

Chaidh sinn suas a Nis gus tadhail air Domhnall MacSuain agus an lot aige. Bha seo air leth. Bha iad ag obair air caoraich, tunnagan, cearcan (glanadh a-mach a bhothag agus togail uighean) agus an uairsin chuir iad raon ri cheile airson na tunnagan a tha gus breith aige. Rinn iad tòrr obair an seo agus bha iad gu math sgith ach chòrd e riutha gu mòr. Chaidh sinn dhan Chomunn Eachdraidh son lòn agus fhuair iad air cuiart a chuir timcheall an taisbeanadh a th' aca an-dràst' mun a' chiad chogaidh.

Air an oidhche thadhal an seinneadair Donnie Large (thachair mi ris air a' bhata air an t-slighe a-null) agus bha ceilidh gu math dòigheill againn airson cha mhòr 3 uairean a thìde as Na Gearrannan fhèin le tòrr òrain a' dol mun cuairt. Sheinn Donaidh tòrr dha na h-òrain a' sgrìobh a mhàthair agus bha seo air leth inntinneach dhan chloinn, feadhainn mu mhòine, cianalas, àrainneachd agus tòrr rannan a bha buaileadh air na seòrsa cur-seachadan anns an robh sinn an sàs air an t-seachdain.

Diciadain

Dh' atharraich na planaichean againn beagan thaobh an tìde. Chuir sinn an iasgach air ais latha agus an àite seo fhuair sinn an àite cothrom duff agus ceann cropaig a dhèanamh le Catriona agus Mairi Maureen a tha ag obair sna Gearrannan. Bha seo a-rithist air leth agus ged a chuir an Ceann Cropaig beagan de dhragh air cuid 's e taisbeanadh air leth-intinneach a bh' ann agus a-rithist gu math luachmhor dhaibh agus gu matha blasta!! Rinn sinn barrachd ceòl leis gun robh an t-sìde cho fliuch. Thiormaich e an àrd air an oidhche agus fhuair sinn cothrom beagan ball-coise a chluich air an pairce astroturf a tha ùr sa sgìre. Casan aig cuid de dhaoine gu math goirt air an ath-mhadainn.

Diardaoin

Chaidh sinn a dh' fhaicinn croitear eile madainn Diardaoin, Kenny Patterson, agus bha seo a-rithist gu math intinneach. Bha an turas seo làn fiosrachaidh dhaibh an àite obair phractaigeach a rinn sinn shuas ann an Nis, ach a-rithist bha e glè mhath agus na sealladh math dhaibh air taobh eile de chroitearachd. Chaidh sinn a dh' iasgach Locha air an fheasgair agus bha seo math dha riribh. Ghlac feadhainn dhiubh breac no dhà ach gu mì-fhortanach cha robh iad mòr gu lèor airson biadh a dhèanamh dhuinn, ach 's e bha spòrsail.

Chum sinn Cèilidh air an oidhche ann an Talla na Seann-Sgoil ann an Siaboist. Bha oidhche shònraichte againn leis na com-pàirtichean a' cluiche còmhla agus a' seinn a bharrachd air luchd-aire (Shona is Ellen, na luchd-teagaisg le taic mhath bho Graham MacIllinnein. Bha mu 60 an làthair agus tha sinn gu mòr an comainn màthraichean na sgìre a chuir air dòigh teatha/cofaidh agus bèiceireachd àlainn air dòigh dhuinn.

Dihaoine
Latha robach eile agus b'fheudar dhuinn na planaichean atharrachadh le Seatrek. An àite falbh à Carlabhagh bha againn ri siubhail a dh' Ùig. Bha beagan de bhuaidh oirnn leis an siubhail a bh'againn ri dhèanamh ach aig a cheann thall dh' obraich e dhuinn glè mhath. Chòrd e ris na com-pàirtichean gu mòr, chunnaic iad tòrr rudan iongantach mar iolairean-mhaire, ròìn, eileannan beaga agus eòin-mhaire eile. Bha an sgiobar Kenny air leth fiosraichte mu gnothaichean mara agus air an sgìre agus 's e fìor dheagh chothrom a bh' ann dhaibh a dhol a-mach ann an eathar còmhla ris.

Air an oidhche ghabh sinn takeaway còmhla agus bha seisean-ciùil eile againn gu mu 9f agus an uairsin dh' fhalbh muinntir Leòdhais dhachaigh.

Disathairne
Dh' èirich sinn trath (430m) airson fhaighinn a Steòrnabhagh airson na h-aiseig. Bha an gaoth gu math làidir ach bha e air cùl a bhata, gar putadh a-null a' Chuan Sgìth.

Seachdain mhath eile.

Gnìomh a dhìth
Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh gu h-àrd agus puingean sam bith a thogail mun tachartas.

Calum Ailig MacMhaoilein
Manaidsear Leasachaidh
Cèitean 2014

Fèisean nan Gàidheal

Fèisgoil

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2014.02(e)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson an fhiosrachadh às ùire a thoirt do bhuill a' bhùird mu leasachaidhean Fèisgoil.

Fiosrachadh às ùire

Bhon a chuir sinn an t-seirbheis Fèisgoil an cèill tha sinn air a bhith a' lìbhrigeadh measgachadh de chùmhnantan airson diofar bhuidhnean phoblach, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean Gàidhlig. Bho thoiseach na bliadhna tha sinn air a bhith an sàs le bhith a' lìbhrigeadh dà chùmhnant ùra – teagasg Gàidhlig ann am bun sgoiltean air a' Ghàidhealtachd agus seiseanan 'Tuigse air a' Ghàidhlig' do na Cruinneachaidhean Nàiseanta ann an Dùn Èideann.

Eadar an Fhaoilleach agus toiseach na Giblein lìbhrig sinn deich seachdainean de theagasg ann an seachd-sgoiltean-deug ann an Gallaibh, Dùthaich MhicAoidh agus Lochabair. Thug seo cothrom do chòrr is sia ceud sgoilear air a Ghàidhealtachd beagan Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh tro chur-seachadan inntinneach is spòrsail stèidhichte, gu ìre, air modhan-obrach GLPS.

Tha sinn a' dol tro phroiseas measaidh an-dràsta gus beachdan nan sgoilearan is tidsearan fhaighinn air an obair a rinn sinn, ach gu ruige seo tha am fiosrachadh a fhuair sinn tro chòmhraidhean le sgoiltean air dearbhadh gu bheil na seiseannan air obrachadh gu math 's gu bheil e air còrdadh gu mòr ris a' chloinn.

Bidh sinn a' cur crìoch air a' chùmhnant leis Na Cruinneachaidhean Nàiseanta air a' mhìos seo. Tha Iain MacIlleChiar air a bhith a' lìbhrigeadh nan seiseanan dhuinn. Aig deireadh a' phròiseict bidh sinn air còig-làithean-deug de theagasg a lìbhrigeadh do chòrr is dà cheud neach a tha ag obair ann am buidhnean a tha nan phàirt de na Cruinneachaidhean Nàiseanta.

Tha sinn air a bhith a' bruidhinn ri grunn ùghdarrasan ionadail mu Fèisgoil agus na cothroman a th' ann leis an t-seirbheis le dòchas gun tèid againn air cùmhnantan a bharrachd a ghlèidheil anns an ùine ri teachd. Tha clàr de na chùmhnantan a tha sinn air glèidheil agus an dòchas a ghlèidheil air an ath dhuilleag.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt do na pròiseactan Fèisgoil a tha sinn air lìbhrigeadh chun a seo, agus pròiseactan a dh'fhaodadh a dhol air adhart san àm ri teachd.

Calum Ailig MacMhaoilein
Manaidsear Leasachaidh
Cèitean 2014

Cunnradair	Ri lìbhrigeadh	Luach-airgid	Air Lìbhrigeadh	A' tachairt
Comhairle Pheairt is Chinn Rois	10 weeks of Gaelic lessons in 3 schools	£4,932.00	√	
Comhairle Pheairt is Chinn Rois	3 weeks of Gaelic lessons in 3 schools	£1,701.00	√	
Comhairle Pheairt is Chinn Rois	23 weeks of Gaelic lessons in 3 schools	£7,640.80	√	
Comunn nam Pàrant	Seachdain na Gàidhlig in Edinburgh	£1,320.10	√	
Am Bun-sgoil Chailleanach	One day Meanbh-fhèis	£1,400.00	√	
An Comunn Gàidhealach	Local Mòd preparation 2013	£3,628.07	√	
Àrd-sgoil Phort Righ	One day Meanbh-fhèis 2013	£1,279.70	√	
Cuirt an Aodainn	Drama classes in schools	£2,746.00	√	
Comhairle Siorrachd RInn-Friù	38 weeks of Tin Whistle Tuition (YMI) in 4 Renfrewshire schools	£6,264.00		√
Comhairle na Gàidhealtachd	12 weeks of music tuition in all Highland Council schools	£219,511.00		√
Alba Aosmhor	Gaelic tours of Urquhart Castle for GM pupils	£6,000.00		
Film G	Schools workshops	£6,692.94	√	
Na Cruinneachaidhean Nàiseanta	15 days of Gaelic awareness-raising for staff at National Museums, Galleries & Libraries	£6,800.00		√
Comhairle na Gàidhealtachd	10 weeks of Gaelic lessons in Lochaber Schools	£8,900.00	√	
Comhairle na Gàidhealtachd	10 weeks of Gaelic lessons in Caithness Schools	£12,250.00	√	
An Comunn Gàidhealach	Local Mòd preparation 2014	£4,000.00		√
Comhairle Bhaile Ghlaschu	10 weeks of Gaelic lessons in 10 schools (possibly extending to 20 with GLAIF funds)	£9,000.00		
Comhairle nan Eilean Siar	Fèis Bharraigh Friday afternoon classes in Castlebay School	£31,000.00		
Comhairle nan Eilean Siar	10 weeks of Gaelic lessons in 10 schools	£10,000.00		
Comhairle Fiobha	Community Gaelic arts workshops	£2,000.00		
Àrd-sgoil Phort Righ	One day Meanbh-fhèis 2014	£1,300.00		
Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid	10 weeks of Gaelic lessons in 12 schools that feed into Hermitage Academy, Helensburgh	£20,300.00		
Comhairle Pheairt is Chinn Rois	10 weeks of Gaelic lessons in 3 schools	£5,000.00		
Iomlan		**£373,665.61**		

Fèisean nan Gàidheal

Plana Leasachaidh 2015-20

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2014.02(f)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson fiosrachadh a thoirt do Bhuill a' Bhùird gum bi taisbeanadh ann mu adhartas le Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal 2015-20.

Cùl-fhiosrachadh

Bidh cuimhn' aig Buill a' Bhùird gun deach aontachadh roimhe ri clàr-ama airson Plana Leasachaidh ùr Fèisean nan Gàidheal a chur ri chèile. Bha seo a' dol a thoirt dhuinn cothrom sùil a thoirt air dreach phlana aig a' choinneimh seo le dùil co-chomhairle a chumail ris na Fèisean aig àm na Coinneamh Bhliadhnail san t-Sultain agus a chrìochnachadh goirid an dèidh sin.

Leis a' chùrsa a thathas ga mholadh airson tagradh a chur gu Alba Chruthachail, feumar coimhead as ùr air a' chlàr-ama seo. Gheibhear barrachd fiosrachaidh ann an 2.2014.03(e) gu h-ìseal. Tha e a' dèanamh ciall oidhirp a dhèanamh am plana a chrìochnachadh airson a chur an cois an iarrtais a dh'fheumas a bhith aig Alba Chruthachail ro 7mh Iuchar.

Adhartas

Bidh dreach phlana ri fhaotainn air thoiseach air coinneamh a' Bhùird agus nì mi taisbeanadh mun phlana do na Buill an uair sin airson deasbaid. Molaidh mi clàr-ama ùr airson a' chùis a chrìochnachadh cuideachd.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air Buill a' Bhùird:

(1) Fa-near a thoirt don fheum clàr-ama nas giorra aontachadh airson am plana a chur ri chèile
(2) A' gabhail ris gum bi dreach phlana aca air thoiseach air a' choinneimh
(3) Fa-near a thoirt don taisbeanadh agus cùis sam bith co-cheangailte ris a' phlana a dheasbad

Arthur Cormack
Ceannard
Cèitean 2014

Fèisean nan Gàidheal

Cùisean Ionmhasail

Àireamh air a'Chlàr Chùisean: 2.2014.03

Anns an aithisg seo:	**Gnìomh a dhìth**
Àireamh air a'Chlàr Chùisean 2.2014.3(a)	
Buidseat gu 31 Màrt 2015 (atharraichte)	Airson Aontachaidh
Àireamh air a'Chlàr Chùisean 2.2014.3(b)	
Bidh na suimean a th' againn anns a' bhanca gan dearbhadh aig a' choinneimh	Airson Fiosrachaidh
Àireamh air a'Chlàr Chùisean 2.2014.3(c)	
Cunntasan Ràitheil gu 31 Màrt 2014, ullaichte le Mann Judd Gordon	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
Àireamh air a'Chlàr Chùisean 2.2014.3(d)	
Tabhartasan nam Fèisean 2014-15	Airson Fiosrachaidh
Àireamh air a'Chlàr Chùisean 2.2014.3(e)	
Maoin Chunbhalach Alba Chruthachail	Airson Fiorachaidh agus Aontachaidh

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
Cèitean 2014

Buidseat Fèisean nan Gàidheal 2014-15 (atharraichte)

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2014.03(a)

TEACHD A-STEACH	
Core Grants	£ 356,628.00
Management Fees	£ 109,130.00
Grants Scheme	£ 199,724.00
Fèis Development Fund	£ 27,764.00
Annualised Hours	£ 8,000.00
Training	£ 15,000.00
Fèisgoil	£ 323,861.00
Blas Festival	£ 239,730.00
Other Earned Income	£ 12,550.00
Support Cèilidh Trails	£ 57,404.00
Gaelic Residential Events	£ 38,268.00
Songwriting & Collecting Projects	£ 30,000.00
Press/PR/Website Updates/Newsletter	£ 1,000.00
Showcase Opportunities	£ 22,000.00
Fèisean Services	£ 30,684.00
General Funds still to be raised	£ 7,878.00
TOTAL INCOME	**£ 1,479,621.00**
TEACHD A-MACH	
COSGAISEAN RUITH	
Staff Salaries	£ 311,477.00
NIC Contributions	£ 37,377.00
Pension Contributions	£ 15,554.00
Fèisean Services Staff Wages and NI	£ 30,684.00
Staff Travel	£ 22,000.00
Office Rent & Rates	£ 23,000.00
Stationery, Printing & Postage	£ 12,000.00
Telephone, Fax, E-mail, Heat & Light	£ 10,000.00
Board Expenses	£ 5,000.00
Implementation of Child Protection policy	£ 13,000.00
Insurance	£ 6,000.00
Sundry Expenses	£ 1,000.00
Accountancy & Bank Charges	£ 6,100.00
Professional Fees	£ 1,000.00
Instrument Bank Maintenance	£ 2,000.00
Additional Support Needs	£ 500.00
Capital Expenses	£ 36,150.00
COSGAISEAN PHRÒGRAM	
Grants Paid Out	£ 194,000.00
Annualised Hours	£ 10,800.00
Feis Development Fund	£ 4,000.00
Training Programme	£ 15,000.00
Training Programme Management Fee	-£ 3,000.00
Fèisgoil	£ 323,861.00
Fèisgoil Management Fee	-£ 72,230.00
Annual Conference	£ 9,000.00

Blas Festival	£ 239,730.00
Blas Festival Management Fee	-£ 20,000.00
Support Cèilidh Trails	£ 57,404.00
Cèilidh Trails Management Fee	-£ 6,000.00
Gaelic Residential Events	£ 39,000.00
Gaelic Residential Events Management Fee	-£ 3,900.00
Archiving Project	£ 30,000.00
Archiving Management Fee	-£ 2,000.00
Press/PR/Website Updates/Newsletter	£ 500.00
Showcase Opportunities	£ 22,000.00
Showcase Opportunities Management Fee	-£ 2,000.00
Contingency	£ 1,484.00
FO-IOMLAN A-MACH	**£ 1,370,491.00**
Management Fees	£ 109,130.00
TEACHD A-MACH GU H-IOMLAN	**£ 1,479,621.00**
Transfer to Reserves	£ 17,421.25
CÒRR/(CALL)	**£ 0.00**

Fèisean nan Gàidheal

Cunntasan Ràitheil gu 31 Màrt 2014

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2014.03(c)

Fèisean nan Gàidheal
Consolidated management accounts
Year ended 31 March 2014

Description	Total	Core activities	Blas Festival	Training	Feisgoil	Gaelic Residentials	Archiving
	STATEMENT OF FINANCIAL ACTIVITIES						
INCOMING RESOURCES							
Creative Scotland	419,521	353,021	55,000	11,500			
Highland Council	359,160	46,469	72,030		240,661		
Comhairle nan Eilean Siar	13,550	13,550					
Argyll & Bute Council	28,511	20,000	8,511				
Highland & Islands Enterprise	161,184	150,884	9,000			1,300	
Bord na Gaidhlig	149,400	80,000	33,400		22,000	14,000	
Scottish Government	37,000				37,000		
Scottish Natural Heritage	10,000				10,000		
Comunn na Gaidhlig	1,320				1,320		
Leader (Argyll)	(732)	(732)					
Leader (Highland)	(6,172)	(6,172)					
Perth & Kinross Council	2,444	2,444					
Heritage Lottery Fund	16,000						16,000.00
National Museums	6,850	2,000			4,850		
Renfrewshire Council	3,560				3,560		
Membership fees	4,875	4,875					
Sponsorship income	9,610	6,693	2,917				
Sale of publications	2,327	2,327					
Instrument bank revenue	3,700	3,700					
Training registration fees	785			785			
Ceilidh Trails - other income	20,391	20,391					
Drama Festivals	475	475					
Gaelic Development Income	1,822	1,822					
Management charges	102,080	102,080					
Box office / concerts	39,149		39,149				
Performance fees	11,351	9,347			2,004		
Other income	1,766	1,142	623				
Wages reimbursed by Feisean	28,036	28,036					
Bank interest received	279	279					
Total incoming respources	**1,428,241**	**842,631**	**220,630**	**12,285**	**321,395**	**15,300**	**16,000**
RESOURCES EXPENDED							
Fundraising trading							
Instrument bank costs	2,034	2,034					
Artistes costs	71,678		71,678				
Travel and support	26,446		26,446				
PA& Lighting	23,304		23,304				
Venue hire	375		375				
Promotion	34,840		34,840				
Project manager	40,400		40,400				
	199,077	2,034	197,043	0	0	0	0
Charitable activities							
Wages	343,348	343,348					
Development officers & tutors	102,584				100,322	2,261	
Grants to Feisean	203,330	203,330					
Travelling	32,793				32,793		
Child protection costs	16,323	16,323					
Training	9,106			9,106			
Materials	9,358				9,358		
Evaluation	200				200		
Showcase concerts	(10,085)	7,760				(17,845)	
Archiving project	707						707
Feisgoil	13,364				13,364		
Sgoil Shamhraidh	13,287				13,287		
Ceilidh trail	66,746	66,346			400		
Tachartasan Comhnaidh	7,103					7,103	
Meanbh-chuileag / Pantomime	20,356				20,356		
Project management	22,812				22,812		
Sundry expenses	1,881	1,774	107				
Management charges	102,080	6,000	19,230	3,000	71,050	2,800	
	955,292	644,880	19,337	12,106	283,942	(5,681)	707
Governance costs							
Audit & accountancy	7,087	6,067	1,020				
Committee expenses	3,618	3,618					
Annual conference	8,970	8,970					
Legal & professional fees	2,043	2,043					
	21,718	20,698	1,020	0	0	0	0
Support costs							
Social security	22,606	22,606					
Pensions	10,781	10,781					
Staff travel & expenses	23,385	23,385					
Office rent	25,298	25,298					

Fèisean nan Gàidheal
Consolidated management accounts
Year ended 31 March 2014

Description	Total	Core activities	Blas Festival	Training	Feisgoil	Gaelic Residentials	Archiving
Light and heat	4,094	4,094					
Insurance	7,023	6,522	501				
Capital costs	5,053	4,962			91		
Telephone	7,820	7,820					
Postage and stationery	17,845	17,845					
Website costs	984	959	25				
Bank charges and interest	1,478	1,428	50				
Depreciation	786	294	491				
	127,154	125,995	1,068	0	91	0	0
Total resources expended	**1,303,240**	**793,607**	**218,468**	**12,106**	**284,033**	**(5,681)**	**707**
Net incoming / (outgoing) resources - for the year ended 31 March 2014	**125,001**	**49,024**	**2,162**	**179**	**37,362**	**20,981**	**15,293**
Total funds at 1 April 2013	82,789						
Total funds at 31 March 2014	**207,790**						

BALANCE SHEET AS AT 31 MARCH 2014

Fixed assets	
Photocopier - cost	11,042
Computer equipment - cost	2,791
Photocopier - depreciation	(9,568)
Computer equipment - depreciation	(1,908)
	2,357
Current assets	
Grants receivable	26,400
Prepayments	6,765
VAT	481
	33,647
Bank accounts	
FnG current account	(48,711)
FnG high interest account	242,456
Blas Festival current account	321
	194,066
Current liabilities	
Social security and other tax	(8,140)
Deferred income - Blas 2014	(7,000)
Accrued expenses	(7,140)
	(22,280)
Net assets as at 31 March 2014	**207,790**

Tabhartasan nam Fèisean 2014-15

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2014.03(d)

Tha an clàr a leanas a' sealltainn tabhartasan a tha air an aontachadh airson nam Fèisean, agus na th' air a bhith pàighte dhaibh.

Ainm Fèise	InG	InG Dùbhlanach	Prìomh Thabhartas Fèise	Maoin Ùghdarras Ionadail	Tabhartas Leantainneach	Uairean a rèir Bliadhna	Tabhartas Uairean Bliadhnail	Sgeama Leasachaidh	Tabhartas Iomlan air a Thabhann	Còrr Pàighte	Còrr gun rèiteach
Comhairle na Gàidhealtachd											
Fèis an Earraich	√	√	£4,860.00	£3,430.00	£3,584.00	100	£750.00	£0.00	£12,624.00	£6,593.00	£6,031.00
Fèis Lochabair	√		£840.00	£1,420.00	£2,350.00	80	£600.00	£0.00	£5,210.00	£0.00	£5,210.00
Fèis nan Garbh Chrìochan	√	√	£4,134.00	£2,068.00	£6,370.00	100	£750.00	£0.00	£13,322.00	£0.00	£13,322.00
Fèis Chataibh	√		£3,296.00	£1,648.00	£2,516.00	100	£750.00	£0.00	£8,210.00	£0.00	£8,210.00
Fèis a' Bhealaich	√	√	£0.00	£0.00	£1,104.00	15	£112.50	£0.00	£1,216.50	£0.00	£1,216.50
Fèis Rois Òigridh	√	√	£5,042.00	£3,671.00	£6,160.00	0	£0.00	£0.00	£14,873.00	£6,535.00	£8,338.00
Fèis Rois nan Deugairean	√	√	£7,525.00	£3,762.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£11,287.00	£0.00	£11,287.00
Fèis Eige	√	√	£921.00	£461.00	£0.00	20	£150.00	£0.00	£1,532.00	£0.00	£1,532.00
Feis Ghallaibh	√	√	£0.00	£0.00	£2,234.00	20	£150.00	£0.00	£2,384.00	£0.00	£2,384.00
Fèis Farr	√		£0.00	£0.00	£1,273.00	0	£0.00	£0.00	£1,273.00	£0.00	£1,273.00
Fèis na h-Òige	√		£1,565.00	£783.00	£1,974.00	0	£0.00	£0.00	£4,322.00	£0.00	£4,322.00
Fèis Air an Oir	√	√	£585.00	£292.00	£2,690.00	20	£150.00	£0.00	£3,717.00	£0.00	£3,717.00
Feis Ghleann Albainn	√		£1,433.00	£716.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£2,149.00	£0.00	£2,149.00
Fèis Ratharsaidh	√	√	£0.00	£0.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Fèis a' Bhaile	√		£1,747.00	£873.00	£904.00	100	£750.00	£0.00	£4,274.00	£0.00	£4,274.00
Fèis Òigridh na Mara	√	√	£237.00	£118.00	£2,920.00	100	£750.00	£0.00	£4,025.00	£0.00	£4,025.00
Fèis Inbhir Narann	√		£1,230.00	£615.00	£2,955.00	80	£600.00	£0.00	£5,400.00	£0.00	£5,400.00
Fèis Spè	√		£2,972.00	£1,486.00	£3,066.00	0	£0.00	£0.00	£7,524.00	£1,533.00	£5,991.00
Fèis an Iar Thuath	√	√	£489.00	£245.00	£620.00	0	£0.00	£0.00	£1,354.00	£0.00	£1,354.00
Fèis Thròdairnis	√	√	£1,876.00	£938.00	£0.00	0	£0.00	£0.00	£2,814.00	£0.00	£2,814.00
Feis a' Chaolais	√		£0.00	£0.00	£1,509.00	0	£0.00	£0.00	£1,509.00	£0.00	£1,509.00
Iomlan Comhairle na Gàidhealtachd			**£38,752.00**	**£22,526.00**	**£42,229.00**	**735**	**£5,512.50**	**£0.00**	**£109,019.50**	**£14,661.00**	**£94,358.50**
Comhairle nan Eilean Siar											
- *As a local committee member and a non-gaelic speaker I'm happy to defer to my gaelic speaking committee members. And I'd be happy within limits of time and finances to attend any basic language classes offered by Feisean nan Gaidheal.*
- *Local Feis are very important to promotion of Gaelic in the community, provide a positive for the learning of Gaelic and its heritage.*
- *This may sound too bureaucratic for the way FNG operates, but ... I have concerns about the effectiveness of the part of the policy about tutors using and improving their own Gaelic and using it as much as possible in workshops at feisean. I feel strongly that first choice of tutor should always be the one with Gaelic who uses it, only then do you go for other possibilities. This does not happen (committee's fault!) and some tutors pay only lip-service to the policy and are told as long as they use "a few phrases" they are covering Gaelic policy. I think that maybe publishing suggested phrases is encouraging that view although I acknowledge it could be a positive influence too. I just feel that we are at the point now where with so many Gaelic-speaking able young tutors now available, some way of ensuring the policy is adhered to is needed..."policing" is too strong a word ....." Monitoring" sounds better, but how can that be done effectively?*

Cunnart - 16, Àite sa Chlàr - 2, Ìre: Uaine

Tha fiosrachadh graificeach a’ leantainn airson na ceistean a ghabhadh a thaisbeanadh san dòigh sin.

Gnìomh a dhìth

Aire a thoirt do phuingean agus aonta a thoirt don phoileasaidh, le atharrachaidhean, anns na duilleagan a tha a’ leantainn.

Iona MacDonald
Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh
Cèitean 2014

Q2 A bheil sibh riaraichte le amasan a' phoileasaidh (Earrann 1.0)? | Are you content with the aims of the policy (Section 1.0)?

Answered: 18 Skipped: 0



Answer Choices	Responses	
Tha/Yes	**94.44%**	17
Chan eil/No	**5.56%**	1
Total		**18**

Q3 A bheil sibh riaraichte le ro-innleachd a' phoileasaidh (Earrann 2.0)? | Are you content with the strategy of the policy (Section 2.0)?

Answered: 18 Skipped: 0



Answer Choices	Responses	
Tha/Yes	**94.44%**	17
Chan eil/No	**5.56%**	1
Total		**18**

Q4 A bheil sibh riaraichte le raointean-obrach a' phoileasaidh (Earrann 3.0)? | Are you content with the working areas of the policy (Section 3.0)?

Answered: 18 Skipped: 0



Answer Choices	Responses	
Tha/Yes	**88.89%**	16
Chan eil/No	**11.11%**	2
Total		**18**

Q5 A bheil sibh riaraichte le mar a bhios Fèisean nan Gàidheal a' làimhseachadh chonaltraidh (Earrann 4.0)? | Are you content with how Fèisean nan Gàidheal proposes to handle communications (Section 4.0)?

Answered: 18 Skipped: 0



Answer Choices	Responses	
Tha/Yes	**94.44%**	17
Chan eil/No	**5.56%**	1
Total		**18**

Q6 A bheil sibh riaraichte le mar a bhios Fèisean nan Gàidheal a' làimhseachadh fhoillseachaidh (Earrann 5.0)? | Are you content with how Fèisean nan Gàidheal proposes to handle publication (Section 5.0)?

Answered: 18 Skipped: 0



Answer Choices	Responses	
Tha/Yes	**94.44%**	17
Chan eil/No	**5.56%**	1
Total		**18**

Q7 A bheil sibh riaraichte leis na modhan-obrach mar a tha iad sgrìobhte sa phoileasaidh (Earrann 6.0)? | Are you content with the working methods as set out in the policy (Section 6.0)?

Answered: 18 Skipped: 0



Answer Choices	Responses	
Tha/Yes	**83.33%**	15
Chan eil/No	**16.67%**	3
Total		**18**

Q8 A bheil sibh riaraichte le mar a bhios Fèisean nan Gàidheal a' fastadh, a' cuideachadh agus a' trèanadh a sgioba-obrach (Earrann 7.0)? | Are you content with the way Fèisean nan Gàidheal proposes to recruit, assist and train its workforce (Section 7.0)?

Answered: 18 Skipped: 0



Answer Choices	Responses	
Tha/Yes	**100.00%**	18
Chan eil/No	**0.00%**	0
Total		**18**

Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal

Ro-ràdh

Tha a' Ghàidhlig agus a cultur aig cridhe gach rud a nì Fèisean nan Gàidheal agus a bhuill. Mar sin, feumaidh gach neach agus buidheann a bhios a' dèiligeadh le FnG seo aithneachadh. Tha Fèisean nan Gàidheal aithnichte mar aon de na prìomh bhuidhnean a tha ag obair ann an saoghal na Gàidhlig, agus anns na h-ealain san fharsaingeachd ann an Alba.

Feumaidh gach buidheann a gheibh taic-maoineachaidh bho FnG gabhail ris a' phoileasaidh seo; gheibhear taic, stiùireadh agus brosnachadh bhon luchd-obrach airson a poileasaidh a chur an gnìomh.

Tha am poileasaidh a' sealltainn na dòigh-obrach as fheàrr do Fhèisean nan Gàidheal agus na Fèisean nuair a bhios iad a' dèiligeadh ri gnothaichean Gàidhlig. Bidh an aon inbhe aig a' phoileasaidh 's a th' aig poileasaidhean eile na buidhne, agus bu chòir an aon aithne a thoirt dha.

Art MacCarmaig, Ceannard, Gearran 2014

1.0 Amas a' phoileasaidh

Gus innse do gach neach agus buidheann a tha an sàs ann an obair Fèisean nan Gàidheal mun àite a th' aig a' Ghàidhlig ann an gnìomhan na buidhne. Thèid stiùireadh is comhairle a thoirt seachad do na Fèisean, luchd-obrach, buill nan comataidhean, luchd-teagasg agus buill a' Bhùird air mar a chuirear am poileasaidh an gnìomh.

2.0 Ro-innleachd

2.1 Cur an cèill

Tha am poileasaidh air fhoillseachadh air làrach-lìn na buidhne airson sgaoileadh air luchd-obrach na buidhne, buill na buidhne agus air a' phoball. Gheibhear air pàipear e, ma tha sin a dhìth.

Tha am poileasaidh air a thoirt do aire luchd-obrach na buidhne agus do bhuill Bòrd na buidhne nuair a thòisicheas iad san dreuchd aca, agus thèid fiosrachadh a thoirt dhaibh gach turas a thèid am poileasaidh ùrachadh. Thèid a thoirt do na buill gach turas a thèid ath-nuadhachadh. Thèid daoine a stiùireadh dhan phoileasaidh gach turas a dh'èireas ceist mu chleachdadh chànanan leis a' bhuidhinn.

2.2 Cur an gnìomh

Gabhar ris a' phoileasaidh leis na Fèisean mar chùmhnant-ballrachd Fèisean nan Gàidheal agus le luchd-obrach mar chùmhnant-obrach. Bidh dleastanas aig a h-uile ìre den bhuidhinn agus a ballrachd am poileasaidh a chur an gnìomh ann an gnìomhan uile na buidhne.

Bidh dleastanas sònraichte aig luchd-obrach na buidhne feumalachdan-taice nam ball a fhrithealadh ann a bhith a' cur a' phoileasaidh an cèill.

Cha bhuin am poileasaidh don àm a chaidh seachad.

2.3 Measadh

Thèid am poileasaidh ath-sgrùdadh gach bliadhna anns a' Ghearran, agus a rèir feum.

2.4 Briseadh
Bidh aig na buill ri gabhail ris a’ phoileasaidh mar phàirt den chùmhnant-ballrachd aca agus faodar a' bhallrachd a chur an neo-bhrìgh air sgàth briseadh den phoileasaidh leotha.

Thèid briseadh sam bith den phoileasaidh a dh'èireas air sgàth gnìomhan luchd-obrach na buidhne a cheannsachadh a rèir modh smachdachaidh na buidhne.

3.0 Raointean-obrach

3.1 Gàidhlig
Thèid stuth-sgrìobhte a tha ri nochdadh anns a' Ghàidhlig a sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig an toiseach no eadar-theangachadh gu Gàidhlig mura bheil comas-sgrìobhaidh Gàidhlig aig an ùghdar. .

3.2 Cànanan eile
Aithnichear gu bheil prìomhachas aig a' Ghàidhlig ann an obair Fèisean nan Gàidheal ach measar cànanan eile ann an co-ionannachd agus nithear gach oidhirp gus daoine aig nach eil Gàidhlig a thoirt a steach dha na tachartasan agus cur-seachadan.

4.0 Conaltradh

4.1 Fàilteachas is fòn
Cuirear fàilte air daoine a' tadhal air oifisean Fèisean nan Gàidheal no a' fònadh thuca le fàilte ghoirid anns a' Ghàidhlig. Leanaidh cànan a' chòmhraidh a rèir freagairt is cainnt an neach-conaltraidh.

4.2 Sgrìobhadh
Sgrìobhar às leth Fèisean nan Gàidheal (ann an riochd dealanach no eile) anns a' Ghàidhlig a-mhàin far a bheil e mar phoileasaidh aig buidhnean brathan sa Ghàidhlig a fhreagairt, gu buidhnean air am meas mar bhuidhnean Gàidhlig agus gu daoine fa leth a tha air sgrìobhadh mar-thà chun na buidhne ann an Gàidhlig; ann an suidheachaidhean eile sgrìobhar mar a chìthear iomchaidh.

4.3 Làrach-lìn
'S i a' Ghàidhlig a nochdas an toiseach nuair a rachar chun an làraich-lìn.

Bidh uallach air an luchd-obrach dèanamh cinnteach gun nochd gach pìos fiosrachaidh an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla.

4.4 Foirmean
4.4.1 Dealbhachadh cheisteachan is fhoirmean às leth na buidhne
Far a bheil Fèisean nan Gàidheal a’ sireadh fiosrachaidh às tòrr de luchd-freagairt, thèid foirmichean a chruthachadh gu dà-chànanach.

Far a bheil Fèisean nan Gàidheal a’ sireadh fiosrachaidh bho dhaoine fa leth, thèid Gàidhlig a chleachdadh far a bheil fios gu bheil iad fileanta. Thèid cruth dà-chànanach (Gàidhlig an toiseach) a chleachdadh far a bheil fios nach eil Gàidhlig aca, no far nach eil fios gu bheil Gàidhlig aca.

4.42 Lìonadh às leth na buidhne
Thèid foirmean is ceisteachain a lìonadh ann an cànan nan ceistean. Ma tha taghadh de chànanan ann, cleachdar Gàidhlig ma tha i nam measg.

4.5 Seòlaidhean
Seòlaidhean Albannach far a bheil sgeul air a' chòd-phuist: (1) cleachdar ainm teaghlaich, taighe no togalaich anns an riochd anns an d' fhuaradh e; (2) thèid ainm sràide a thaisbeanadh anns a' Ghàidhlig ma tha aithne oifigeil ga thoirt dha (m.e. tro shoidhne-sràide); (3) thèid ainm baile-puist, siorrachd, sgìre

no eilein a thaisbeanadh a rèir a' mhapa de dh'Alba a dh'fhoillsich an Stòrlann Nàiseanta; (4) cleachdar an còd-puist.
Seòlaidhean Albannach far nach eil sgeul air a' chòd-phuist: leanar ceumannan (1) agus (2) gu h-àrd ach thèid an còrr a thaisbeanadh anns a' Bheurla a-mhàin.
Seòlaidhean ann an dùthchannan eile: cha chleachdar seòladh anns a' Ghàidhlig.

4.6 Ainmean dhaoine
Ann an conaltradh no suidheachadh oifigeil ann an cànan sam bith, thèid an t-ainm pearsanta agus cinneadh aig gach neach a chleachdadh anns an riochd as dual leis an neach fhèin. Ma chleachdas an neach riochdan ann an diofar chànanan, thèid iad sin a chleachdadh, mas aithnichear e, a rèir cànan a' chonaltraidh.

4.7 Litreachadh
Ann an sgrìobhadh às leth Fèisean nan Gàidheal , thèid Gàidhlig a sgrìobhadh a rèir molaidhean GOC3 (Gaelic Orthographic Conventions, 2009), ach a-mhàin ann an suidheachaidhean sònraichte. Mar eisimpleir: Cha chleachdar an stràc gheur ann an sgrìobhadh às leth na buidhne ACH A-MHÀIN nuair a dh'fheumar i gus fuaimneachadh òrain no beul-aithris eile a shamhlachadh, agus gu sònraichte gus eadar-dhealachaidhean dualchainnte ann am fuaimneachadh òrain no beul-aithris eile a shamhlachadh.

4.8 Soidhnichean
Thèid soidhnichean ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal agus ann an toglaichean a chleachdar leis na buill a sgrìobhadh ann an Gàidhlig a-mhàin, le feum ga chur air dealbhan agus suaicheantasan gus stiùireadh a thoirt do dhaoine gun Ghàidhlig.

4.9 Riochd ainmean sa bhuidhinn
Cleachdar riochd Gàidhlig ainmean Fèisean nan Gàidheal agus nam Fèisean Nuair a thig gach ball ùr a-steach don bhuidhinn, feumar comhairle Fèisean nan Gàidheal a ghabhail air riochd ainm a' bhuill. Faodaidh an companaidh comhairle acadaimigeach a ghabhail air an ainm.

5.0 Foillseachadh

5.1 Ath leughadh
Faodar ath-leughadh iarraidh air Fèisean nan Gàidheal leis na buill mus tèid teacs Gàidhlig sam bith a chur am follais.

5.2 Brathan-naidheachd
Thèid fios a leigeil chun nam meadhanan Gàidhlig anns a' Ghàidhlig no gu dà-chànanach (Gàidhlig le prìomhachas). Thèid fios a leigeil gu meadhanan eile gu dà-chànanach.

5.3 Sanasachd
Thèid sanasan fhoillseachadh ann an Gàidhlig a-mhàin ma tha dùil gu bheil Gàidhlig aig an luchd-leughaidh, no gu dà-chànanach ann an suidheachaidhean eile.

6.0 Modhan-obrach

6.1 Cànan na buidhne
'S i prìomh chànan-obrach na buidhne a' Ghàidhlig ach nithear gach oidhirp feumalachdan luchd-labhairt na Beurla a fhrithealadh. Tha e mar phrìomh amas aig a' bhuidhinn cultur na Gàidhlig a bhrosnachadh agus mar sin feumaidh gach neach a tha an sàs innte aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig aig cridhe obair na buidhne agus bu chòir gach oidhirp a dhèanamh gus a' Ghàidhliga bhrosnachadh air feadh na buidhne.

6.2 Cànan luchd-obrach na buidhne
'S i prìomh chànan-obrach na buidhne a' Ghàidhlig agus tha dùil gun tèid a cleachdadh air gach cothrom air àrainn oifisean na buidhne ,làraichean eile agus a' siubhal thuca is bhuapa às leth Fèisean nan Gàidheal. .

6.3 Cànan coinneamhan a' Bhùird
'S i a' Ghàidhlig cànan-obrach a' Bhùird. Cleachdar seirbhis eadar-theangachaidh gus seo a chur an gnìomh.

6.4 Cànan nam Fèisean
Thig air na Fèisean leasachaidhean ùra a thaobh cleachdadh, brosnachadh agus adhartachadh na Gàidhlig am measg an luchd-teagaisg a chur an gnìomh (faic 6.5).

Feumaidh gach Fèis oifigear Gàidhlig ainmeachadh a bhios an urra ris a’ phoileasaidh Ghàidhlig agus gach nì a tha a' buntainn ris a' Ghàidhlig rè na Fèise.

Thèid cànan-obrach nam ball a stèidheachadh leis na buill fhèin, ach bhithear an dùil gun cleachdar a' Ghàidhlig aig gach tachartas ma tha sin air comas nam ball a tha an làthair.

Thathar an dùil gun cleachd com-pàirtichean nam Fèisean Gàidhlig gu ìre an comais, agus gun dèan na buill gach oidhirp gus teagasg a thoirt dhaibh a rèirìre am fileantais. .

6.5 Luchd-teagaisg agus a' Ghàidhlig
Tha iomairtean aig Fèisean nan Gàidheal agus anns na coimhearsnachdan ionadail gus sgilean cànain an luchd-teagaisg adhartachadh aig gach ìre fhileantais agus bheirear taic do luchd-teagaisg trèanadh cànain fhaighinn aig ìre a tha freagarrach dhaibh.

Thathar an dùil gum bi
- Co-dhiù beagan Gàidhlig aig an luchd-teagaisg gu lèir.
- Àireamh an luchd-teagaisg a tha fileanta sa chànan, agus comasach air teagasg tro mheadhan a' chànain, air a dhol am meud.Chan fhaigh duine sam bith cead teagasg aig Fèis gun fhianais a thoirt seachad gu bheil iad air oidhirp a dhèanamh gus co-dhiù beagan Gàidhlig ionnsachadh.

Dleastanas Fhèisean nan Gàidheal
- Nì Fèisean nan Gàidheal oidhirp gus suidheachadh na Gàidhlig am measg an luchd-teagaisg adhartachadh agus cuideachadh a thoirt dhan luchd-teagaisg gus trèanadh, taic, no eile fhaighinn, mar a tha iomchaidh.
- Thèid abairtean agus faclan iomchaidh dha na Fèisean a chur air-loidhne
- Tha stòr-dàta air a chur air dòigh gus oidhirp ionnsachadh Gàidhlig an luchd-teagaisg a chlàradh.

Dleastanasan nam Fèisean
- Feumaidh gach Fèis cùmhnant a dhèanamh leis gach neach-teagaisg a thaobh cleachdadh na Gàidhlig aig an Fhèis. Faodaidh seo a bhith mar chumha den chùmhnant choitcheann.
- Feumaidh gach Fèis clas a chur air dòigh don luchd-teagaisg air fad airson sùil a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig aig Fèisean agus feallsanachd Iomairt nam Fèisean, agus airson abairtean is faclan feumail ionnsachadh don luchd-teagaisg nach eil fileanta.
- Chan fhaod Fèisean neach-teagaisg fhastadh mas e 's nach eil e no i air oidhirp a dhèanamh gus co-dhiù beagan Gàidhlig ionnsachadh.

Dleastanasan an luchd-teagaisg
Bidh uallach air luchd-teagaisg nam Fèisean bho seo a-mach cur ri na sgilean cànain aca, agus dearbhadh a thoirt seachad a thaobh nan comasan cànain aca mus tèid iad a theagasg aig Fèis. Gheibhear taic mu choinneamh seo bho Fhèisean nan Gàidheal .

Aig gach Fèis, leanar na prionnsabalan seo:

- Luchd-teagaisg a tha fileanta: cleachdar a' Ghàidhlig cho fada agus a ghabhas gus àrainneachd Ghàidhlig a dhaingneachadh.
- Luchd-teagaisg aig diofar ìrean-fileantais: cleachdar a' Ghàidhlig uiread 's a ghabhas. Nithear gach oidhirp taic a thoirt seachad do dhaoine aig an ìre seo gus an cuid chomasan Gàidhlig a thoirt air adhart.
- Luchd-teagaisg gun Ghàidhlig: ionnsaichear abairtean sìmplidh a ghabhas cleachdadh ann an teagasg gus mothachadh a thoirt air àrainneachd Ghàidhlig nam Fèisean. Nithear gach oidhirp taic a thoirt do dhaoine aig an ìre seo gus an cuid chomasan Gàidhlig a thoirt air adhart.

6.6 Seirbhisean cànain do chom-pàirtichean

Feumaidh na buill teagasg tro mheadhan na Gàidhlig a thabhann do chom-pàirtichean far a bheil ceathrar no barrachd fileanta sa chànan agus nithear cinnteach gun tèid comas-cànain nan com-pàirtichean a chlàradh aig a' chiad chothrom. Mur a h-eil àireamh nam fileantach àrd gu leòr airson clasaichean Gàidhlig a thabhann, feumaidh teagasg a bhith dà-chànanach.

Bidh a' Ghàidhlig air a teagasg do chom-pàirtichean aig nach eil Gàidhlig ann an co-dhiù aon seisean gach latha, le cur-seachadan/clasaichean aig ìre fhreagarraich. Cuirear clasaichean no cur-seachadan sònraichte air dòigh dhaibhsan a tha fileanta.

6.7 Coinneamhan poblach, tachartasan sònraichte is eile

Thèid coinneamhan poblach, tachartasan sònraichte is eile a chumail sa Ghàidhlig no gu dà-chànanach, le seirbhis eadar-theangachaidh ga tabhann.

7.0 Sgioba-obrach

7.1 Fastadh

Anns an àbhaist bidh leughadh, sgrìobhadh is labhairt is tuigsinn na Gàidhlig rin ainmeachadh mar sgilean riatanach anns a h-uile dealbh-obrach ùr no ùraichte aigFèisean nan Gàidheal. . Bidh na h-aon sgilean nam buannachd aig luchd-obrach nam Fèisean, agus riatanach do luchd-obrach nam Fèisean a tha tabhann teagasg tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin.

7.2 Taic-cànain agus trèanadh

Tha e air aithneachadh gum bi feum aig luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal agus nam Fèisean air taic làitheil le sgilean leughaidh, sgrìobhaidh, labhairt is tuigsinn na Gàidhlig is thèid goireasan a liubhairt mu choinneamh sin. Thèid structar pearsanta a stèidheachadh gu foirmeil airson taic cànain do neach-obrach sam bith le uireasbhaidhean susbainteach anns na sgilean gu h-àrd a bhios a' bualadh air an obair aca.

Thèid ionnsachadh is leasachadh air sgilean leughaidh, sgrìobhaidh, labhairt is tuigsinn na Gàidhlig a mheas mar thrèanadh a tha riatanach do dh'obair luchd-obrach (pàighte no eile) Fhèisean nan Gàidheal. . Bidh seo mar phàirt de phròiseact-trèanaidh Fhèisean nan Gàidheal.

Thèid trèanadh a thoirt seachad ann an cuspairean nach eil a’ buntainn ri cànan tro mheadhan na Gàidhlig, far an gabh e dèanamh, e.g. dìon-chloinne, teicneòlas, no sgilean mheadhanan.

Fèisean nan Gàidheal

Aithisg Bhliadhnail air Riaghladh Chunnartan

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 2.2014.04(b)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mun dòigh anns a bheil cunnartan air an làimhseachadh agus air an riaghladh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal.

Bun Fhiosrachadh

Ged a tha dleasdanas air a' Bhòrd gu corporra airson a dhèanamh cinnteach gu bheil cunnartan air an riaghladh anns an dòigh as fheàrr taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal, 's iad an luchd-obrach a bhios a' dèiligeadh riutha bho latha gu latha.

Cunnartasan agus gan làimhseachadh

Bha clàr cunnartan air a steidheachadh ann an 2009 an dèidh tòrr rannsachaidh mun t-seòrsa cunnartan a dh'fhaodadh a bhith ro Fèisean nan Gàidheal. Chaidh an ùrachadh gu cunbhalach bhon uair sin.

Tha an clàr cunnartan air a chuairteachadh a tha a' mineachadh nan naoi prìomh chunnartan mar a chaidh an aontachadh leis a' Bhòrd. Tha geàrr-iomradh air gach cunnart agus tha plana airson an riaghladh, a tha a' dearbhadh nan ceumannan a bhios luchd-obrach a ghabhail airson buaidh nan cunnartan a lùghdachadh.

Gnìomh a dhìth

Thathair ag iarraidh air Buill a' Bhùird a dhearbhadh gu bheil iad riaraichte leis an dòigh anns a bheil na cunnartan air an riaghladh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal às an leth.

Anne Willoughby
Manaidsear Gnìomha
Cèitean 2014

Rank	Risk #	Risk	Consequence / Impact	Likelihood	Total Risk (Impact * Likelihood)	Categorisation in Risk Matrix	Personnel affected	Risk Ownership	Responsibility	Mitigation	Date Identified	Last Reviewed	Action Date	Progress/ Future Action (RAG)
1	19	A lack of funding for projects/future development. Core funding by Creative Scotland, Bòrd na Gàidhlig, HIE and Highland Council is withdrawn resulting in a scale-down of activities.	4.3	3.5	15.1	**HIGH**	ALL	CEO	BOARD	Regular funders are made aware of new funders' limitations and kept informed of funding requirements. FnG continues to help funders achieve their objectives and targets as partners. Awareness of possible alternative sources is always sought. Forward planning is in place allowing early discussions with funders. Political lobbying for support for traditional music and Gaelic arts is an ongoing function. Other grants accessed where possible and with a high degree of success.	25.08.08	11.02.14	Ongoing	**Green**
2	16	Insufficient Gaelic speaking tutors. Insufficient tutors available/come forward	3.9	3.7	14.4	**HIGH**	Fèisean	Gaelic Officer	BOARD	Provision of Gaelic training, encouragement of new tutors to achieve fluency in Gaelic. At the very least, engage in some learning. Support packages are available. Provision of Gaelic training and music tutor training. Encouragement of new tutors from within Fèisean. Gaelic Policy to ensure commitment to Gaelic from tutors. Gaelic policy review & renewal February 2014.	25.08.08	11.02.14	Ongoing	**Green**
3=	12	Volunteer effort within the Fèisean is unable/ unwilling to adhere to policies/guidelines/legal requirements. Non-compliance with legal requirements and policies will result in an incident which damages the reputation of FnG. Loss of reputation due to child protection issues through lack of controls, e.g. failure to disclosure-check tutors. A child is harmed due to the action or inaction of FnG, leading to loss of confidence and possible legal action. A child gets lost due to inadequacies in the registration system.	4.1	3	12.3	**HIGH**	ALL	Training & Policy Officer	BOARD	Training and awareness-raising sessions with staff and volunteers. Policies and guidelines published on the FnG website and implemented by Fèisean and Development Team. Ensure compliance & good practice by example and training opportunities. Early checking of potential tutors encouraged. Financial penalties for non-compliance, and expulsion for repeated non-compliance. Child Protection Policy in place. Risk Assessments for individual locations/activities carried out in advance of each fèis. Training and awareness-raising sessions for committees and volunteers. Assistance from staff members with implementation of policies, particularly Child Protection Policy and Guidelines. Importance of adherence to all policies underlined to members and the following of key policies are enshrined in conditions of funding.	25.08.08	11.02.14	Ongoing	**Green**
3=	51	A member of the management team leaves at short notice. Key staff members are lost to the organisation through external job offers leaving gaps in core operational areas.	4.1	3	12.3	**HIGH**	Staff/ Fèisean	CEO	BOARD	Pay scales in line with sector. Recognition of over-reliance on single members of staff and alleviation of responsibilities where possible. Regular consultations with staff and encouragement of openness. Shadowing encouraged within all posts. Clàr-coinneamhan kept to update all staff on current projects of individuals. Succession planning at appraisal and throughout employment. Exit interviews	25.08.08	11.02.14	Ongoing	**Green**

										offered when people leave. No further mitigation required/possible at this time.				
5	46	Data is lost due to the lack of consistency in making back ups. Important data is lost due to equipment malfunction, fire, electrical storm, resulting in insufficient IT back-up control systems.	3.8	3.2	12.2	**HIGH**	Staff	Executive Manager / CEO	BOARD	Provision of portable hard drives. Contractual obligation on staff to ensure back-ups. Surge protection on IT equipment. Regular visual checks by staff on electrical equipment and necessary action taken. Use of Dropbox for storage and dissemination of information.	25.08.08	11.02.14	Ongoing	**Green**
6	14	Insufficient volunteers come forward.	3.9	3.1	12.1	**HIGH**	DevTeam/ Fèisean	Development Manager	BOARD	Identification of possible committee members and volunteers by existing committees. Support from Development Team to avoid volunteer burn-out. Encouraging young people to take an interest and share responsibility. Encouraging parents to participate. Responsibility on all fèis personnel to encourage and support volunteers, through social gatherings and training events. Additional assistance offered by development team for fèisean in difficulty.	25.08.08	11.02.14	Ongoing	**Green**
7	43	Numbers of Fèisean continues to increase resulting in less support being available to each one. May reach over capacity of demand/ supply (Fèisean)	3.5	3.4	11.9	**HIGH**	Fèisean	Development Manager	BOARD	Additional funding available through Development fund for extra classes, new approaches, etc. Efforts made to secure new, additional funding. New fèisean are compliant with policies and ethos of Fèisean nan Gàidheal. Natural wastage has ensured that number of fèisean has remained manageable.	25.08.08	11.02.14	Ongoing	**Green**
8	35	Staff/funds are overcommitted to projects resulting in less flexibility and tighter controls in other areas. FnG takes on too much in an effort to survive. FnG becomes too focused in contract delivery in order to generate income, resulting in less support for the Fèisean.	3.6	3.2	11.5	**HIGH**	ALL	Executive Manager	BOARD	Time, financial and project management controls implemented. Awareness of other projects ongoing in the organisation and expectations of time/financial commitments understood. Opportunities/Threat Analysis carried out for new projects. Good management practice. Likely benefits from new projects may outweigh risks. Updates on commitments given at regular staff meetings.	25.08.08	11.02.14	Ongoing	**Green**
9	34	Insufficient funding for staff development resulting in inadequate development programme and resources for staff.	3.8	2.7	10.3	**HIGH**	Staff	Training & Policy Officer	BOARD	Ensure provision is made for staff development in core funding applications. In recent years, due to staff remaining in employment for the longer term, this has not been a severe drain on resources. Priority for new staff members to access training.	25.08.08	11.02.14	Annually - Feb	**Green**

Fèisean nan Gàidheal

Aithisgean Luchd-obrach

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 1.2014.06(a)

Ainm	Art MacCarmaig
Dreuchd	Ceannard

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg agam a' dèiligeadh dìreach ri cùisean air nach eil iomradh ann an aithisgean eile don Bhòrd.

Aig àm na Càisg thadhail mi, anns an aithghearrachd, air Fèis Ghàidhlig Ghlaschu, Fèis Rois Òigridh, Fèis an Earraich, Fèis Lochabair agus Fèis Latharna.

Fèis Rois

Tha mi nam phrìomh oifigear airson Fèis Rois, agus mar as àbhaist, tha an Fhèis air a bhith air leth trang.

Thog triùir luchd-ciùil òga, a choinnich airson a' chiad uair nuair a bha iad an sàs ann an Cèilidh Fèis Rois air Chuairt ann an 2011 agus a tha a-nis anns a' chòmhlan, The Mischa Macpherson Trio, Duais Òigridh airson Ceòl Traidiseanta aig BBC Rèidio 2. Chaidh an duais a bhuileachadh orra ann an Talla Rìoghail Albert an Lunnainn aig deireadh a' Ghearrain.

B' e Fèis Rois na h-Òigridh an tachartas còmhnaidheach mu dheireadh a chaidh a chumail ann an Ulapul rè làithean-saora na Càisge. Ghabh mu 130 duine òg pàirt le taghadh farsaing de chuspairean agus cur-seachadan aca. Coltach ri Fèisean eile, thagh Fèis Rois òran ùr Bhlair Dùbhghlais, "Càirdeas", mar òran na Fèise agus chaidh a chlàradh airson a chleachdadh nas fhaide air adhart.

Ghabh Fèis Rois stiùir air obair gus Com-pàirteachas Ealain Òigridh a stèidheachadh le grunn bhuidhnean ealain a tha stèidhichte air a' Ghàidhealtachd, Fèisean nan Gàidheal nam measg. Fhuair iad deagh naidheachd gun do shoirbhich leis an tagradh agus gu bheil Alba Chruthachail air £400k a ghealltainn dhan chom-pàirteachas thairis air dà bhliadhna. Bidh am pròiseact a' tòiseachadh san Lùnastal ged a tha obair ullachaidh a' dol air adhart mar thà.

Cinn-latha chudromach san Leabhar-latha bho chaidh a' choinneamh mu dheireadh a chumail

03.03.14 Làthaireachd aig coinneamh Fèis Tìr an Eòrna airson còmhradh mu 25 bliadhnaichean a chomharrachadh is cuspairean eile
04.03.14 Bùth-obrach le le Denvir Marketing (air am fastadh le HIE) ann an Inbhir Nis
10.03.14 Coinneamh luchd-obrach air fòn
13.03.14 Coinneamh le Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Comhairle na Gàidhealtachd
13.03.14 Coinneamh cuide ri Fèis Spè, Alba Chruthachail agus Comhairle na Gàidhealtachd
17.03.14 Coinneamh a bharrachd le Denvir Marketing air a' fòn
20.03.14 Coinneamh le Rae NicEachearna mu chùmhnant ICO air Ghàidhealtachd
21.03.14 Coinneamh le Ariel Killick ann am Port Rìgh
27.03.14 Coinneamh le Humza Yousaf, Shona Robison is càch mu Ghàidhlig sna Geamaichean Cho-fhlaitheis
28.03.14 Coinneamh le Donnchadh MacGuaire na dhachaigh
08.04.14 Coinneamh le riochdairean bho Jack Morton, a' chompanaidh a bhios a' cur air dòigh cuirmean nan Geamaichean Cho-fhlaitheis
11.04.14 Coinneamh air fòn le Ann Marie Reid bho InG
18.04.14 Ghabh mi pàirt ann an cèilidh gus airgead a thogail do dh'Fhèis Eilean nan Hearadh
24.04.14 An làthair aig coinneamh de Bhuidheann Comhairleachaidh Alba Chruthachail air na h-Ealain Traidiseanta
30.04.14 An làthair aig coinneamh ann an Inbhir Nis le buidhnean an sàs ann a bhith leasachadh Com-pàirteachas Ealain Òigridh
08.05.14 Làthaireachd aig Seisean Trèanaidh nam Meadhanan ann an Inbhir Nis

Ainm	**Calum Ailig MacMhaolain**
Dreuchd	**Manaidsear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Gu làitheil tha mi a' cumail taic ris an sgioba leasachaidh agus an obair anns a bheil iad fhèin an sàs le na Fèisean aca.

A bharrachd air a bhith a' cumail taic air na ceithir fèisean a tha mi a' cumail taic ris gu cunbhalach tha mi air na miosan a dh'fhalbh air a bhith a' cumail taic a bharrachd ri na Fèisean ann an sgìre Earra-Ghàidheal. Tha mi air a bhith conaltradh riutha uile a thaobh tagraichean tabhartasan, cinn-latha nam Fèisean, Cèilidhean air Chuairt agus taic practaigeach le bhith a' sireadh luchd-teagaisg is eile airson Fèisean a bhios a' Gabhail àite air mìosan an t-samhraidh.

AC2 **Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dheanmah**

Tha ùidh làidir air nochdach bho thidsear ciùil ann an Cille Bhrighde an Ear gus Fèis ùr a thòiseachadh 's tha i airson coinneachadh rium sa bhliadhn ùr gus leudachadh air na beachdan a th'aige agus daoine san sgìre sin.

Mar phàirt de phlana Ghàidhlig Shiaboist tha an coimhearsnachd ag iarraidh gun tèid clasaichean Fèise (seinn is ceòl) a thabhann do chlann a sgìre, 's tha mi gu bhith coimhead air na dòighean às fheàrr airson seo a lìbhrigeadh air na mìosan a tha romhainn.

AC4 **Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean.**

Tha grunn phròiseactan air taic-airgid fhaighinn bhon Mhaoin Leasachaidh am bliadhna nam measg;

- Fèis Bharraigh – Pròiseact Cultarail stèidhichte air beatha thràidiseanta air an eilean.
- Fèis Eilean na Hearadh – Pròiseact pìleat airson deugairean aig am prìomh Fhèis aca.
- Fèis an Earraich – Pròiseactan fuaim, meadhanan is clàradh a' ruith airson daoine a tha 16-25 bliadhna a dh' aois
- Fèis Inbhir Narainn – Latha Fèise sònraichte le ceòl, òrain is obair-bhuidhne le cur-seachadan fa-leth airson clann fo aois 8.
- Tha grunn òigridh air taic fhaighinn bhon sgeama leasachaidh gus an cùrsa trèanaidh do luchd-teagaisg a fhrithealadh.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Bidh sinn a' cumail oirnn a' tabhann cothroman Gàidhlig ionnsachadh do luchd-teagaisg nam Fèisean an dà chuid aig bùiththean-obrach ann an diofar sgìrean agus aig Fèisean fhad 's a tha na tachartasan ac' a' gabhail àite.

AC7 **Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile**

Chaidh 5 Latha a chumail eadar 7-12 Giblean 2014. B' e seachdain air leth soirbheachail a bh'againn a-rithist am bliadhna le 20 com-pàirtiche a' gabhail pàirt ann an obraichean tràidiseanta na sgìre a bharrachd air bùiththean-obrach còcaireachd, turas-iasgach agus ceòl is òrain.

AC9 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

Tha an Sgioba-G air taic a chumail ri 10 Fèisean air a bh;iadhna a dh'fhalbh. Bidh an Sgioba a' tadhail air Fèis Mhoireibh aig deireadh a' Cheitein agus taic ga chumail do ghrunn Fèisean air an samhradh a tha romhainn.

AC12 **A' leantainn oirnn a' cumail taic ri is a' cur air adhart sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig**

Tha na h-òrain a chaidh a sgriobhadh anns a' phròiseact ann an co-bhonn le Watercolour air an làrach agus tha cuid de na Fèisean air abhitha brosnachadh com-pàirtichean a bhith a sgriobhadh òrain ùra, leithid Fèis an Rubha agus

clas sònraichte a rinn Calum Martainn. Chaidh coimisean a thoirt do Bhlair Douglas, fear-ciùil bhon Eilean Sgitheanach, òran ùr a sgrìobhadh a thèid a chleachdadh aig grunn Fhèisean mar chomharra air na Geamaichean Cho-fhlaitheis agus Bliadhna an Tilleadh Dhachaigh ann an 2014. Tha grunn mhath dha na Fèisean dol a chleachdh an t-òran, air a bheil 'Cairdeas', mar òran na Fèise am bliadhna.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta.**

Bidh sinn a' cumail oirnn a tabhann cothroman trèanaidh do luchd-obrach, luchd-tegaisg agus luchd-saor-thoileach nam Fèisean ann an diofar seòrsa chuspairean.

Mar luchd-obrach bidh sinn a' dèanamh co-dhiù ceithir seiseanan trèanaidh còmhla agus cho fad 's is urrainn bidh iad seo tro mheadhain na Gàidhlig. Thèid trèanadh sònraichte air na meadhannan a chumail air Diardaoin 8 Cèitean.

AC14 **Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig.**

Tha Fèisean nan Gàidheal air an riochdachadh aig coinneamhan de Fhoram Nàiseanta nan Ealain Ghàidhlig agus cuideachd Buidhean Ciùil airson Òigridh na Gàidhealtachd aig a bheil làrach-lìn ùra - www.highlandyouthmusic.org.uk

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Tha program 2014 a-nis air aontachadh agus thèid a chuir air bhog air Diardaoin 5 Ògmhios. Bidh mi ag obair gu dluth leis a cheannard agus stiùirich na Fèise air na mìosan a tha romhainn gus na tachartasan na Fèise fhoillseachadh.

AC21 **A' cumail oirnn a bhith nar pàirt den iomairt gus Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a' toirt taic do dh'obair an Oifigeir Ealain Ghàidhlig**

Tha sinn ag obair gu dlùth leis an oifigear Ghàidhlig tro choinneamhan Ngas agus mar phàirt den Lionradh Dràma Ghàidhlig.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG1 **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Gu ruige seo tha sinn air cùmhnantan a lìbhrigeadh do Chomairle Pheairt is Cinn Rois 's tha sinn a-nis a' toirt seachad cùmhnant do Chomairle Rinn Friù mar phàirt de phrogram YMI na sgire.

Bha sinn a' ruith dà phròiseact phìleat ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd a' teagaisg Gàidhlig ann an sgoiltean ann an Lochabair, Gallaibh agus Dùthaich MhicAoidh airson deich seachdainean eadar an Fhaoilleach agus toiseach a' Ghiblein.

Tha mi air a bhith an sàs ann an còmhraidhean le Comhairle Bhaile Ghalaschu mu phròiseact 10 seachdainean a dhèanamh le deich sgoiltean bhon Lunastal 2014.

Tha sinn air a bhith bruidhinn ri Ùghdarrasan Ionadail eile 's tha sinn gu math dòchasach gu bheil tuilleadh cothroman ann cùmhnantan a bharrachd a buannachadh, 's gum bi sinn a lìbhrigeadh seirbheisean Fèisgoil ann an grunn sgìrean.

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015.**

Ann an co-bhonn le Eden Court chaidh iarrtas a-steach don mhaoin airson Dràma Ghàidhlig 's bha sin soirbheachail. Tha Aonghas MacLeòid gu bhith ag obair le buidhnean ann an Àrd-Sgoil Bàile Dhubhtaich agus Àrd-sgoil Inbhir Pheofharain eadar seo agus n t-Sultain 's thèid oidhche thaisbenaidh a chumail ann an Eden Court air Diciadain 10 Sultain mar phàirt de Bhlas.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG1 **Fianais air taic phragtaigeach a thugadh don Sgeama Comhairleachaidh Phàrant. Conaltradh cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus luchd-obrach Comann nam Pàrant agus Leasaiche Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig gus cothroman a chomharrachadh a thaobh trèanadh is sanasachd do dh'fhoghlam Gàidhlig**

Tha sinn a' brosnachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig gach cothrom, tro thachartasan Fèise, Blas agus cothroman sam bith far am b'urrainn dhuinn seo a dhèanamh. Tha sinn a' neartachadh na ceangalan a th'againn le Comunn nam Pàrant anns na diofar sgìrean anns a bheil an dà bhuidheann againn ag obair air feadh na dùthcha.

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Tha sinn ag obair mar phàirt de gach Iomairt tro obair Fèisean nan Gàidheal, ar luchd-obrach agus na Fèisean gu h-ionadail. Chaidh mòran clasaichean Fèise agus prìomh Fhèisean a chumail ann an sgìrean Iomairt air na tri miosan a dh'fhalbh, nam measg bha Fèis Deugairean ann an sgìre Lochabair, turas Iomlaid le buidheann à Èirinn ann an Inbhir Nis mar phàirt den Camanachd Eadar Nàiseanta. Tha sinn air co-dhiù 1782 a chosg air pròiseactan ann an sgìrean Iomairt rè 2013/14. Tha sinn a' frithealadh coinneamhan anns na diofar sgìrean Iomairt agus ag obair gu dlùth le na h-oifigearan anns gach sgìre. Bidh sinn a' conaltradh le Fòram Gàidhlig Shiaboist ann na miosan ti teachd mu chlasaichean a tha iad airson ruith san sgìre.

BnG3 **Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

Chaidh dreach ùr den phoileasaidh fhoillseachadh sa Ghearran agus tha e a-nis air a dhol a-mach air co-chonaltradh le na Fèisean. Gheibhear dreach den phoileasaidh air an làrach-lìn. Tha na Fèisean a leasachadh agus leudachadh na dòighean sa bheil iad a cur am poileasaidh an gnìomh le taic cunbhalach bhuain.

Air a' bhliadhna dh' fhalbh rinn sinn bùithtean-obrach Gàidhlig air grunn chuspairean co-cheangailte ri Gràmair, litreachadh, gnathasan cainnte agus sean-fhaclan gus sgìlean nan luchd-obrach air fad a leasachadh. A bharrachd air seo rinn sinn Seiseannan trèanaidh a bha air an lìbhrigeadh tro mheadhain na Gàidhlig an leithid Na meadhanan, Photoshop, agus Powerpoint.

Anns an àm ri teachd ni sinn tuilleadh trèanaidh air sgìlean Gàidhlig agus cuideachd chuspairean mar dealbhadh dà chànanach, eadar-theangachadh agus tuilleadh air obair na meadhannan.

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Tha sinn air a bhith a' dèanamh mòran obair le buidhnean Gàidhlig anns a' bhliadhna a dh' fhalbh tro Fèisean, Blas, co-labhairtean agus measgachadh de phròiseactan.

- Chuir sinn bùithtean-obrach air dòigh dhan Stòrlann aig an t-Alltan
- Dh' obraich sinn le Clì agus Comhairle nan Leabhraichean aig Blas 2013.
- Thug sinn taic don Chomunn Ghàidhealach Seiseannan taic a chuir air dòigh do farpaisich ann an Glaschu, Cille Bhrìghde an Ear, Grianaig, Sruighlea, Dùn Èideann, Lochabair, Geàrrloch agus Peairt.
- Bha sinn a' cumail tiac ri Film-G a bhith ag ullachadh/sgriobhadh pìosan le àrd-sgoiltean agus cuideachd le bhith gan chlàradh.
-

Thathas an dòchas togail air an obair seo air an ath-bhliadhna agus a leasachadh far am bi sin comasach.

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha sinn dèanamh mòran co-obrachaidh le Ùghdarrasan Ionadail air feadh na dùthcha le obair nam Fèisean, Blas, Dràma agus seirbheisean a tha sinn a' tabhann tro Fèisgoil.

Tha sinn air cùmhnant a' ghlèidheil leis Na Cruinneachaidhean Nàiseanta, a' toirt seachad làithean fiosrachaidh mun a' Ghàidhlig do luchd-obrach na cruinneachaidhean. Bidh sinn a' toirt seachad 15 bùithtean-obrach suas chun an t-Òg mhios 2014.

Eadar an Fhaoilleach agus a' Mhàrt bha sinn a' llìbhrigeadh 10 seachdainean de theagasg Gàidhlig ann an sgoiltean far nach eil Gàidhlig ri fhaighinn ann an 9 sgoiltean ann an Lochabair, agus 7 sgoiltean ann an Gallaibh agus Dùthaich MhicAoidh. Bha seo mar phìart de chùmhnant a' ghlèidh sinn le Comhairle na Gàidhealtachd.

Tha sinn a' gabhail cothroman a bhith bruidhinn ri Ùghdarassan Ionadail agus Buidhnean Poblach gu cunbhalach gus innse dhaibh mu na seirbheisean a tha ri fhaighinn tro Fèisgoil le dòchas tuilleadh cùmhnantan a ghlèidheil san àm ri teachd.

BnG7 **Còmhraidhean cunbhalach eadar Fèisean nan Gàidheal agus Bòrd na Gàidhlig a thaobh brathan-naidheachd a tha a' dol a-mach, le cothrom don Bhòrd briathran a chur nan cois mar as iomchaidh**

Tha sinn a' toirt cothrom do BnaG aithris a chuir ann an cuid dha na brathan naidheachd againn. Tha a h-uile pìos naidheachd a tha sinn a' sgaoileadh air a chuir dhan Bhòrd.

BnG9 **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an seachdain chòmhnaidheach chultarach aig àm na Càisge 2014**

Chaidh 5 Latha a chumail eadar 7-12 Giblean 2014. B' e seachdain air leth soirbheachail a bh'againn a-rithist am bliadhna le 20 com-pàirtiche a' gabhail pàirt ann an obraichean tràidiseanta na sgìre a bharrachd air bùithtean-obrach còcaireachd, turas-iasgach agus ceòl is òrain le Norrie MacIomhair agus Ailean MacEanraig.

'S e seachdain spòrsail, trang a bh' ann agus bha am fianais a fhuair sinn bho na com-pàirtichean air leth fàbharach agus na cur-seachadan gu lèir air còrdadh riutha gu mòr.

Tha an Coimhearsnachd anns na Gearrannan air leth taiceil dhan an tachartas seo agus iad nan cuideachadh mòr fhad 's a tha sinn a' tadhail air an sgìre. Chum sinn cèilidh teaghlaich ann an Ionad na Seann Sgoil, Siaboist, far an robh tri-fichead neach bhon choimhearsnachd an làthair.

BnG14 **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Tha Fèisean nan Gàidheal a bruidhinn agus a' cumail conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Cultarail. Tha sinn a' gabhail pàirt ann an coinneamhan de Foram Nàiseanta nan Ealain Ghàidhlig a bhios air a chuir air dòigh leis an t-oifigear agus Bòrd na Gàidhlig.

Builean Comhairle na Gàidhealtachd

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

Tha sinn ag obair gu dluth le na Fèisean airson a bhith cinnteach gu bheil seo a' tachairt. Tha sinn a' cuideachadh luchd-teagaisg a bhith ag ionnsachadh agus a bhith a' cleachdadh Gàidhlig fad na h-ùine 's leanaidh an obair seo anns an àm ri teachd.

Ainm	**Anna Willoughby**
Dreuchd	**Manaidsear Gnìomha**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Tha Oifigearan Leasachaidh air an comharrachadh mar phrìomh oifigearan airson gach Fèis ris am faod na Fèisean bruidhinn sa chiad dol-a-mach nuair a tha iad feumach air seirbheisean Fèisean nan Gàidheal no taic le obair leasachaidh. Bidh sinn a' cumail taic ri còrr is 44 Fèis ann an 2014-15 agus bidh sinn a' feuchainn ar dìcheall a h-uile càil lìbhrigeadh aig àrd ìre.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh.**

Chaidh taic-airgid a thabhann do 44 Fèisean tro Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2014-15 a fhuair maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.
Tabhartasan air an tabhann do 44 Fèisean (37 ann an sgìre IGE) le 23 ann an sgìrean dubhlanach, pàigheadh a-mach £210,515.50 an rèir aontachaidhean. A chuir a-mach cuid mhath den airgid a tha air a thabhann, £21,686.50 do sgeama tabhartasan nam Fèisean do 5 Fèisean.

AC4 **Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaid nam Fèisean.**

Gu ruige seo tha suim airgead £4,000 air a chur ma seach airson sgeama leasachaidh 14/15.

AC11 **A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom.**

Leanaidh YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd sa bhliadhna sgoile 2014-15 agus le bhith stèidheachadh Fèisgoil, tha againn air seirbheisean a reic do dh'ùghdarrasan ionadail eile gus clasaichean ciùil a lìbhrigeadh tro YMI. Fhuair sin £219,511 a-staigh bho Comhairle na Gàidhealtachd agus tha sin a dèanamh cinnteach gu bheil airgead air a pàigheadh a-mach airson an luchd-teagasg agus na Fèisean air am pàigheadh gu cunbhalach.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair.**

Tha tòrr de an Cèilidhean air Chuairt a' gabhail pàirt ann an tachartasan ionadail. Tha Fèisean a'deasachadh airson Cuairt 2014.

AC18 **Ann an compàirt ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra a bhith na phrìomh bhuidheann a tha a' cur air adhart is a' sìor leasachadh ceòl traidiseanta is na h-ealain Ghàidhlig an Alba.**

Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo, tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Fèisean nan Gàidheal agus Blas. Tha mi toirt stiùir a thoirt don Oifigear Trèanaidh, Oifigear Dìon Cloinne agus Oifigear Ghnothaichean bho latha gu latha agus luchd obrach eile mar a tha iomchaidh.

<u>Maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid 13/14.</u>

Bha mi ag obair gu dlùth còmhla ri Andy Cumming airson cunntasan bliadhnail agus ràitheil gu 31 Màirt 2014 a cuir air dòigh.
Fhuair sin airgead nam bliadhna air fad, £352,500.00 air a-staigh bho Alba Cruthachail.
Airgead ràitheil bho Bòrd na Gàidhlig, £140,000.00, cuid an ràithe mo dheireadh air tighinn a-staigh a-nis.
£46,444.00 (100%) airgead Commhairle na Gàidhealtachd gu lèir air tighinn a-staigh
£2,960.23 bho Iomairt na Gàidhealtachd, ri tighinn a-staigh
£12,800 (100%) bho Comhairle nan Eilean
£20,000 (100%) bho Earra-Ghaidheal is Bhòid

Bidh sin a cumail sùil gheur air gnothaichean ceangailte ri ionmhais bho mìos gu mìos, agus biodh gu deireadh nam bliadhna, 31 Am Màrt 2015. Tha seo leanntaineach agus anns An Cèitean thug sin sùil gheur air am bùidseat a-rithist airson dèanamh cinnteach gu ro e cothromach airson aonta.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith.**

Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Blas.
Tha sin air fàirdealan a' pàigheadh a-mach airson Blas 2013 gu lèir.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt.**

Thèid taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2014. Tha £28,000 air a dol a-mach gu Fèisean airson na Cèilidhean air Chuairt.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig.**

Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cuideachadh le obair ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig, gu

sònraichte na sgìrean far a bheil luchd-obrach againn is far a bheil Fèisean. Bidh sinn a' tabhann cothrom air uidheamachd oifis is àite sna h-oifisean fhèin a bharrachd air a bhith a' dol an sàs ann an iomadach pròiseact.

AC23 **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail.**
Thèid Co-labhairt 2014 a chumail ann an Inbhir Narainn air 26 is 27 Sultain 2014.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh.**
Taobh a-staigh nam buidseatan againn bheir sinn taic do dh'Fhèisean ionadail a tha airson an obair aca a leudachadh agus/no a tha airson barrachd a dhèanamh is a bhith nas neo-eisimeiliche. Tha mi a' cur ghoireasan sgeama tuarastail air dòigh do Fèis a' Bhaile, Fèis Spè agus Fèis Bharraigh. Tha mi toirt taic do Fèis Spè airgead a tarraing a-staigh bho LEADER agus le gnothaichean goireasan daoine.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**
Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail airson dèanamh cinnteach gu bheil a-rèir an t-siostam measaidh ùr PVG. (Sgeama Dìon Buidhnean So-leònte) Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas.
Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas ùr bho £23.00 gu £59.00 agus airson teisteanas ùrachadh gu £18.00. Tha sin cumail sùil air cosgaisean bho àm gu àm.

AC26 **A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd.**
Tha sinn daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air ar seirbheisean. Tha sinn cuideachd a' toirt sùil air na sgilean a th' againn taobh a-staigh na buidhne agus bha aon latha treanaidh aig luchd-obrach gu ruige seo.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG2 **A' leantainn oirnn a' lorg chothroman coimeirsealta; a' dèanamh cinnteach gu bheil an teachd-a-steach bho mhalairt aig Fèisean nan Gàidheal na shùim a tha 35% de theachd-a-steach iomlan FnG, ro 31 Màrt.**
Tha sinn den bheachd gun tèid an teachd-a-steach a tha sinn fhìn a' cosnadh suas, tha sin air 51% den teachd-a-steach iomlan againn mu thràth airson am bliadhna 2013/14, am meud ri linn seirbheisean a bharrachd a thabhainneas sinn mu choinneimh chothroman a th' ann an-dràsta. Tha sinn an dòchas an àireamh seo a chur suas nas motha. Tha sin a toirt a-staigh airgead rianachd airson pròiseactan a tha sin a cur air dòigh. Tha £108,080.00 a tighinn a-staigh airson pròiseactan àbhaisteach ann an 13/14.

InG4 **Obair a chur air adhart gu sònraichte ann an sgìrean cugallach, 3 Fèisean ùra is 5 pròiseactan eadar-ghinealaichean a chruthachadh sna sgìrean cugallach, ro 31 Màrt 2015.**
An-dràsta, a-mach à 37 Fèisean ann an sgìre HIE, tha 23 gan cumail ann an sgìrean cugallach. A thuilleadh air a bhith toirt taic do na Fèisean sin tha sinn ag obair còmhla ri Iomairtean Gàidhlig a tha ag obair ann an sgìrean cugallach ann an Leòdhas, Uibhist, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar. Tha feadhainn de na tachartasan an lùib Bhlais is nan Cèilidhean air Chuairt gun chumail sna sgìrean cugallach. Nì sinn ar dìcheall gus obair Fèisean nan Gàidheal a chur air adhart a bhios gu sònraichte ag amas air na sgìrean cugallach.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist.**
Tha co-obrachadh a' leantainn anns gach sgìre iomairt. Bheir sinn taic do Chomunn na Gàidhlig leis na planaichean fa leth aca airson an Iomairtean agus bidh sinn a' dol gu coinneamhan gu cunbhalach gus bruidhinn air mar a tha cùisean a' tighinn air adhart agus air cothroman eile a dh'fhaodadh a bhith ann airson obair còmhla air pròiseactan. Tha luchd-obrach air fad ag obair uairean airson nan Iomairtean agus tha sin a clàradh seo, tha 1782 uairean air an clàradh airson am bliadhna ionmhais 13/14. Tha sinn air leth deònach seo a dhèanamh agus cumaidh sinn taic ris na h-Iomairtean ann an sgìrean far a bheil luchd-obrach againn no far a bheil Fèisean a' tachairt. Faodaidh iad feum a dhèanamh de ghoireas sam bith a th' againn agus tha sinn an dùil gun gabhadh 500 uair de thaic bhon luchd-obrach a choileanadh. Tha FnG a' dèanamh oidhirp gus inbhe na Gàidhlig àrdachadh sgìre Phort-rìgh, tha sinn a' ruith 'cofaidh agus còmhradh' uair san t-seachdain far am faigh daoine cothrom Gàidhlig a bhruidhinn gu nàdarra, agus na sgilean aca a thoirt air adhart.

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile.**
Tha an obair seo a' leantainn, gu sònraichte ann an sgìrean nan Iomairtean, agus fhuair

a h-uile buidheann Ghàidhlig fiathachadh pàirt a ghabhail ann an trèanadh Gàidhlig an luchd -obrach againn . Tha Seonag Anderson aig Clì a toirt taic le feumalachdan Gàidhlig luchd-obrach agus luchd-teagasg. Tha sin a toirt fiosrachadh tachartasan anns an sgìre do Sine Gillespie aig CnaG, a h-uile ràithe.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.**

Tha sinn a' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean air feadh na dùthcha le tabhartasan maoineachaidh, àrachas (tha àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearran 2014 le àrachas ùr iomchaidh), stòras ionnstramaidean (air a deagh cleachdadh), trèanadh cunbhalach do bhuill nan comataidhean agus barrachd.

Builean Comhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.**

Thèid taic a chumail ri 21 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd ann an 2014-15.

CnG4 **Dèan cinnteach gu bheil co-dhiù £21,192 air a roinn eadar co-dhiù 19 Fèisean a rèir foirmle a chaidh aontachadh.**

Tha Fèisean nan Gàidheal air £109,019.50 a chomharrachadh airson Fèisean air a' Ghàidhealtachd ann an 2014-15, a' gabhail a-steach an £22,191 a fhuaras bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

CnG5 **Dèan cinnteach gu bheil £24,253 air a chleachdadh gus taic a chumail ri Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean is airson cosgaisean coitcheann Fèisean nan Gàidheal.**

Thathar a' cosg an còrr der tabhartas, £24,253, air cosgaisean ar n-obrach agus mar phàirt dhe sin cosgaisean an dithis Oifigear Leasachaidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd.

Builean Chomhairle nan Eilean Siar

Cnes 1 **£9,900 den mhaoineachadh bhon Chomhairle ann an 2013-14 a chosg sna h-Eileanan Siar a rèir na chaidh aontachadh.**

Chaidh maoineachadh luach £37,686 a thabhann do dh'Fhèisean sna h-Eileanan Siar, a' gabhail a-staigh an £9,900 bho Chomhairle nan Eilean Siar, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh.

Cnes 2 **Thèid £2,900 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.**

Thèid an £2,900 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.

Builean Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

AB1 **£9,000 den mhaoineachadh bhon Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid ann an 2013-14 a chosg sa sgìre a-rèir na chaidh aontachadh.**

Chaidh maoineachadh luach £25,006 a thabhann do dh'Fhèisean Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail a-staigh an £9,000 bhon Chomhairle, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh.

AB2 **Thèid £11,000 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.**

Thèid an £11,000 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Ainm	**Iona NicDhòmhnaill**
Dreuchd	**Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Bha latha trèanaidh aig luchd-obrach tro mheadhan na Gàidhlig air planadh agus sgilean taisbeanaidh. Chaidh an latha a chumail ann am Port Rìgh air 29 An Cèitean 2013, aig Oifisean HIE, Port Rìgh. Chaidh 2 sheiseanan-trèanaidh tro mheadhan na Gàidhlig air Dìon chloinne agus Measadh Chunnairt a chumail às t-Samhradh. Thèid seisean air Conaltradh agus na Meadhanan a chumail ann an Inbhir Nis air 8 An Cèitean 2014, le Ùisdean MacIllinnein.

Chaidh seisean eile a chumail air Abairtean agus gnàthsan-càinnt ann am Ploc Loch Aillse air 18 an Dubhlachd 2013, air a stiùireadh le Ailig Dòmhnallach. Tha dithis bho na fèisean a' clàrachadh le SMO airson Cùrsa Comais/Adhartais.

Chaidh na choinneamhan luchd-obrach uile a chumail sa Ghàidhlig.

Tha trèanadh dha na fèisean ionadail ri fhaotainn sa Ghàidhlig, ma tha iad gan iarraidh, agus chaidh trèanadh Dìon Chloinne a thoirt seachad do Mhuriel NicSuain (FENH) sa Ghearran 2014.

Chaidh clas Gàidhlig iomadh-ìre a chumail mar phàirt de Ire 1 trèanadh luchd-teagaisg, sa Ghearran 2014 – chaidh an clas a theagasg le Muireall Urchadan. Dh' ionnsaich Ire 2 agus 3 òrain Ghàidhlig cuideachd, agus cudthromachd an co-theacs, air a stiùireadh leam fhìn.

AC10 **A' cumail oirnn a' brosnachadh muinntir nam Fèisean gu bhith cruinneachadh, a' tasgadh is a' dèanamh feum de shusbaint a thàinig às an dualchas ionadail aca fhèin**

Thathar a-nis air 7near fhasdadh airson na Pròiseict Fuaran (a' cruinneachadh òrain), agus chaidh coinneamh agus seisean trèanaidh a chumail air 29 An t-Samhain 2014 aig Sabhal Mòr Ostaig air dòighean cruinneachaidh agus modh. Chaidh seo a' làimhseachadh an co-bhonn le Tobar an Dualchais, agus ghabh dithis pàirt air Skype.

'S e na compàirtichean agus na sgìrean aca Ellen NicDhòmhnaill (Inbhir Nis/Uibhist a Tuath); Eilidh NicPhàidean (Tiriodh); Clare Jordan (A' Choingheal/Ìle), Morvyn Menzies (Peairt); Ruairidh MacCarmaig (An t-Eilean Sgitheanach); Ceitlin Nic a' Ghobhainn (Nis); Mischa Nic a' phearsain (Leòdhas/Beinn a' Bhaoghla).

Bidh na compàirtichean ag obair gu saor-thoileach, ach gheibh iad Duaisean Saltire agus teisteanas bho SMO/FnG airson crìoch a chur air cùrsaichean, a bharrachd air taic le cosgaisean riatanach.

Tha na compàirtichean a' cruinneachadh òrain an-dràsta, agus an uairsin gan rannsachadh agus gan deasachadh airson clàradh. Tha mi am beachd barrachd cuideachadh a thoirt dhaibh oir chan eil cùisean a' gluasad cho sgiobalta 's a bu chòir dhaibh. 'S e oileanaich oilthigh a th' annda, agus tha buaidh aig an obair-clas air na cruinneachaidhean aca. Tha feum againn air barrachd luchd-cruinneachaidh am-bliadhna cuideachd. Thig am pròiseact gu crìch air 31 Màrt 2015.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Bha seiseanan-thrèanaidh le fèisean gu h-ionadail ann an Uibhist, na Hearadh, Glaschu, Port Rìgh, An Gearasdan agus Leòdhas (Dìon Chloinne, Deagh Phractas, Togail Airgid, Measadh Chunnairt, a rèir feum), agus chaidh seisean àraid a chur air dòigh air togail airgid ann an Inbhir Nis, le Fèis an Eòrna, Fèis Tìr a' Mhurain, Fèis Eilean na Hearadh, Fèis Innis an Uillt, Fèis Cholla, Fèis Fhoirt, Fèis Dhùn Bhreatainn, Fèis Dhùn Èideann, Fèis Lochabar, Fèis Rois, Fèis Spè, Fèis Ghleann Albainn agus luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal far an robh e iomchaidh. Rinn oifigearan Fèis Innis an Uillt, Fèis Taigh Dhonnchaidh, Fèis Eige agus Fèis Eilean na Hearadh trèanadh air Dion Chloinne aig toiseach 2014.

Ghabh 64 compàirtichean pàirt ann an trèanadh nam fèisean eadar 1 Gearran agus 31 Màrt 2013, 38 eadar 1 Giblean agus 30 Samhain 2013, agus 5 eadar 1 Dùbhlachd 2013 agus 18 Gearran 2014. Chaidh trèanadh luchd teagaisg a chumail aig SMO air 22/23 Gearran 2014, agus bha riochdairean bho Fèis Fhoirt, Fèis Lannraig a Tuath Fèis Bharraidh, Fèis Tìr an Eòrna, Fèis Mhoireibh agus Fèis Rois, a bharrachd air daoine a bha ann "Air a' cheann fhèin". Tha fiosrachadh (clàr-ama, msaa) ri fhaotainn air an làrach lìn.

Iarrtasan air tighinn bho Fèisean airson trèanadh bho dheireadh a' Chèitein 2014.

(Faic AC5)

AC14 **Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig**

Tha Fèisean nan Gàidheal a' gabhail pàirt san iomairt "Celtic Neighbours", aig a bheil buill anns a' Chuimrigh, Èirinn, agus Alba. Tha mi air a' bhòrd-stiùiridh de Cheltic Neighbours CIC. Tha Alba Chruthachail/Bòrd na Gàidhlig agus Pròiseact nan Ealan cuideachd a chur ris. Bha co-labhairt "Tional" gu math soirbheachail aca, le com-pàirtichean às iomadh dùthaich. Prògram ri fhaotainn an seo . Gheibhear aithisg agus gailearaidh air www.celtic-neighbours.eu

Chaidh an ceathramh iris na buidhne fhoillseachadh aig deireadh a' Mhàirt agus tha e ri fhaotainn an seo. Tha Celtic Neighbours am beachd coinneamh chompàirtichean a chumail san Ògmhios 2014.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Cuairt nam Bàrd - Chaidh sgioba Albannach a-null a dh' Èirinn sa Ghiblin 2013, le Meg Bateman, Gillebrìde MacIlleMhaoil, Sìneag Nic an t-Saoir agus Ailean MacEanraig, còmhla ri Iona NicDhòmhnaill.

Bha cuairt mar phàirt de Bhlas (Sultain 2013) ann, le Proinsias Mac a' Bhàird, Ceaiti Ni Bheildiùin, Eithne Ni Chatháin agus Pádraig Keane. Chaidh taic a chumail riutha le Conall MacIlleChiar, Niall Caimbeul, Cailean MacIlleathain, Crìsdean Dòmhnallach, Rody Gorman, Dòmhnall S Murray agus Rona Lightfoot.

Fhuaras naidheachd dhuilich nach bi na compàirtichean Èireannach againn ann às dèidh Ògmhios 2014, oir chaill iad am maoineachais. Tha iad an dòchas gun gabh buidheann eile thairis dleasdanas airson na h-iomairt seo, ach dh' fhaodadh buaidh a bhith aig seo air an iomlaid, agus air Blas san àm ri teachd.

Tha Colmcille air £5000 a thairgsinn dhuinn a dh' ionnsaigh cosgaisean a' chuairt am bliadhna, agus thèid sgioba Èireannach a thaghadh a dh' aithghearr, agus luchd-ealain ionadail airson gach àite.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**

Faic AC19.
Tha seiseanan "Cofaidh is Còmhradh" a' cumail a' dol gach seachdain ann an oifis Phort Rìgh (Faic BnG 2)

AC23 **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail**

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh**

Tha clàr agus sgeama is siùil dhearbhaidh PVG aig Fèisean nan Gàidheal a tha coitcheann do na Fèisean uile, a nì cinnteach gu bheil teisteanas PVG aig gach oide, neach-stiùiridh is neach saor-thoileach. Thathas a chumail poileasaidh fo sgrùdadh, agus a' toirt taic le bhith ga chur an gnìomh. Tha seiseanan trèanaidh a' ruith gu cunbhalach.

Chan eil an sgeama deònach barrachd na 25 teisteanasan "retrospective" a dhèanamh gach mìos, agus mar sin tha e cudromach gun lean na fèisean fhèin am poileasaidh Dìon-Chloinne againn a-thaobh trusaidh agus fèin-sgrùdaidh.

Tha trèanadh air Dìon Chloinne mar phàirt de thrèanadh luchd-teagaisg agus mar thaghadh do chuid de na fèisean ionadail. Fhuair luchd leasachaidh nam fèisean trèanadh (tro mheadhan na Gàidhlig) ann an Dìon Chloinne agus Measadh Chunnairt aig toiseach an t-Samhraidh 2013, agus tha 5near air trèanadh Dìon Chloinne a dhèanamh eadar Am Faoilleach agus An Gearran 2014.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG6 **A' cumail oirnn le taic do dh' oidean is luchd-eagrachaidh los gun ionnsaich iad sgilean ùra a thaobh sireadh maoineachaidh, dìon cloinne, Gàidhlig, ciad chobhair, riaghladh, coimpiutaireachd is dòighean teagaisg. Bidh 87 luchd saor-thoileach is 23 luchd-trèanaidh/oidean, bho sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, air a dhol tron phròg ram aig Fèisean nan Gàidheal airson leasachadh sgilean, ro 31 Màrt 2015**

Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn orra a' toirt trèanadh do dh' oidean gu cunbhalach. Chaidh trèanadh Gàidhlig a chumail iomadh turas thar na bliadhna agus tha Fèisean nan Gàidheal a' cur pròg ram ri chèile an-dràsta gus clasaichean a bharrachd a thoirt seachad. Rinn 13 adhartas sa Ghàidhlig sa Ghearrain. (Faic AC5). Tha Fèis an Iar-Thuath agus Fèis Mhoireibh a' faighinn trèanadh aon-latha gus sgilean Gàidhlig adhartachadh sa Chèitean.

Bha seiseanan-thrèanaidh le fèisean gu h-ionadail ann an Uibhist, na Hearadh, Glaschu, Port Rìgh, An Gearasdan agus Leòdhas (Dìon Chloinne, Deagh Phractas, Togail Airgid, Measadh Chunnairt, a rèir feum), agus chaidh seisean àraid a chur air dòigh air togail airgid ann an Inbhir Nis. Bha riochdairean aig na seiseanan bho Fèis an Eòrna, Fèis Tìr a' Mhurain, Fèis Eilean na Hearadh, Fèis Innis an Uillt, Fèis Cholla, Fèis Fhoirt, Fèis Dhùn Bhreatainn, Fèis Dhùn Èideann, Fèis Lochabar, Fèis Rois, Fèis Spè, Fèis Ghleann Albainn, agus luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal far an robh e iomchaidh. Chaidh seisean (air Dion Chloinne agus Meadhanan Sòisealta) a chumail ann an Leòdhas le Fèis an Rubha (18 Cèitean 2013). Thathar an dùil seiseanan a ruith tron bhliadhna a rèir feum agus iarrtas.

Thèid dèiligeadh ri iarrtasan trèanaidh aon-neach a rèir feum, buidseat, agus dlùthachd. Tha FnG a' cuir

fiosrachadh mun cuairt bho leithid Colaiste na Gaidhealtachd an Iar, Sabhal Mòr Ostaig agus SCVO mar a thig e a-mach.

Thairis air na 12 mìosan mu dheireadh (gu 30 Giblean 2014), tha 67 air pàirt a ghabhail, a bharrachd air luchd nam fèisean a bha an làthair aig a' cho-labhairt bhliadhnail.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach a thugadh dha na h-Iomairtean Gàidhlig air feadh Alba, le oidhirp shònraichte ga dhèanamh a thaobh obair le Fòram Gàidhlig Shiaboist**

Cofaidh is Còmhradh a' ruith gach seachdain aig oifis Phort Rìgh airson uair dhen uaireadair. Tha dithis às a' choimhearsnachd a' tighinn gu cunbhalach airson na sgilean còmhraidh aca a thoirt air adhart, agus thig daoine a bharrachd bho àm gu àm gach Dimàirt aig àm lòin.

BnG3 **Fiosrachadh air ciamar a tha Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ga chur an gnìomh, agus co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig ann do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal, agus cothrom aig luchd-obrach bho bhuidhnean Gàidhlig eile am frithealadh**

Faic AC 5

Chaidh trèanadh air dòighean cruinneachaidh a thoirt seachad gu compàirtichean air a' phròiseict "Fuaran" air 29/11/13, air a làimhseachadh leam fhìn agus le Mairead Dhòmhnallach, Tobar an Dualchais. Rinn mi-fhìn seisean a bharrachd le aon oileanach aig toiseach na bliadhna.

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Iomairt, Clì, CnaG – Trèanadh agus taic. Chleachdamaid Clì airson tidsear Gàidhlig aig na clasaichean luchd-obrach agus clasaichean luchd-teagaisg a rèir feum. A' frithealadh choinneamhan Lasair – coinneamh mu dheireadh air 25 An t-Samhain 2013.

BnG13 **A' cumail 20 tachartas do suas ri 3,000 sgoilear air a' Ghàidhealtachd tro phròg ram coimhearsnachd Bhlais**

Thadhal Cuairt nam Bàrd air Sgoil Lionacleit as t-Sultain, ged nach robh mòran chloinne san èisteachd.

Thairis air na còig oidhcheannan, bha gann 5near ann aig aois sgoile, agus leis a' chlàr ama teann, cha d' fhuaras cothrom tadhail air na sgoiltean tro na làithean-sgoile.

BnG14 **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Ag obair gu cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair gus an iomairt "Celtic Neighbours" a chur air adhart, agus air pròg raman maoineachaidh.

Obair a bharrachd

Poileasaidhean

Ann an co-bhonn le Calum Alex Mac a' Mhaoilein agus Dubhghlas Beck, tha mi air ùrachadh a thoirt air Poileasaidh Gàidhlig Fèisean nan Gàidheal, agus leasachaidhean air sin airson na coinneimh seo. Tha Clàr Chunnairt air sgrùdadh fhaighinn agus tha sinn ga chur fa chomhair a' bhùird sa Chèitean 2014.

Colaiste Ghàidhealtachd an Iar – Buidheann Chomhairleachaidh nan Ealain Chruthachail

Tha mi air cuireadh fhaighinn a bhith nam bhall dhen bhuidheann seo, a tha ann airson càirdeas nas èifeachdaiche a bhrosnachadh eadar a' cholaiste agus saoghal obrach. Thèid tri choinneamhan a chumail sa bhliadhna, a' gabhail a-staigh an ceumnachd. Chaidh a' chiad choinneamh a chumail air 6 An Gearran 2014. Thèid an ath choinneamh a chumail sa Chèitean 2014.

YMI – Sgrùdadh agus Measadh Luchd-teagaisg

Thug mi taic dhan sgioba seo gus sgrùdadh agus measadh a dhèanamh air luchd-teagaisg YMI sa chiad cheathramh de 2014. Thèid na measaidhean a chleachdadh le Rae MacEachern airson leasachadh an luchd-teagaisg agus ceangal is conaltradh le sgoiltean.

Ainm	**Moreen Pringle**
Dreuchd	**Oifigear Ghnothaichean**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Ag obair air Sgeama Tabhartasan nam Fèisean tha mi a cuir thabhartasan a-mach gu Fèisean airson na Priomh Fèisean, Clasaichean agus Uairean-Rianachd aca.

Anns an raithe seo, chur mi thabhartasan a-mach gu 30 Fèisean.

AC16 **Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean**

Tha am bùth air an Làrach-Lìn fosgailte airson leabhraichean a' cheannach (www.feisean.org/shop.html).

Tha sinn a' reic nas urrainn dhuinn tro Fhèisean, bùithtean, m.s.a.a. Tha mi a cur a-mach fiosrachadh gu Fèisean gu cunbhalach. 'Se cothrom math tha ann airson airgead a thogal.

AC23 **Co-labhairt Bhliadhnail a chumail**

Bidh an Co-labhairt Bhliadhnail 2014 ann an Inbhir Narainn ann an t-Sultain.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iad ag iarraidh ionnstramaidean diofarach airson clasaichean ùra a tha iad a' tòiseachadh. Tha tòrr duine ag iarraidh bogsa-ciùil agus clarsaich airson clasaichean aig an àm seo.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh**

Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile.

Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Tha mi a' toirt taic do na Fèisean le tabhartasan, leabhraichean, ionnstramaidean, Faileas, m.s.a.a.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**

Ceangailte ri BnG10.

Ainm	**Dougie Beck**
Dreuchd	**Oifigear Drama**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC5 **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

Meanbh-chuileag

Air sgàth phròiseactan eile a tha a' dol air adhart an-dràsta, tha sinn air a' chuairt aig Meanbh-chuileag a chur air ais. Bidh seo a-nise a' tachairt san Lùnastal. Tha sinn air co-dhùnadh gum faigh gach sgoil a bha an sàs ann am Fèisgoil ann an Loch Abar is anns a' Cheann a Tuath cothrom an dealbh-cluiche fhaicinn, cho math ri sgoiltean Gàidhlig. Tha sinn am beachd tadhal air àrd-sgoiltean le dealbh-cluiche a bheir cothrom do dheugairean le Gàidhlig an reifreann air neo-eisimealachd a rannsachadh. Bidh seo cuideachd a' dol air an rathad as dèidh saor-làithean an t-samhraidh.

Fèis Dhràma Earra-Ghàidheal is Loch Abar
Chaidh Fèis Dhràma Earra Ghàidheal is Loch Abar a thoirt gu ceann anns an Òban Dimàirt 6 Cèitean le feasgar air leth de dhealbhan-cluiche. Bha còig sgoiltean an sàs sa phròiseact: An Sàilean, Àth Tharracaill, An Gearasdan, Rockfield (an t-Òban) agus Malaig, is chunnaic an luchd-èisteachd 6 dealbhan-cluiche. Sgrìobh mi fhìn ceithir de na dealbhan-cluiche, is thadhail mi air ceithir de na sgoiltean eadar 4 is 8 tursan airson taic a thoirt dhaibh le ullachadh.

Sgoil Shamhraidh
Faic gu h-ìseal airson fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh

AC8 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**
Tha mi an dùil a bhith an sàs ann a bhith a' deasachadh stuthan-teagaisg Gàidhig do ghrunn Fhèisean am-bliadhna.

AC12 **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig**
Tha mi air faithachadh fhaighinn a bhith an làthair aig an Alltan san Aghaidh Mhòr san t-Sultan airson bùthan-obrach a dhèanamh air mar a ghabhas pupaidean a chleachdadh le cloinn òga. Tha seo a' leantainn air bùthan-obrach soirbheachail a rinn mi aig an tachartas an-uiridh.

Ged nach robh mi an làthair aig Seachdain Dhùn Èideann air sgàth a' phròiseict dràma, chuir mi air dòigh stutha-teagaisg do Chailean Collier, a chaidh fhastadh leinne airson cuairtean a dhèanamh san Taigh-tasgaidh Nàiseanta.

Bha mi gu mòr an sàs ann am Fèisgoil ann an Loch Abar, an dà chuid tro bhith ag ullachadh stuthan-teagaisg, is cuideachd a' lìbhrigeadh cuid de na bùthan-obrach nuair a bha luchd-teagaisg eile dheth. Uile gu lèir rinn mi naoi làithean ann an sgoiltean eadar am Faoilleach is an Giblean.

Faic shuas airson fiosrachadh mu Fhèis Dhràma Earra-Ghàidheal is Loch Abar.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**
Mar a thuirt mi gu h-àrd tha mi an sàs ann an leasachadh Fèisgoil, is tha trèanadh an lùib sin don luchd-oide a bhios an sàs ann. Tha sinn air aithneachadh gu bheil feum air barrachd dhaoine a thrèanadh gus am bi iad comasach air clasaichean dràma a theagasg, Sgioba G a lìbhrigeadh agus cuideachd obair Fèisgoil a lìbhrigeadh ann am barrachd sgìrean.

Fhuair mi teisteanas ann an sàbhailteachd bìdhe is teisteanas MiDAS o chionn ghoirid. Tha mi an dùil trèanadh fhaighinn ann an obair camara air thoiseach air an obair FilmG a bhios sinn a' dèanamh aig deireadh na bliadhna.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**
Faic gu h-àrd airson fiosrachadh mu Fhèis Dhràma Earra Ghàidheal is Loch Abar.

Faic gu h-ìseal airson fiosrachadh mu SSD2014.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**
Thadhail Panto 2013 air a' mhòr-chuid de na sgìrean iomairt (is bha e uaireannan comasach do clann is inbhich bho sgìrean eile thighinn ga fhaicinn).

Tadhlaidh Meanbh-chuileag air a h-uile sgìre Iomairt ann an 2014, agus cuideachd air sgìrean far a bheil leasachadh ga dhèanamh a thaobh na Gàidhlig (Siorrachd Pheairt is Cataibh/Gallaibh).

Rinn mi obair ann am Muile is Àird nam Murchan às leth FilmG an-uiridh, is choisinn fear de chom-pàirtichean na Sgoile Samhraidh duais aig a' Chuirm dhuaisean aca airson cleasachd.

Thèid an Sgoil Shamhraidh a chumail am Port Rìgh a-rithist am-bliadhna, agus bidh trì taisbeanaidhean poblach air an cur air adhart mar phàirt dhe sin: 2 oidhche dhràma ann an Àros, agus seisean dràma-sràide ann an ceàrnag Shomhairle.

Bha trì bun-sgoiltean Abrach an sàs anns an Fhèis Dhràma san Òban sa Chèitean, is bha Bun-sgoil an t-Sàilean ann am Muile an sàs ann cuideachd.

Bha mi gu mòr an sàs ann a bhith a' deasachadh nan stuthan-teagaisg airson seiseanan Tuigse air a' Ghàidhlig aig Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, a chaidh a lìbhrigeadh le Iain Macillechiar.

Bha mi an sàs ann a bhith ag ullachadh suthan-teagaisg mu choinneamh nan cuairtean a chaidh a chumail san Taigh-tasgaidh Nàiseanta mar phàirt de Sheachdain Dhùn Èideann aig Comunn na Gàidhlig.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG1 **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Thuige seo tha sinn air dà latha trèanaidh a chur air dòigh do luchd-teagaisg ùra.

Mar a thuirt mi gu h-àrd, bha mi gu mòr an sàs ann a bhith ag ullachadh stuthan-teagaisg airson an obair Fèisgoil a bha a' dol air adhart ro shaor-làithean na Càisge, is rinn mi fhìn cha mhòr dà sheachdain ann an sgoiltean mar phàirt den phròiseact.

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Faic aithisg Aonghais airson fiosrachadh.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Tha fèill mhòr neo-fhoirmeil air an leabhran a chuir mi chèile don Stòrlann mu bhith cleachdadh phupaidean le clann òga, is tha mi air iarrtasan fhaighinn bho sgoiltean thighinn a thadhal orra ach an dèan mi bùth-obrach còmhla ris an luchd-teagaisg aca. Mar a thuirt mi gu h-àrd, chaidh iarraidh orm a bhith an làthair aig an Alltan a-rithist am-bliadhna.

Mar a thuirt mi gu h-àrd, chaidh Cailean Collier fhastadh leinne airson obair a dhèanamh san Taigh-tasgaidh Nàiseanta mar phàirt de sheachdain Dhùn Èideann.

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha FnG ann an conaltradh le grunn ughdarrasan an-dràsta mu Fhèisgoil.

BnG9 **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma**

7 gu 17 Iuchar: tha na h-àireamhan gu math fàbharach, le 18 iarrtasan againn aig an ìre seo. Tha an ostal air a chur air dòigh, tha an àrd-sgoil gu bhith air a cleachdadh airson clasaichean, tha Àros air a chur air dòigh airson dà oidhche airson taisbeanaidhean, is tha a' mhòr-chuid de luchd-teagaisg is luchd-aire air an cur air dòigh. Bidh Aonghas is mi fhìn a' coinneachadh ri Daibhidh Walker a dh'aithghearr airson bruidhinn mu na clasaichean etc.

BnG11 **Cuairt 6 seachdainean le Meanbh-Chuileag timcheall sgoiltean Gàidhlig**

Mar a thuirt mi gu h-àrd, bidh cuairt Meanbh-chuileag a' tòiseachadh às dèidh saor-làithean an-t-samhraidh, le dealbh-cluiche mun Chogadh Mhòr. Bidh sinn cuideachd ag obair ann an àrd-sgoiltean le dealbh-cluich/bùth-obrach mun Reifreann, is bidh am panto a' dol air chuairt san Dùbhlachd.

BnG12 **80 bùithtean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**

Ruigidh sinn an targaid seo gu fursta, eadar an Fhèis Dhràma, pròiseact nan àrd-sgoiltean, bùthan-obrach Blas is obair FilmG.

BnG13 **A' cumail 20 tachartas do suas ri 3,000 sgoilear air a' Ghàidhealtachd tro phròram coimhearsnachd Bhlais**

Thadhail mi air 9 bun-sgoiltean rè seachdain Blas le Seonaidh a' Mhonaidh (ann am Beurla). Chunnaic mi timcheall air 230 duine-chloinne. Bidh dealbh-cluiche Meanbh-chuileag 2014 a' cuairteachadh sgoiltean Beurla as t-Sultain am-bliadhna rè seachdain Blas.

BnG14 **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Bidh sinn a' bruidhinn gu tric ri Brian, is bidh sinn a' cur thuige fios mus a h-uile rud a nì sinn.

Ainm	**Angus Macleod**
Dreuchd	**Drama Officer**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC6 **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2014

Thèid Sgoil Shamhraidh Dhràma na bliadhna-sa a chumail eadar 7 agus 18 Iuchar 2014 aig Àrd-sgoil Phort Rìgh agus mar 's àbhaist tha e fosgailte do dheugairean eadar 14 agus 18 bliadhnna a dh' aois. Ged 's e Dihaoine 4 Giblean an ceann-latha dùnaidh a bh' againn airson tagraichean seach gu bheil àite no dhà fhathast ri fhaotainn thathar fhathast a' gabhail tagraichean.

Tha tuilleadh fiosrachaidh mun sgoil agus foirm-clàraidh air-loidhne ri fhaotainn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd

Chuir mi postairean agus agus bileagan le fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dhràma gu Àrd-sgoiltean le Roinnean Gàidhlig air feadh na dùtchcha aig toiseach a' Ghearrain agus chuir mi fios timcheall na sgoiltean a-rithist aig deireadh a' Mhàirt anns a' phost agus ann am post-dealain.

Chaidh sanasachd a dhèanamh mun Sgoil Shamhraidh a' sgaoileadh air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal, duilleag Facebook agus cunntas Twitter Fhèisean nan Gàidheal.

Chruthaich mi fiolm-ghoirid gus blasad a thoirt do dheugairean air na bhiodh fainear dhaibh aig An Sgoil Shamhraidh Dhràma. Gabhaidh an fhiolm seo fhaicinn air an t-sianail YouTube aig Fèisean nan Gàidheal aig https://www.youtube.com/watch?v=NRX0eNfUV58

Chuir mi fios gu na h-àrd-sgoiltean a tabhann cothrom dhaibh taisbeanadh fhaighinn bho oifigearan Fèisean nan Gàidheal le fios mun Sgoil Shamhraidh Dhràma.
Dh'iarr Sgoil Sir E. Scott agus Àrd-sgoil Phort Righ oirnn thadhail orra agus chaidh taisbeanadhean a thoirt do 4 clasaichean anns an Roinn Gàidhlig aig Àrd-sgoil Phort Rìgh air Dihaoine 7 Màirt.
Tha sinn air iarrtas fhaighinn bho Sgoil Sir E. Scott cuideachd.

Tha sinn air togail fhaighinn leis an liuthad foirm-iarrtais a th' air a thighinn a-staigh am bliadhna, iarrtasan a thàinig a-steach fiùs mus deach fios a chur gu sgoiltean. Gu ruige seo tha 17 air tagradh air-loidhne a dhèanamh, 9 dhiubh sin a bha nan compàirtichean aig SSD2013.

Chaidh Àrd-sgoil Phort Rìgh a ghlèidheadh mar àit' gus na clasaichean a chumail.
Chaidh àite fèin-solarachaidh a ghlèidheadh airson luchd-oide na Sgoile ann am meadhan bhaile Phort Rìgh.
Chaidh àite-fuirich airson compàirtichean na Sgoile a ghlèidheadh aig ostail Àrd-sgoil Phort Rìgh.

Chaidh an theatar aig Àros ann am Port Rìgh a ghlèidheadh fad latha Diardaoin 17 Iuchar airson na taisbeanaidhean aig compàirtichean na Sgoile Samhraidh Dràma agus Fèis Alba a thèid a chumail air an oidhche.
Chaidh Àros a ghlèidheadh air Disathairne 12 Iuchar cuideachd gus oidhche de dhràma Ghàidhlig a chumail mar a thachair le 'Dòrlach' an uiridh. Tha dealbhan-cluiche na h-oidhche seo fhathast ri dhearbhadh.

Meanbh-chuileag – Turas Nàiseanta airson Bun-sgoiltean Gàidhlig

Thathar a' leasachadh planaichean an dràsta airson cuairt nàiseanta a mhaireas 5 seachdain. Chaidh co-dhùnadh a dhèanamh gun tèid a chuairt seo a chumail aig toiseach an ath bhliadhna sgoile.

Meanbh-chuileag – Turas Nàiseanta airson Àrd-sgoiltean Gàidhlig

Thathar an dùil dealbh-chluich a leasachadh ag amas air sgoilearan àrd-sgoile anns na roinnean Gàidhlig.
Thathar an dùil gun gabh turas a dhèanamh leis an dealbh-chluich seo san Òg-Mhìos.

Meanbh- Chuileag - Gaelic Pantomime

Tha mi a' sgriobhadh dealbh-chluich Nollaig ùr airson turas a thèid a chumail eadar 1 – 10 Dùbhlachd, turas a tha toirt a-staigh 8 laithean sgoile a aig an ìre seo. Gus cothrom a thoirt do sgoil no dhà a bharrachd an dealbh-chluich fhaicinn thathar an dùil an turas a chumail a dol son latha no dhà eile am bliadhna.

Thèid seachdain deasachaidh air a shon a chumail eadar 24 – 29 An t-Samhain.

AC8 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

- Geamannan agus stuthan teagaisg Sgioba G iomchaidh air an ullachadh airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich agus taic leantainneach air a thoirt seachad do luchd-eagrachaidh agus luchd-oide.

- Chaidh fiosrachadh mun t-seirbheis aig Sgioba G ùrachadh, le fios mu na diofair dhòighean anns an gabhadh an t-seirbheis a lìbhreagadh agus na dòighean anns am faodadh Fèisean feum a dhèanamh àiste. Tha am fiosrachadh seo ri fhaotainn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal.

AC12 **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig**

Foghlam Tràth bhliadhnaichean – Sgeama Dearbhaidh
Tha mi ag obair air sgeama dearbhaidh stèidhte air pròram foghlam a tha ag amas air clann eadar 3 – 6 bliadhna a dh'aois.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Leasachadh Proifeiseanta

- Eden Court Creative - Às dèidh bruidhinn ri Kati Kozikowska a tha na manaidsear airson Eden Court Creative bhiodh fàilte orm fhèin agus Dougie Beck a bhith an làthair aig seiseanan trèanaidh iomchaidh sa chlàr-ama thrèanaidh luchd-obrach aig Eden Court Creative.
- Denvir Marketing – Bha mi an làthair aig seisean trèanaidh ann am PR agus Margaidheachd a chaidh a lìbhreagadh le Denvir Marketing ann an Inbhir Nis air Dimàirt 4 Màrt agus aig coinneamh fòn leotha a chaidh a chumail air Dimàirt 17 Màrt.
- 'Youth Theatre Arts Scotland' Tha a' bhuidheann seo a' toirt seachad cothroman lionraidhean-obrach a leasachadh agus trèanadh fhaighinn tro 'Spark' – a tha na h-iomairt thrèanaidh sgìreil far am faighear trèanadh bho ur co-inbhich. Gu mi-fhortanach bh' aig Spark ris a' bhùth-obrach a bha iad an dùil a chumail air 25 Gearran 2014 aig Eden Court a chur dheth air sgàth nach robh daoine gu leòr son pàirt a ghabhail.

AC26 **A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd**

Sanasachd

- www.feisean.org
  Obair leantainneach ann a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fèisean nan Gàidheal, Fèisgoil agus pròiseactan dràma
- www.facebook.com/feisean
  A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal.
- A' foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal @FNGaidheal
- www.youtube.com/feiseannangaidheal
  A' deasachadh fiolmaichean goirid ceangail ri obair Fèisean nan Gàidheal 's gan taisbeanadh air an t-sianail YouTube againn.
- A' taisbeanadh obair Fèisean nan Gàidheal agus na Sgoile Samhraidh Dràma thar nam bliadhnaichean air Vimeo aig www.vimeo.com/feiseannangaidheal
- A' taisbeanadh obair Fèisean nan Gàidheal, an Sgoile Shamhraidh Dhràma agus pròiseactan eile thar nam blaidhnaichean air Flickr aig www.flickr.com/feiseannangaidheal

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Fèis Theatar Òigridh - Eden Court
Tro 'Maoin an Lìonra Dràma Ghàidhlig' aig Bòrd na Gàidhlig tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus obair leasachaidh a dhèanamh air soirbheachais a' phroiseact bhuileachaidh a bh'againn leis an Fhèis Theatar Òigridh a chaidh a chumail anns a' Ghiblein 2013. B' e amas na Fèise, theatar òigridh a' leasachadh airson deugairean le Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Shoirbhich leis an tagradh airson taic-airgid à 'Maoin an Lìonra Dràma Ghàidhlig' airson 2014.

Thòisich Thèatar Òigridh Inbhir Pheofharain air Diciadain 23 Giblean agus Thèatar Òigridh Bhaile Dhubhthaich air 29 Giblean.

Tha na thèataran òigridh seo fosgailte do sgoilearan àrd-sgoile a tha fileanta ann an Gàidhlig.
Tha TÒG Bhaile Dhubhthaich a' coinneachadh a h-uile feasgar Dimàirt aig TRACC eadar 1540 agus 1700.
Tha TÒG Inbhir Pheofharain a' coinneachadh a h-uile feasgar Diciadain aig Acadamaidh Inbhir Pheofharain eadar 1600 agus 1715.

Gheibh compairtichean anns na thèataran òigridh seo cothrom pàirt a ghabhail aig Fèis Dràma Dheugairean a ghabhas àite aig Eden Court ann an Inbhir Nis air Diciadain 10 Sultain 2014.
Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseact seo aig www.feisean.org/tog

Fèis Dràma – Sabhal Mòr Ostaig
Dh' obraich mi mar oidiche-dràma aig Fèis Dràma a chaidh a chumail aig Àros ann am Port Rìgh eadar 3 – 8 Màrt.
Dh' obraich mi aig an Fhèis air Diciadain 5 Màirt le buidhean de sgoilearan bun-sgoile 's air Diardaoin 6 Màrt le buidheann de sgoilearan à Àrd-sgoil Phort Righ.
Tron obair aige mar neach-ealain Dràma air Mhuinntireas aig Sabhal Mòr Ostaig, 's e seo an dàrna bliadhna tha Artair Donald air an Fhèis Dràma seo a chur air dòigh. Ag amas air muinntir an Eilein Sgitheanaich 's Loch Aillse, tha an Fhèis seo a' toirt cothrom do sgoilearan aig ìre bun-sgoil, ìre àrd-sgoil agus buidhnean dràma coimhearsnachd sgilean dràma ùra ionnsachadh agus cothrom dhaibh na sgilean sin a thaisbeanadh.

BnG9 **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma**
An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2014
Thèid Sgoil Shamhraidh Dhràma na bliadhna-sa a chumail eadar 7 agus 18 Iuchar 2014 aig Àrd-sgoil Phort Rìgh agus mar 's àbhaist tha e fosgailte do dheugairean eadar 14 agus 18 bliadhnna a dh' aois. Ged 's e Dihaoine 4 Giblean an ceann-latha dùnaidh a bh' againn airson tagraichean seach gu bheil àite no dhà fhathast ri fhaotainn thathar fhathast a' gabhail tagraichean.

Tha tuilleadh fiosrachaidh mun sgoil agus foirm-clàraidh air-loidhne ri fhaotainn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd

Chuir mi postairean agus agus bileagan le fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dhràma gu Àrd-sgoiltean le Roinnean Gàidhlig air feadh na dùtchcha aig toiseach a' Ghearrain agus chuir mi fios timcheall na sgoiltean a-rithist aig deireadh a' Mhàirt anns a' phost agus ann am post-dealain.

Chaidh sanasachd a dhèanamh mun Sgoil Shamhraidh a' sgaoileadh air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal, duilleag Facebook agus cunntas Twitter Fhèisean nan Gàidheal.

Chruthaich mi fiolm-ghoirid gus blasad a thoirt do dheugairean air na bhiodh fainear dhaibh aig An Sgoil Shamhraidh Dhràma. Gabhaidh an fhiolm seo fhaicinn air an t-sianail YouTube aig Fèisean nan Gàidheal aig https://www.youtube.com/watch?v=NRX0eNfUV58

Chuir mi fios gu na h-àrd-sgoiltean a tabhann cothrom dhaibh taisbeanadh fhaighinn bho oifigearan Fèisean nan Gàidheal le fios mun Sgoil Shamhraidh Dhràma.
Dh'iarr Sgoil Sir E. Scott agus Àrd-sgoil Phort Righ oirnn thadhail orra agus chaidh taisbeanadhean a thoirt do 4 clasaichean anns an Roinn Gàidhlig aig Àrd-sgoil Phort Rìgh air Dihaoine 7 Màirt.
Tha sinn air iarrtas fhaighinn bho Sgoil Sir E. Scott cuideachd.

Tha sinn air togail fhaighinn leis an liuthad foirm-iarrtais a th' air a thighinn a-staigh am bliadhna, iarrtasan a thàinig a-steach fiùs mus deach fios a chur gu sgoiltean. Gu ruige seo tha 17 air tagradh air-loidhne a dhèanamh, 9 dhiubh sin a bha nan compàirtichean aig SSD2013.

Chaidh Àrd-sgoil Phort Rìgh a ghlèidheadh mar àit' gus na clasaichean a chumail.
Chaidh àite fèin-solarachaidh a ghlèidheadh airson luchd-oide na Sgoile ann am meadhan bhaile Phort Rìgh.
Chaidh àite-fuirich airson compàirtichean na Sgoile a ghlèidheadh aig ostail Àrd-sgoil Phort Rìgh.

Chaidh an theatar aig Àros ann am Port Rìgh a ghlèidheadh fad latha Diardaoin 17 Iuchar airson na taisbeanaidhean aig compàirtichean na Sgoile Samhraidh Dràma agus Fèis Alba a thèid a chumail air an oidhche.
Chaidh Àros a ghlèidheadh air Disathairne 12 Iuchar cuideachd gus oidhche de dhràma Ghàidhlig a chumail mar a thachair le 'Dòrlach' an uiridh. Tha dealbhan-cluiche na h-oidhche seo fhathast ri dhearbhadh.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**
Dheasaich mi fiolmaichean a chaidh a thogail aig Fèis Lochabair 's dh' fhoillsich mi iad air an t-sianail YouTube aig Fèisean nan Gàidheal.

Fèis Lochabair 2014 Playlist http://www.youtube.com/playlist?list=PLi3hUE0Af6OtjF3lxMKwfWDODYGEGeMv6

BnG12 **80 bùithtean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**

Fèis Theatar Òigridh - Eden Court

Tro 'Maoin an Lìonra Dràma Ghàidhlig' aig Bòrd na Gàidhlig tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus obair leasachaidh a dhèanamh air soirbheachais a' phroiseact bhuileachaidh a bh'againn leis an Fhèis Theatar Òigridh a chaidh a chumail anns a' Ghiblein 2013. B' e amas na Fèise, theatar òigridh a' leasachadh airson deugairean le Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Shoirbhich leis an tagradh airson taic-airgid à 'Maoin an Lìonra Dràma Ghàidhlig' airson 2014.

Thòisich Thèatar Òigridh Inbhir Pheofharain air Diciadain 23 Giblean agus Thèatar Òigridh Bhaile Dhubhthaich air 29 Giblean.

Tha na thèataran òigridh seo fosgailte do sgoilearan àrd-sgoile a tha fileanta ann an Gàidhlig.
Tha TÒG Bhaile Dhubhthaich a' coinneachadh a h-uile feasgar Dimàirt aig TRACC eadar 1540 agus 1700.
Tha TÒG Inbhir Pheofharain a' coinneachadh a h-uile feasgar Diciadain aig Acadamaidh Inbhir Pheofharain eadar 1600 agus 1715.

Gheibh compairtichean anns na thèataran òigridh seo cothrom pàirt a ghabhail aig Fèis Dràma Dheugairean a ghabhas àite aig Eden Court ann an Inbhir Nis air Diciadain 10 Sultain 2014.
Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseact seo aig www.feisean.org/tog

Fèis Dràma Gàidhlig airson Bun-sgoiltean

Chaidh coinneamh a chumail air 21 Gearran le Kati Kozikowska agus Ruairidh MacNeacail bho Eden Court gus beachdachadh a dhèanamh air a mholadh a bh' ann Fèis Dràma ath-stèidheachadh do bhun-sgoiltean Gàidhlig ann an sgìre Inbhir Nis, Siorrachd Rois, Inbhir Narainn agus Bàideanach. Bhiodh an Fhèis seo a' leantainn an aon seòrsa cruth aig an Fhèis Dhràma a tha Dougie Beck a tabhann do sgoiltean gach bliadhna ann an sgìre Loch Abar 's Earra-Ghàidheal. Thathar an dùil gum bi Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus taic a thoirt do sgoiltean a ghabhas pàirt ann agus cuirm thaisbeanaidh na Fèise a chur air dòigh.

Às dèidh coinneachadh ri Eden Court, thathar an dùil an Fhèis seo thòiseachadh nuair a dh'fhosglas na sgoiltean às dèidh làithean-saora sgoile an t-samhraidh le na bùthan-obrach a' tòiseachadh anns an Lùnastal.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG3 **An àireamh de dhaoine òga a gheibh teagasg Gàidhlig a leudachadh (bho àireamh 2011-12 a bha aig 2,556)**

Fèis Theatar Òigridh - Eden Court

Tro 'Maoin an Lìonra Dràma Ghàidhlig' aig Bòrd na Gàidhlig tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus obair leasachaidh a dhèanamh air soirbheachais a' phroiseact bhuileachaidh a bh'againn leis an Fhèis Theatar Òigridh a chaidh a chumail anns a' Ghiblein 2013. B' e amas na Fèise, theatar òigridh a' leasachadh airson deugairean le Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Shoirbhich leis an tagradh airson taic-airgid à 'Maoin an Lìonra Dràma Ghàidhlig' airson 2014.

Thòisich Thèatar Òigridh Inbhir Pheofharain air Diciadain 23 Giblean agus Thèatar Òigridh Bhaile Dhubhthaich air 29 Giblean.

Tha na thèataran òigridh seo fosgailte do sgoilearan àrd-sgoile a tha fileanta ann an Gàidhlig.
Tha TÒG Bhaile Dhubhthaich a' coinneachadh a h-uile feasgar Dimàirt aig TRACC eadar 1540 agus 1700.
Tha TÒG Inbhir Pheofharain a' coinneachadh a h-uile feasgar Diciadain aig Acadamaidh Inbhir Pheofharain eadar 1600 agus 1715.

Gheibh compairtichean anns na thèataran òigridh seo cothrom pàirt a ghabhail aig Fèis Dràma Dheugairean a ghabhas àite aig Eden Court ann an Inbhir Nis air Diciadain 10 Sultain 2014.
Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseact seo aig www.feisean.org/tog

Fèis Dràma Gàidhlig airson Bun-sgoiltean

Chaidh coinneamh a chumail air 21 Gearran le Kati Kozikowska agus Ruairidh MacNeacail bho Eden Court gus beachdachadh a dhèanamh air a mholadh a bh' ann Fèis Dràma ath-stèidheachadh do bhun-sgoiltean Gàidhlig ann an sgìre Inbhir Nis, Siorrachd Rois, Inbhir Narainn agus Bàideanach. Bhiodh an Fhèis seo a' leantainn an aon seòrsa

cruth aig an Fhèis Dhràma a tha Dougie Beck a tabhann do sgoiltean gach bliadhna ann an sgìre Loch Abar 's Earra-Ghàidheal. Thathar an dùil gum bi Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus taic a thoirt do sgoiltean a ghabhas pàirt ann agus cuirm thaisbeanaidh na Fèise a chur air dòigh.

Às dèidh coinneachadh ri Eden Court, thathar an dùil an Fhèis seo thòiseachadh nuair a dh'fhosglas na sgoiltean às dèidh làithean-saora sgoile an t-samhraidh le na bùthan-obrach a' tòiseachadh anns an Lùnastal.

Fèis Dràma – Sabhal Mòr Ostaig
Dh' obraich mi mar oidiche-dràma aig Fèis Dràma a chaidh a chumail aig Àros ann am Port Rìgh eadar 3 – 8 Màrt. Dh' obraich mi aig an Fhèis air Diciadain 5 Màirt le buidhean de sgoilearan bun-sgoile 's air Diardaoin 6 Màrt le buidheann de sgoilearan à Àrd-sgoil Phort Righ.
Tron obair aige mar neach-ealain Dràma air Mhuinntireas aig Sabhal Mòr Ostaig, 's e seo an dàrna bliadhna tha Artair Donald air an Fhèis Dràma seo a chur air dòigh. Ag amas air muinntir an Eilein Sgitheanaich 's Loch Aillse, tha an Fhèis seo a' toirt cothrom do sgoilearan aig ìre bun-sgoil, ìre àrd-sgoil agus buidhnean dràma coimhearsnachd sgilean dràma ùra ionnsachadh agus cothrom dhaibh na sgilean sin a thaisbeanadh.

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

- Geamannan agus stuthan teagaisg Sgioba G iomchaidh air an ullachadh airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich agus taic leantainneach air a thoirt seachad do luchd-eagrachaidh agus luchd-oide.

- Chaidh fiosrachadh mun t-seirbheis aig Sgioba G ùrachadh, le fios mu na diofair dhòighean anns an gabhadh an t-seirbheis a lìbhreagadh agus na dòighean anns am faodadh Fèisean feum a dhèanamh àiste. Tha am fiosrachadh seo ri fhaotainn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal.

Ainm	**Rachel Harris**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Nam dhreuchd mar Oifigear Leasachaidh na Gàidhealtachd bidh mi ag obair gu dlùth ri aon fhèis deug, a' toirt seachad taic agus comhairle le caochladh phròiseact. Bidh mi a' toirt taic a bharrachd dhan dà fhèis aig a tha a' gabhail pàirt anns an sgeama Cèilidh air Chuairt. Bidh mi ag aithris chùisean iomchaidh dham mhanaidsear mar a nochdas iad agus a co-comhairleachadh ris na co-obraichean mu dhòighean ùra gus taic a thoirt gu fèisean leis na tachartasan agus planaichean leudachaidh aca. Bidh mi a' lorg agus a' moladh poit airgid eile bho thaobh a-muigh na buidhne aig an dà chuid ìre ionadail agus nàiseanta dha na fèisean agam agus a' toirt taic riutha leis na h-iarrtasan seo.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Bidh mi a' toirt taic leantainnich do na Fèisean san sgìre agam gus foirmichean-tagraidh a chur a-staigh airson taic-airgid agus bidh mi a' toirt stiùireadh dhaibh gus taic-airgid a chosg ann an dòigh èifeachdach. Bho chionn ghoirid thug mi taic do cheithir fèisean le iarrtasan do phoitean-maoineachaidh taobh a-muigh na buidhne againn leithid an sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd aig Bòrd na Gàidhlig agus an sgeama Trad Arts aig Iomairt Chiùil na h-Alba.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Bidh mi a' toirt taic leantainnich dha na fèisean is iad a' cur nam planaichean Gàidhlig aca an gnìomh, m.e. taic le eadar-theangachadh airson stuth-sanasachd agus cuideachadh gus luchd-oide aig a bheil Gàidhlig fhastadh. Bidh mi cuideachd ag obair còmhla ri luchd-obrach eile Fèisean nan Gàidheal Aonghas MacLeòd agus Dougie Beck gus cuideachadh agus brosnachadh a thoirt dha na fèisean Sgioba-G a chleachdadh cho tric 's a ghabhas an cois nan tachartasan aca.

Bidh mi a' cuideachadh nam fèisean le stuth margaideachd dà-chànanach le bhith ga dhealbhadh is ga sgaoileadh agus bidh mi a' toirt taic cunbhalaiche dhan a h-uile fèis le eadar-theangachaidhean is gam brosnachadh a bhith a' tighinn thugam airson an taic seo cho tric 's a ghabhas.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Bidh mi a' sgaoileadh fiosrachaidh mu chothroman trèanaidh agus tachartasan air post-d, an làrach-lìn agus na meadhanan-sòisealta.
Tha mi ag obair leis an Oifigear Trèanaidh againn, Iona NicDhòmhnaill airson làithean trèanaidh ionadail a chur air dòigh airson nam Fèisean anns an sgìre agam leithid làithean Gàidhlig agus trèanadh Dìon-chloinne.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Chuir sinn iarrtas shoirbheachail a-staigh a-rithist am bliadhna gu Colmcille ann an co-bhonn leis a' Chomann Chamanachd gus buidheann de dh' Èireannaich òga aig a bheil Gaeilge a thoirt a-nall a dh' Inbhir Nis air turas chulturach. Cluichidh iad ceòl aig a' chiad gheama den sreath iomain / hurling san Dàmhair 2014 còmhla ri buidheann Albannach aig a bheil Gàidhlig. Tha sinn air cruth a' phròiseict a leasachadh gus am bi barrachd ùine ullachaidh is an dà chuidheann còmhla, agus cuideachd gus am bi barrachd chothroman aca an cuid ciùil a thaisbeanadh. Thèid co-dhiù aon de na taisbeanaidhean seo a chraoladh air telebhisean agus bidh cothrom aca pàirt a ghabhail ann an tachartasan timcheall a' Mhòid Nàiseanta ann an Inbhir Nis.

Bidh Fèis Spè a' cur fàite air buidheann Èireannach eile aig deireadh an Ògmhios 2014 is Ceol Na Coille, sgoil chiùil eile à Dùn nan Gall, a' dèanamh air an Aghaidh Mhòir. Bithear a' toirt cuireadh gu compàirtichean a' Chèilidh air Chuairt 2013 a bha an sàs anns an turas a Leitir Cheannain ann an 2013 pàirt a ghabhail anns an phàirt seo dhen phròiseact. Bidh an dà bhuidheann stèidhichte ann am Bada a' Ghiùthais airson seachdain is iad a' gabhail pàirt ann am bùthan-obrach còmhla agus an uairsin a' cluich aig cuirmean-ciùil poblach air feadh na sgìre còmhla. Tha Fèis Spè cuideachd airson 's gun gabh an Còmhlan Òigridh aca pàirt anns na tachartasan seo cuideachd.

An-dràsda tha mi a' toirt taic ri Fèis Spè agus Fèis Chataibh gus trèanadh agus turas nan Cèilidhean air Chuairt aca a chur air dòigh. Thèid an dà bhuidheann a-mach air turas anns an Iuchar is iad a' cluich air feadh Chataibh, Ghallaibh, Bhaideanaich is Srath Spè is Shiorrachd Pheairt. Thèid buidheann Fèis Spè a-mach air meanbh-thuras mu àm na Nollaig is iad an dòchas a bhith a' taisbeanadh an cuid sgilean aig Blas 2014 an cuide ris a' Chòmhlan Òigridh, an dà chuid mar chòmhlain-taice agus aig a' chuirm-ciùil *Ceòl nam Fèis.*

Tha mi a' brosnachadh gach fèis agam gus barrachd pàirt a ghabhail ann am Blas am bliadhna le bhith a' cluich an dà chuid mar chòmhlain-taice agus aig a' chuirm-taisbeanaidh *Ceòl nam Fèis.* Bidh cuid mhath de na fèisean a' teagasg an òrain ùiraig Blair Douglas 'Càirdeas' aig na tachartasan aca is dùil aca pàirt a ghabhail anns na clàraidhean ciùil is bhideo.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Bidh mi a' toirt taic do Bhlas mar a tha iomchaidh.
Tha mi a' brosnachadh gach fèis pàirt a bharrachd a ghabhail ann am Blas le bhith a' cumail chonsart, cluich ciùil aig consartan agus/no cluich aig Ceòl nam Fèis.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt**

Bidh mi a' toirt taic leantainnich do lìonradh nan Cèilidh air Chuairt le bhith a' cuideachadh mo cho-obraichean mar a tha iomchaidh. Bidh mi a' toirt taic ri Fèis Spè agus Fèis Chataibh le trèanadh agus turas nan Cèilidhean air Chuairt aca. Tha mi an dòchas a bhith an sàs anns an trèanadh aca aig Fèis Alba san Iuchar.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Tha mi a' cumail orm le bhith a' toirt taic ri leasachaidhean nam fèisean le bhith a' conaltradh riutha gu cunbhalach, a' frithealadh choinneamhan planaidh agus a' tabhann comhairle air beachdan leasachaidh:

- Tha trì clasaichean leanntainneach ùra aig Fèis a' Bhaile ann am bogsa putain, dannsa-ceum agus obair-còmhlain do luchd-tòiseachaidh.
- Bidh latha 'Fèis Bheag' a dh' aona ghnothach do sgoilearan ann am p1-3 aig Fèis Spè aig deireadh a' Chèitein is àite aca do 40 chloinne.
- Bidh Fèis na h-Òige a' cumail sia bhùthan-obrach tro bhliadhna na sgoile-sa tighinn an taca ris an trì a chùm iad am bliadhna.
- Bidh Fèis Dheugairean aig Fèis Mhoireibh am bliadhna airson a' chiad triop
- Tha Fèis a' Bhealaich airson dà latha ciùil a bharrachd agus latha ealain a chumail is mi a' toirt taic riutha leotha seo.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Bidh mi ag obair ris an sgioba dhràma againn feuch an gabh iomairtean dràma Gàidhlig a stèidheachadh airson inbhich.

Tha Fèis an Iar Thuath is Fèis Mhoireibh air faighneach airson trèanadh Gàidhlig is tè bho chomataidh Fèis an Iar Thuath a' dol air a' Chùrsa Adhartach le Sabhal Mòr Ostaig.

InG9 **Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh**

Faicibh targaid AC17.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha mi a' toirt taic leantainneach do dh' Fhèis Spè gus tachartasan ùra a chur air dòigh ann an sgìre Pheairt agus Obar Dheathain.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Faicibh targaid AC1.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG1 **An àireamh de dhaoine òga a tha a' dol gu Fèisean is clasaichean air a' Ghàidhealtachd a ghlèidheadh (stèidhichte air àireamh 2011-12 a bha aig 3,408)**

Bidh mi ag obair gu dlùth ris na fèisean san sgìre agam gus àireamh chompàirteachan nam fèisean a ghleidheadh agus àrdachadh.

Tha cuid mhath de na fèisean a-nis a' leasachadh thachartasan ùra agus a' tàladh chom-pàirtichean a bharrachd (faicibh CS24).

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**

Bidh deich fèisean san sgire agamsa a tachairt ann an Roinn na Gàidhealtachd.

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

Thathar a' brosnachadh nam fèisean gu lèir Gàidhlig a chleachdadh cho tric 's a ghabhas an cois nan tachartasan aca. Bidh mi ag obair gu dlùth ris an sgioba leasachaidh gus taic a thoirt dha na fèisean le eadar-theangachadh, tachartasan Gàidhlig agus luchd-oide aig a bheil Gàidhlig. Tha cuid mhath de na fèisean a-nis ag aithneachadh nam buannachdan le bhith a' cur na Gàidhlig air adhart sna coimhearsnachdan aca is iad a' feuchainn ri brosnachadh a thoirt do bhuill chomataidh agus luchd-obrach saor-thoileach na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh.

Ainm	**Shona Nic a' Mhaoilein**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

Tha mi air a bhith a' frithealadh choinneamhan gu cunbhalach aig gach fear gus taic a chumail ris na fèisean agam anns na planaichean agus na leasachaidhean a tha fainear dhaibh anns na mìosan a tha ri thighinn.

Chaidh Fèis Taigh Dhonnchaidh ann an Nis an Eilean Leòdhais a chumail bhon 7-11mh den Ghiblean agus chaidh Fèis Nis a chumail do chlann bho aois 5-7 aig làrach eadar-dhealaichte sa chomunn eachdraidh. Bha 24 an làthair eadar an dà Fhèis agus bha an fheadhainn òg a' faighinn cothrom air diofar chuspairean a dhèanamh leithid ealain, seinn, dràma agus dannsa Gàidhealach. Aig Fèis Taigh Dhonnchaidh chaidh oideachadh a thabhann ann an dannsa Gàidhealach, feadan agus pìob, màileidean, accordion, fidheall, giotàr, seinn, dràma agus ealain. Bha mi an làthair fad na seachdain gus taic a thoirt dhaibh le bhith ga ruith, agus le bhith a' toirt daoine agus stuth eadar Taigh Dhonnchaidh agus an comunn eachdraidh mar a bha feum orra. Bha seachdain air leth soirbheachail aca agus thàinig e gu crìoch Disathairne le cèilidh ann am Borgh. B' e mise bean an taighe air an oidhche agus le ceòl bhon chlann, an luchd-teagaisg agus còmhlan màileidean Nis chòrd an oidhche rium gu mòr agus bha a h-uile duine riaraichte.

Chaidh Fèis an Earraich a chumail air an aon sheachdain agus gu mì-fhortanach cha d' fhuair mi air a dhol ann leis gun robh mi eadar Fèis Taigh Dhonnchaidh agus Còig Latha ach tha mi air fios a chur gu Kirsteen agus Ruairidh gus an innis iad dhomh mar a chaidh dhaibh. Chaidh agallamhan airson Cèilear a chumail meadhan na seachdain agus tha iad air daoine fhaighinn ach cho fad 's as aithne dhomh tha seinneadair agus clàrsaiche fhathast a dhìth orra agus tha iad air seo a shanasachd air an duilleag Facebook aca, a chur mise an uairsin air an duilleag againne.

Bha mi an sàs ann a bhith a' cur air dòigh consairt sònraichte dha Fèis Eilean na Hearadh o chionn ghoirid a chaidh a chumail air an 18mh den Ghiblean ann an tàlla choimhearsnachd an Tairbeirt. Chaidh mi sìos tràth san latha gus cuideachadh le deasachadh an tàlla, a' crochadh solais, a' cur bùird a-mach agus gan sgeadachadh le sìthein agus coinnealan agus mar sin air adhart. Le Art Cormack agus Blair Douglas aig a' cheann le taic bho òigridh na Hearadh chaidh an oidhche air adhart le còrr is 120 an làthair, agus fhuair a h-uile duine san èisteachd cothrom dannsa a dhèanamh agus òran no dhà a sheinn còmhla ri Art. Fhuair mi fhìn air òran a ghabhail cuideachd agus bha oidhche uabhasach math agam fhìn agus aig a h-uile duine a bh' ann. Cha d' thàinig na figearan ceart air ais fhathast ach tha Roddy, a bhios a' làimhseachadh an t-airgid, den bheachd gun deach còrr is £1000 a thogail dha Fèis Eilean na Hearadh agus tha sin math dha-rìreabh.

Bha mi aig coinneamh Fèis Tìr an Eòrna air a' chiad latha dhen Chèitean agus tha iad trang ag ullachadh airson cèilidh sònraichte gus 25 bliadhna dhan Fhèis a chomharrachadh. Tha iad airson cuiridhean a chur a-mach gu seann luchd-teagaisg agus buill den chomataidh gus an tachartas a fhrithealadh, le biadh ga thabhann ann am marquee air machair Shollais agus cèilidh ga leantainn le ceòl bho dhaoine ionadail. Chaidh Nanac Skivington tro leabhar-seòlaidh luchd-teagaisg nam Fèisean gus daoine a lorg agus anns na làithean a leanas tha mi a' dol a chur post-dealain thuca a dh'innis dhaibh mun tachartas.

Anns a' Mhart bha mi a' toirt taic dha Fèis an Rubha le sanasachd. Chruthaich mi bileagan agus powerpoint mu dheidhinn Fèis an Rubha agus fhuair sinn bòrd anns an sgoil air dà latha nuair a bhiodh pàrantan a' coinneachadh ris an luchd-teagaisg agus thug sinn seachad na bileagan uile, a' togail aire mun Fhèis agus ag innse dhaibh cuin a bhiodh e ann gus am biodh fios aca am biodh iad saor. Tha iad a' bruidhinn air cuspair no dhà a ghearradh am bliadhna oir chan eil mòran dhaoine a bhiodh freagarrach mar luchd-teagaisg mun cuairt, agus chruthaich mi ceisteachan dhaibh a b' urrainn dhaibh a chur chun na pàrantan agus a' chlann gus faighinn a-mach dè na h-ionnstramaidean a bhiodh na b' fheàrr.

Chruthaich mi ceisteachan dha Fèis Tìr a' Mhurain a bha a' sireadh bheachdan air clasaichean leantainneach agus dè anns a bhiodh ùidh aig a' chlann, càite agus dè cho tric 's a bhiodh freagarrach dhaibh.

Bidh mi tric a' bruidhinn ri Sarah aig Fèis Bharraigh a' toirt taic dhi le fiosrachadh agus suidheachaidhean duilich.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho diofar thobraichean maoineachaidh**

Tha mi an dùil taic leantainneach a thoirt do na Fèisean san sgìre agam airson foirmichean-tagraidh a chur a-steach airson taic-airgid agus bidh mi a' toirt stiùireadh dhaibh airson taic-airgid a chosg ann an dòigh èifeachdach i.e. Awards For All, Alba Chruthachail (YMI) agus Tradition Arts Fund le EMS. Aig deireadh a' Mhàirt bha aig na Fèisean ri foirm-tabhartais dheireannach a lìonadh agus bha mi a' toirt taic dhaibh uile leis an seo mar a bha iomchaidh agus fhuair iad uile air an cur a-steach ron cheann-latha. Tha iad uile air airgead 2013-14 fhaighinn a-nis.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Nuair a bhios na Fèisean a' lìonadh fòirm sgeama tabhartais thèid faighneachd dhaibh a bheil poileasaidh Gàidhig aca no ma tha iad airson a leasachadh agus tuilleadh a chur ris. Bidh mi a' toirt taic dhaibh le bhith a' dèanamh seo, a' toirt comhairle dhaibh air na chuireas iad dhan phoileasaidh agus ciamar as fhèarr a gheibh iad air na h-amasan a choileanadh. Mar as trice le foirmichean-tagraidh bidh iad ag iarraidh poileasaidh Gàidhlig fhaicinn agus bidh mi a' cuideachadh na Fèisean leis an seo gus cothrom nas fheàrr a thoirt dhaibh maoineachadh fhaighinn.

AC7 **Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile**

Bha mi an làthair aig Còig Latha air an aon sheachdain ri Fèis Taigh Dhonnchaidh, a' cuideachadh air an oidhche le bhith a' deasachadh biadh agus a' Sgioblachadh, agus a' fuireach ann gach oidhche gus sùil a chumail air nan compàirtichean. Bha agam ri Ionad na Seann Sgoile ann an Siabost fhaighinn airson a' chèilidh agus dh'iarr mi air Marina Mhoireach aig CnaG a dhol an conaltradh le pàrantan Shiaboist gus teatha agus cèicichean a dhèanamh air an oidhche agus dh'innis mi fhìn dhaibh na bha a dhìth oirnn. Chuir mi fios air Aonghas 'Dee' MacArtair ann an Càrlabhagh gus an Astroturf fhaighinn dhan a' chlann oidhche 'Chiadain. Bha mi an làthair aig a' chèilidh oidhche 'Iardaoin a' cuideachadh.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta.**

Bidh mi tric ann an conaltradh le Iona, oifigear trèanaidh agus poileasaidh aig Fèisean nan Gàidheal, gus cothroman trèanaidh a chur air dòigh airson na Fèisean anns an roinn agam.

AC25 **A cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**

Feumaidh gach duine a bhios a' teagasg aig an Fhèis ri PVG a chur a-steach a rèir an lagh. Bha trioblaidean aig gach Fèis an uiridh le daoine nach robh gan cur a-steach ann an tide gu leòr agus bha seo ag adhbharachadh trioblaidean mòra dhaibh uile. Tha mi air a bhith a' cur nan cuimhne mar tha gum feum liostaichean den luchd-teagaisg a bhith again còrr is sia seachdain ro thoiseach na Fèise gus am faigh Sandy Grey, an oifigear dìon cloinne aig Fèisean nan Gàidheal, air na h-ainmean aca a chur dhan siostam agus fòirmichean a chur a-mach mar a tha iomchaidh. Tha mi air innse dha gach Fèis dè an ceann-latha a bhios aca gus iad seo a chur a-steach agus tha mi a' cur fios orra a-rithist a-nis gus dèanamh cinnteach gu bheil iad air luchd-teagaisg fhaighinn. Bidh mi ann an conaltradh le Iona NicDhòmhnaill airson trèanadh a chur air dòigh airson duine sam bith a thèid dhan phost den oifgear dìon cloinne a dh'fheumas a bhith aig gach Fèis.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Bidh mi ag obair ann an oifis a' Chomuinn Ghàidhealaich ann an Steòrnabhagh agus bidh mi a' toirt taic dhaibh bho àm gu àm nuair a bhios feum aca air cuideigin a bharrachd, a' freagairt am fòn agus a' cuideachadh nuair a bhios daoine a' tighinn a-steach airson coimhead ris na leabhraichean agus na CDs. Tha mi an dùil taic a thoirt dhaibh aig a' Mhòd ionadail mar a rinn mi an uiridh.

BnG 10 **Taic a thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Tha mi a' toirt taic do 11 Fèis anns na h-Eileanan Siar agus an t-Eilean Sgitheanach:
Fèis Taigh Dhonnchaidh, Fèis Eilean an Fhraoich, Fèis an Rubha, Fèis Eilean na Hearadh, Fèis Tìr an Eòrna, Fèis Tìr a' Mhurain, Fèis Bharraigh, Fèis Thròndairnis, Fèis an Earraich agus Fèis Ratharsair.
Chan eil mi air guth a chluinntinn fhathast ma tha Fèis Ratharsair a' ruith ach bidh mi a' feuchainn tric.

Ainm	**Vicky NicIlleathain**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh Loch Abar**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Tha mi tric a' cumail conaltradh ris na Fèisean a tha mi a' cuideachadh. Bha mi aig na tachartasan Fèise a ghabh àite aig saor làithean na càisg agus tha mi ag obair air pròiseactan ùra le feadhainn de na comataidhean agam.

- Chaidh Fèis Lochabair a chumail anns a' Ghibhlean agus bha e air leth soirbheachail am bliadhna. Tha na h-àireamhan air a dhol suas bhon an uiridh agus bha barrachd na 100 cloinne aig an fhèis uile gu lèir. Airson an fheudhainn as sine a bha faighinn deiseil son na deuchainnean aca, chuir sinn air dòigh sèiseannan feasgair far an d' fhuair iad an cothrom obair-bhuidhne a dhèanamh. Bha seo a' ciallachadh nach robh coir aca a bhith aig a fhèis fad an latha ach gun d' fhuair iad blasad dheth fhad 's bha iad ag obair air an obair-sgoile aca.
- Chaidh agallamhan a ghabhail àite airson an Ceilidh air Chuairt Lochabair 2014. Bha an ìre de ceòladaireachd gu math àrd am bliadhna agus fhuair sinn tòrr iarrtasan air a shon. Ach chan eil againn ach 8 àiteachain air a' chuairt agus bha e gu math doirbh sgàradh a dhèanamh eadar na com-pàirtichean. Chuir sinn air dòigh buidheann a tha gu math measgte agus tha mi a' coimhead air adhart ri bhith ag obair comhla riutha sna miosan a tha romainn. Tha sinn air trèanamh a chuir air dòigh le Rachel Walker agus Ross Martin anns a' Cheitean agus an t-Ògmhios agus rinn Deirdre is Dougie Beck seisean tòiseachaidh comhla riutha anns a' Ghibhlean.
- Bha seachdain air leth againn aig Fèis Ghlaschu far a robh 130 cloinne an sàs. Bha clasaichean ann bho fidheall gu Zumba, beicearachd gu bosca-ciùil. Tha mi a-nis ag obair gu dlùth leis a' chomataidh a' fiachainn ri clasaichean-ciùil tro mheadhan na Gàidhlig a thòiseachadh ann an Glaschu. 'S e obair chruaidh a tha romainn ach tha sinn gu math misneachail gun tachair seo.
- Thadhail mi air Fèis Latharna fhad 's bha i a' ruith agus 's e fèis air leth a th' ann. Nochd barrachd na 140 dhan tachartas agus bha spòrs is fealla-dhà gu leòr aca.
- Rinn sinn agallamhan aig Fèis Latharna airson a' Chèilidh mun chuairt ann an Earra-Ghàidheal. A-rithist mar a chunnaic sinn ann an Lochabair, bha an ìre gu math àrd. Tha deagh buidheann againn a-nis agus bidh iad a' dèanamh trèanadh còmhla ri Sìleas Nic a' Cheardaich mus tèid iad air chuairt.
- Tha Fèis Innis an Uillt trang ag uallachadh son Fhèis aca sa mhìos seo. Bidh an Fhèis a' tachairt ann an tri Disathairne anns a' Cheitean agus tha tòrr iarrtasan air tighinn a-staigh mar tha. Am bliadhna tha Ariel Killock dol a dhèanamh sgìllean siorcus aig an Fhèis agus tha sinn uile a' dèanamh fiughair ri sin!
- Tha mi air a bhith ag obair le Eilidh Shaw bho Fheis Òigirdh na Mara gus clas obair-bhuidhne a thòiseachadh sa sgìre. Fhuair sinn taic airgead bho Enterprise Music Scotland agus tha sinn air mhioran mun seo. Thèid clasaichean a chumail gach mìos ann am Malaig agus 's e cothrom a thoirt do dhaoine òg sgilean ùra a ionnsachadh ann an bhith cluich ann an còmhlan.

AC2 **Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh.**

Ged nach do thòisich mi Fèis ùr fhathast, tha mi an seo gus taic a thoirt do bhuidheann sam bith a tha fiachainn ri pròiseact a dhèanamh agus tha mi air a bhith soibheachail a bhith faighinn airgead son diofar proiseactan no tachartasan a chuir air dòigh (leithid obair bhuidhne ann am Malaig, Fèis nan Deugairean ann an Lochabair msaa). Mar phàirt den obair agam bidh mi fiachainn ri ceangalan a dhèanamh le diofar buidheannan agus eòlas a chuir air duine. Bidh sin nas fhasa son dhuine tighinn thugam le beachdan son pròiseactan.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair.**

Bidh mi a' cuir fios dha na pàipearan-naidheachd ro gach tachartas agus bidh mi a' cuideachd a' cleachadh facebook is twitter son fios a sgaoileadh. Tha mi gu math deònach a bhith bruidhinn ri luchd-naideachd mun obair a tha sinn a' dèanamh agus bidh mi fiachainn ri àire daoine a tharraing dhan cothroman air leth a tha sinn a' cruthachadh do ar n-òigirdh.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig.**

Tha mi a' dol gu coinneamhan Iomairt Ghàidhlig Lochabair gu tric, 's a' toirt taic dhaibh le pròiseactan mas urrainn

dhomh. Bidh mi cuideachd a' dol gu coinneamhan Iomairt Ghàidhlig Ghlaschu nuair as urrainn dhomh. An dràsda tha mi ag obair le Joanne McHale à Bòrd na Gàidhlig gus Fèis teaghlaich a chuir air dòigh. Thèid seo a chumail anns an Ògmhios ann an Drochaidh Ruaidh.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**

Tha am fiosrachadh air fad a th' agam mu luchd-ciùil a' dol chun an Oifigeir Dìon-chloinne co-dhiù 4 seachdainean ron tachartas. A bharrachd air a seo ma tha trèanadh a dhith aig na fèisean agam bidh mi a' cuir fios do Iona NicDhòmhnaill agus bidh ise a' toirt trèanadh dhaibh.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Coinneamh tràth sa Ghiblean le Sgioba Conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig gus beachdachadh air tachartasan Fèisean nan Gàidheal rè 2012/13 agus air co-obrachadh air ro-innleachd sanasachd airson na bliadhna.**

Bidh mi gu tric a' dol gu coinneamh na h-Iomairt ann an Loch Abar agus ann an Glaschu. Bidh mi ag obair gu dlùth leis an oifigear Iomairt ann an Loch Abar air pròiseactan airson Gàidhlig a leasachadh sa choimhearsnachd.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.**

Bidh mi a' toirt taic do chòig Fèisean anns a' Ghàidhealtachd, Fèis Ghlaschu, Fèis Lannraig a Tuath, Fèis Innis an Uillt agus airson na beagan mìosan a tha air a dhol seachad tha mi air a bhith ag obair le Fèis Latharna air sgàth nach eil oifigear leasachaidh air a bhith aca.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.**

Tha mi a' toirt taic do chòig Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Fèis Eige
- Fèis nan Garbh Chrìochan
- Fèis Òigridh na Mara
- Fèis Lochabair
- Fèis Gleann Albainn

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean.**

Tha planaichean Gàidhlig aig gach Fèis. Gu tric, bidh an Sgioba-G aig Fèisean nan Gàidheal far a bheil faireachdainn nach eil a' Ghàidhlig làidir gu leòr aig an Fhèis fhèin. Aig Fèisean eile, tha clasaichean, geamaichean aig àm lòin neo Fèis tro mheadhan na Gàidhlig. Tha seo gu math cudromach agus bidh mi a' fiachainn ri Gàidhlig a bhrosnachadh aig gach Fèis.

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org